

THE  
HEAVENLY  
FOOTMAN

L. 84.i.

National Library of Scotland



\*B000501625\*

125

Digitized by the Internet Archive  
in 2013  
with funding from  
University of Texas at Austin



# THE HEAVENLY FOOTMAN.

---

AN  
GILLE-RUITH NEAMHAIDH,

NO,

CUNNTAS MU'N DUINE A THEID DO NEAMH;

AGUS

CIA MAR BU CHOIR DHA RUITH CHUM'S GUN  
GLAC E 'N DUAIS.

LE MR. IAIN BUINIAN.

---

MAILLE RI BEATHA AN UGHDAIR LE CARAID DA  
FEIN, A BHA GLE EOLACH AIR.

---

EDINBURGH  
JOHN GRANT, 31 GEORGE IV. BRIDGE.  
1894.

LAURISTON CASTLE  
BEQUEST FUND

EDINBURGH

PRINTED BY LORIMER AND GILLIES,

31 ST. ANDREW SQUARE.

LORIMER & GILLIES LTD.  
24 AUGUST 1855  
PRINTERS TO THE LAURISTON CASTLE BEQUEST FUND

## BEATHA IAIN BHUINIAIN.

RUGADH IAIN BUINIAN ann an *Elstow*, an siorrainachd Bhedford, dlùth air mile o 'n bhaile sin, anns a' bhliadhna 1628; bha phàrantan onarach ach cha robh moran do'n t-saoghal aca; bha shinnsearrachd do'n ghinealach sin a bu suar-aiche na bu tàireile do theaghlaichean na tire. 'S e bu cheaird da athair a bhi càramh phoitean agus choireachan, agus se 'n ceard a theireadh iad ris. 'Nis cha'n aithne dhomh cò anns an robh briathran abstoil mòr nan cinneach ni bu mhò air an nochdadhdh na ann an Iain Buinian; 'na chèud chaibidil do'n cheud litir chum nan Corintianach, 's iad so na facail: Oir chi sibh féin bhur gairm, a bhraithre, nach iomadh iad a ta glic a thaobh na feòla, nach iomadh cumhachdach, nach iomadh uasal a ta air an gairm; ach ròghnaich Dia nithe amaideach an t-saoghail so, chum gu'n cuireadh e näire air na daoine glice; ionnus nach deanadh feòil 'sam bith uaill'na fhianuis: Agus bha esan ullamh aig gach uile am air so aideachadh, chum gu'm biodh aig Dia glòir 'na ghràs fein; oir ged nach robh a shinnsearrachd agus a bhreadh ach bochd agus suarach, gidheadh b' e toil an Tighearna esan a thaghadh air thoiseach air mòran eile gu bhi na mheadhon chum mòran anamaibh a thoirt a dh'ionnsaidh Dhé. Agus gu'm biodh gràs Dé bha air a thoirt dhàsan mòran ni 's mò air a mheudachadh; bheir sinn beagan do chunn-tas aith-ghearr mu'n t-seòrsa duine bha ann mu'n d'fhoillsicheadh gràs Dé dha.

Thug a phàrantan oidheirp air an ionnsachadh sin a thoirt dha bha comasach dhoibh a thaobh an staid, ga àrach suas ri leughadh agus sgrìobhadh; ach bha truaillidheachd a naduir cho mòr, agus e toileach dol a dh'ionnsuidh gach uile olc, agus cha b'fhada gu's an do leig e as a chuimhne, a sgrìobh-

adh agus a leughadh, cha robh e ach glic amhàin chum uilc ; ach a dheanadh na dh'ionnsachadh an ni sin a ta math, cha robh an cridhe aige idir air a shon ; oir thug e thairis e féin dìreach na leanabachd gu mhionnachadh, mallachadh, breugan, agus toibh-eum, 's bha iad tearc a bha co-ionann ris ann an aingidheachd ; tha cuimhne agam gu'n cuala mi e 'g ràdh le cràdh cridhe ; gu'm b'e peacach a bu mho 's a' bhaile, 's e sin ra ràdh, neach a thugadh an aire dha, agus na aon a bha comharrachte air son aingidheachd, leis gach uile neach a bha anns a' bhaile anns an robh é : Gidheadh cha robh a choguis air a losgadh.

Ach air son aingidheachdan uile, 's ged a bha e na pheacach ro mhòr, cha do thréig an Tighearna c gu tur, ach bhiodh e ga leantuinn air uairibh le dearbhailean, agus air uairibh le breitheanas, ach gidheadh, iadsan anns an robh measgadh do throcair ; thuit e uair éigin ann an geodha creige do'n muuir, agus is ann air éigin a thearnadh e o bhi air a bhàthadh ; agus uair eile thuit e mach á bàta do abhainn Bhedford, agus bha e air a shàbhaladh o'n bhàs an sin mar an ceudna : Ach, mo thruaighe ! cha deanadh aon chuid tròcair na breitheanas a dhùsgadh fathast, oir thug esan thairis e féin do ghràdh a pheacaidh, agus bha e suidhichte gu dol an deigh a pheacaidh ciod air bith an cruadal a choinnicheadh e na shlighe.

Gidheadh, cha d'fhàg Dia e gu'n flianuis a bhi aige na anam, bha e tric ga bhacadh ann an aon doigh na doigh eile. Air dhà bhi aon latha a' cluiche maille ra chompanaich, ghlaodh guth gu grad bho neamh ra anam, a'g ràdh, am fàg thu do pheacaidean agus dol do neamh ? Na'n e 's fearr leat do pheacaidean a bhi maille riut agus dol do ifrinn ? Chuir so a leithid do uabhas air, 's gu'n d'fhalbh e gu'n dàil o' chluich, agus air dha amharc suas gu neamh, shaoil e gu'm faca e an Tighearna Iosa a'g amharc a nuas air, mar aon a bhiodh ann an teas

féirge ris agus e bagairt dioghaltais chràiteach air, air son a chleachduinnean mi-dhiadhaidh.

Ach faicibh cuilbheartan Shàtain ! cha bu luaithe rinn so ni éigin do dhrùdhadh air 'inntinn, na chuir an diabhol na chuimhne gu'n robh e na pheacach anabarrach mòr, agus gu bheil e nis tuilleadh is ammoch air do shon 'sa bhi 'g amharc air son nèamh, oir nach deanadh Criod tròcair air, 's nach mathadh e dha easantais.

Agus cha bu ni 's am bith eile bha 'n so ach cleachduinn a ghnathaicheas an droch spiorad gu tric ; tha e 's a' cheud àite air son peacaich a tharruing gu bhi 'cur an gnìomh gach uile aingidheachd, agus a strì ra thoirt orra dheanadh le'n uile thoil, agus an sin ga 'n earalachadh nach ruig iad a leas dòchas a bhi aca gu'n deanar tròcair orra ; agus leis a sin 's tric a bhuidhnaicheas e air peacaich chum 's gu'n rachadh iad air an aghaidh ann am peacadh. Agus be so an toradh a thug a' chuid so do obair Shàtain a mach air Iain Buinian ; gu'n robh e 'g amharc air féin mar neach a pheacaich an taobh thall do thròcair ; smaointich e ann féin gu'n gabhadh e dhìol do'n pheacadh, 's gu'm be sin an aon tolinntinn amhain, a réir coltais, ris an robh e toileach gu bràth gabhail. Ach chi sinn fathast na tolinntinnean sin a pheacaidh, tre obair iongantach an spioraid naoimh, a bha gu tric o'n am sin air an deanamh searbh dhà, gu 's nach b'urrain e ach gle bheag tolinntinn a ghabhail anna.

*Eccles. x. 15.—Sgìthichidh saothair nan amadan gach aon diubh, do bhrigh nach aithne dha cionnas a théid e do'n chaithir.* Air dha aig àm àraighe a bhi dol air aghaidh ann an làn chùrsa pheacaidh, agus e taomadh a mach mhionnan coltach ris an fhear-chuthaich a tha Solamh labhairt uime, a tha tilgeil a steach culaidh bhuiridh, saighdean agus bàs ; fhuair e achmhasan geur o bhoirionnach a bha na peacach comharraichte i féin, thuirt i ris, gu'm be 'n t-aon duine bu ghràineile mhionnachadh a

chuala i riamh o'n a rugadh i; agus, ars ise, ma's e agus gu'm buanaich thu air an dòigh so, tha thu comasach air òigridh a' bhaile gu léir a thruailleadh, ma's e's gu'n téid iad ann do chuideachd: Air do'n achmhasan so teachd o a leithid sud do bhoir-ionnach agus fios gu ro mhath aigesan gu'n robh i anabarrach aingidh agus mi-dhiadhaidh, lònadh e le làire dhiomhair; agus dhrùidh e mòran ni bu truime air, na rinn mòran a bha air a thoirt dha roimhe sin leòsan a bha stuama agus diadhaidh. Agus thug e air a bhi guidhe gu'n b'fhearr leis nach robh riamh fios aige ciod e bhi na fhear-mionnachaidh; agus o'n am sin amach chum e air féin ann an tomhas mòr uatha.

Tha e féin ag innseadh, agus iongantas air, mar a thachair gu'n do chuir e o'n uair sin cùl ra mhionnan, air dha bhi roimhe sin gach uair a labhradh e a mionnachadh sa bòideachadh aig toiseach 's aig deireadh gach facail, chum a chainnt ghràineil agus uabhasach a dhaingneachadh.

Ann an uine ghèarr an deigh sin, thachair dha bhi ann an cuideachd aon duine bochd a bha 'g aidmheil na diadhachd, 's aig an robh còmhchradh diadhaidh agns o' na sgriobtuirean a dhrùidh gu mòr air, agus le mòr spéis do na labhair e thug Buinian thairis e féin gu bhi gabhail mòr thoil-inntinn ann a bhi leughadh a Bhiobaill, gu h-àraidh an eachdraidh dheth; ach bha e fathast aineolach an da chuid air truailleachd agus aingidheachd a nàduir, agus air mòr-fheum agus luach Iosa Criod a chum a thearnadh.

Gidheadh, thoisich ni-éigin do ath-leasachadh air o'n leth a muigh, araon na chainnt 's na ghiùlan, agus an sin bha e air teachd a dh'ionnsuidh scòrsa creidimh a bha laghail ag oibreachadh air son beatha, agus a' deanadh suas fireantachd air a shon féin leis an ni sin, agus mar sin 'n uair a shaoileadh e gu'n robh e coimhead nan àitheantan, bha cofhurtachd aige; ach 'n uair a thachradh air uairibh

gu'm bristeadh e aon diùbh, an sin bhiodh a choguis fo dhoilghios agus fo thrioblaid, agus le bròn agus aithreachas, leigheisadh se e féin a rithist, agus smaointicheadh e 'n sin gun robh e toileachadh Dhé, agus gun robh gach uile ni gu math.

Agus lean e air an dòigh so gu math dlùth air bliadhna, agus bha 'choimhearsnaich rè na h-ùine so ga ghabhail air son a bhi na fhior dhuine math, agus ag gabhail iongantais, ra ath-leasachadh, ged a bha e re na h-ùine cho fada o shlighe na beatha, sa bha e 'n uair a b' esan an neach a bu mhò minaomhachd, oir labhair a bheul féin na briathran so uime féin; bha chaithe-beatha 'nis air atharrachadh cho mòr, is ged a dh'fhàsadadh Tòmas Cuthaich na dhuine socair ciallach. Agus a nis an dream a labhradh gu h-olc uime roi 'n àm so, is ann a thòisich iad air toirt cliù dha, agus ga mholadh; ach air son an ath-leasachaidh a thainig air-an, is ann a sheid an t-ath-leasachadh, ud suas e le uaill, agus lionadh e le cealgaireachd.

Ach, mo thruaighe! Cha robh anns an ni ud ach leum bharr meanglain a pheacaidh, am feadh a bha freumh an neo-ath-ghineamhuinn gun chaochladh. Cha robh e fada na dheigh sin, mar a dh-òrduish freasdal an Tighearna gun rachadh e gu Bedford chum oibreachadh air a cheaird, (bha e dh'aon cheaird ri 'athair na cheard) agus thachair air aon do shràidean a' bhaile sin gun tainig e far an robh triùir na ceathrar do mhnathan bochda 'nan suidhe aig dorus anns a' ghréin, a labhairt ra chéile mu thimchioll nithibh a bhuineas do'n Tighearna; agus thug so air tarruing dlùth dhoibh, oir bha e mu'n ann so air fàs treun air labhairt mu chreideamh agus mu nithibh diadhaidh, ach 'n uair a chuala e iadsan car beagan ùine, mar a dh'aidich e féin, chuala e gu dearbh, ach cha do thuig e, oir labhair iad air nithibh os-ceann a thugse Labhair iad mu thimchioll na nuadh-bhreith, obair Dhé air an cridheachan, agus mar a bha mothachadh aca air an staid a

thaobh nàduir, bha iad a labhairt mu thimchioll mar a dh'fhiorsaich an Tighearna an anamaibh le a ghràdh troimh an Tighearna Iosa Criod, agus mu thimchioll nam briathran agus nan geallaidhean o'n d'fhuaire iad ùrachadh, neart, co-fhurtachd, agus cuideachadh an aghaidh buairidhean Shàtain; bha iad mar an ceudna 'reusonachadh air na sanuis agus buairidhean an droch aoin gu h-àraighean, agus ag innseadh da chéile na nithibh a chuir doilghios orra, agus mar a bha iad air an cumail suas an aghaidh a dhroch oidheirpean, agus chuala e mar an ceudna iad a co-labhairt mu thimchioll truaigh-ean an eridheachan féin, am mi-chreideamh, agus a dìteadh's a géur-fhuathachadh am fìreantachd féin, mar ni salach agus neo-fhoghainteach chum math sam bith a dheanadh dhoibh. Agus thaibean so dhasan a bhi air a labhairt le 'leithid do ghuth gairdeachais, agus le a leithid do chainnt thaitneich o'n sgriobturi, agus le 'leithid do choltas gràis anns gach ni a' labhair iad, is bha iad na bheachd mar gu'm biodh iad an deigh saoghal nuadh fhaotainn; mar gu'm biodh iad 'nan sluagh a bha gabhail còmhnuidh air leth, 's nach robh air a' meas am measg an coimhairsnach. Air. xxiii. 9.

B' ann o'n cho-labhairt so bh' acasan, a thòisich e air faireachduinn crith, agus gluasad neo-àbhaisteach na chridhe féin, agus is ann an sin a thoisich e ri bhi ga fhéin-cheasnachadh féin; leis a sin fhuair e amach nach robh a staid idir co math sa bha dùil aige; do bhrìgh na uile smaointeán timchioll air diadhachd agus slàinte, cha tainig an nuadh-bhreith riamh na inntinn, is mar sin fhuair e amach gu'm bu ni sin air an robh e gu tur na choigreach agus gun robh e aineolach air, ni mò bha eòlas aige air comhfhurtachd o'n fhocal na o'n a geallaidhean, na air cealgaireachd agus foilleileachd a dhroch eridhe féin. Air son smaointeán diomhair cha tug e riamh an aire dhoibh, ni mò thuig e idir ciod bu chiall do buairidhean Shàtain, na cia mar a thuig-

eadh e iad, na chuireadh e nan aghaidh. Ach gidheadh, bha 'n conaltradh so bha aig na mnathan ud air drudhadh air gu trom, agus bha e ro thoileach gu'n cluinneadh e tuilleadh mu na nithibh so ; agus uime sin, chleachd e gu tric a bhi dol an cuideachd na muinntir ud, oir bhuin an Tighearna ra chridhe leis a' chonaltradh sin ; oir bha e air aomadh gu bhi dol maille riù. Agus bha inntinn cho dùrach-dach chum eolas fhaotainn air na nithe so, gus an robh a chridhe coltach ri deal-each air a chuisle, "ag éigheach, Tabhair, Tabhair," *Gnàth.* xxx. 15. cho dian 's nach robh ni sam bith a thoilicheadh e ach diomhaireachd a' chreidimh a bhi air a thaisbeaanadh na chridhe féin ; ionnus gun robh anam cho suidhichte air siorruidheachd, agus air na nithibh a bhuineas do rioghachd Dhé, co fada sa bha fios aig air, air chor 's nach deanadh toilinntinn, buan nachd, comhairlean, na bagraidhean toirt air a ghréim a leigeil as ; a mheud as gun cuala mi e 'g radh, gu'm biodh e aig an àm sin cho deacair 'inn-tinn a thoirt o' neamh gu talamh, mar a mhotaich e iomadh uair o 'n àm sin a thoirt o' n talamh gu neamh. Ach an deigh do ghràs diadhaidh mar so a bhi air 'fhadadh na chridhe, dh' fheuch an diabhol gu cruaidh le iomadh gaoth bhuaireasach chum an gràs a sheideadh amach a rithist ; a toirt air iomadh fàth-gearain a bhi aige na aghaidh féin, gun robh e air a thilgeil air falbh, agus na neach aig nach robh creideamh idir, agus aig nach b' urrainn gu bràth a bhi, do brìgh 's nach robh e air a thaghadh.

Bha e ùine fhada fo thrioblaid le buairidhean a bha ro ghoirt, mar a thubhairt mi roimhe so ; agus bha tri nithe a ghnàthaich am buaireadair chum esan fheuchainn ; bha aon ni mòr ann, a bhi ga cheasnachadh féin dh'fheuch an robh creideamh aige ; bha 'leithid so do do smaointean a teachd tric na inntinn ; cia mar a tha thu dh'easbhuidh creidimh ? Agus cia mar is urrainn duit innseadh nach eil creideamh agad ? Bha so ga chur gu mòr

ioma-chomhairle ; seadh, cha robh fios aige gun robh creideamh aige ; gidheadh bha e faicinn le bhi as eugmhais gun robh e coltach ris gu'm biodh e marbh gu siorruidh. Ged a bha e mar so an toiseach, toileach amharc thairis air, gidheadh bhiodh e smaointeachadh gu'm bu mhòr an toradh a bhiodh aige nam biodh e cinnteach as an ni so ; uime sin, bha e toileach e fén fheuchainn co-dhiùbh a bha creideamh aige no nach robh. Ach am feadh a bha e smaointeachadh cia mar a bheireadh e deuchainn a bhiodh taitneach do'n ni so, rinn am buaireadair strì dh' fheuch am faigheadh e an làmh an uachdar air, a teachd a steach le chealgaireachd, nach robh dòigh sam bith aige leis am feuchadh e co-dhiù bha creideamh aige no nach robh, ach e thoirt deuchainn an oibriceadh e ni-eigin do mhiorbhuile ; agus cha robh sgriobtura dh' easbhuidh air chum a chuid-eachadh ; oir mar a bha e fiaradh nan sgriobturean, 'n uair a dh' fheuch e ri ar Tighearna beannaichte bhuaireadh, ghabh e mar an ceudna briathran an t-Slanuighear bheannaichte chum a sheirbhiseach a bhuaireadh 'g a bhrosnachadh, (Mat. xvii. 20.) Nam biodh agaibh creideamh mar ghràinne mustaird, theireadh sibh ris a' bheinn so, atharraich á so an sud, agus dh' atharraicheadh i; agus cha bhiodh ni sam bith eu-comasach dhuibh. Chaidh am buaireadh so air aghaidh cho fada ann air dha bhi air latha àraid eadar Elstow agus Bedford, bha am buaireadh dian air's an am sin, a dh' fheuchainn an robh creideamh aige le cuid do mhiorbhuillean a dheanamh ; bha e dol a ràdh ri clàbar, agus ri lodain bheaga do uisge a bha na laidhe ann an lorgan chasan nan each, bithibh tioram ; agus direach mar a bha e dol a labhairt, thàinig na smaointinn so steach na inntinn, dean ùrnuigh an toiseach, gun deanadh an Tighearna thu comasach ; agus 'n uair a bha e dol a dheanamh mar so, bha ni-eigin do bhrosnachadh diomhair a bha cuideachadh leis 's ag ràdh ris gun a chreideamh

a chur gus an deuchainn ud. Agus bhuanach e mar sin car beagan ùine fo chall mòr, nach robh fios aige co-dhiù bha creideamh aige no nach robh.

Air am àraidh nochdadadh staid shona an t-sluaigh bhochd ann an Bedford dha ann an seorsa do thais-beanadh mar a leanas ; air leis gu'm faca e iad air slios grianach a bha anabarrach boidheach air taobh beinne ro àrd, mar gu'm biodh iad ga'n grianadh 's ga'n neartachadh féin fo ghathan blàth na gréine ; air leis gun robh e féin na chreutair truagh, air chrith, agus na chrùban leis an fhuachd, ga chràdh le reodhadh 's le cloich shneachda, agus le neoil a bha oillteil dorcha ; air leis mar an ceudna gu'm faca e balla mòr àrd eadar e féin agus iadsan, agus bha 'm balla so dol timchioll na beinne gu leir ; bha e ag amharc orra agus bha mòr dhéidh aig anam air faotainn a steach thar a' bhalla so, chum 's gu'm biodh e sealbhachadh solus agus blàthas o'n ghréin mar an ceudna.

Chaidh e uair agus uair timchioll a' bhalla a deanamh urnuigh do ghnàth mar a bha e dol air aghaidh, agus e sior amharc dh' fheuch am faiceadh e dorus na slighe 'sam bith fosgailte air am faodadh e dol a steach. Cha d' fhuair e dorus na fosgladh 's am bith ré uine mhòir ; ach fa dheireadh air leis gu'm faca e mar gu'm b'eadh bearn chumhan mar gu'm biodh dorus beag air a' bhalla, agus thug e oidheirp air dol a steach air ; bha'n dorus cumhan, agus thug e ionadh ionnsuidh dh' fheuch am faigh-eadh e steach ; ach bha uile shaothair an diomhanas : fa dheireadh, le cruidh ghleachd, air leis gu'n d'fhuair e 'n toiseach a cheann a steach, agus an deigh sin le spàирн mhòir agus co-stri dhian, gu'n d'fhuair e air a leth-taobh a ghuailnean a steach, agus an sin ann an tiota bha' chorp gu h-iomlan a steach ; an sin bha e fo mhòr shubbhachas agus bha aoibhneas anabarrach air ; agus an sin air leis gu'n d'imich e agus gu'n do shuidh e sios 'nam meadhon.

agus gu'n d' fhuair e solus agus sòlas do-labhairt o theas na gréine.

A nis 's ann mar so a mhinich e dhomh a ni bha bheinn agus am balla mòr a bha timchioll oirre a ciallachadh, thuirt e gu'n robh a' bheinn a samhlachadh eaglais an Dé bheò, agus gu'm b' esan a' ghrian a dhealraich oirre, agus be gnùis ghlòrmhor agus ghràsmhor an Dé bheò a dhealraich orrasan a bha chòmhnuidh air a' bheinn; agus b'e 'm balla an saoghal a tha cur dealachaidd eadar Crioduidhean agus sluagh an t-saoghail so; shaoil e gu'm b'i bhearn a bha anns a' bhalla, Iosa Criosc, a ta' na shlighe chum an Athar, (Eoin xvi. 6. Mat. vii. 14.) A nis air do'n dorus a bhi anabarrach cumhan air chor is nach b' urrainn neach dol a steach air achi le cruaidh sp'irn, leigeadh ris dha nach robh e comasach gun rachadh aon neach a chum beatha, ach iadsan a bha air an co-chumadh ris an dorus, agus a dh'fhàg an saoghal aingidh air an cùl; do bhrigh nach gabhadh an dorus a steach ach corp agus anam a mhain, oir cha robh àite ann no rùm do chorp do anam, agus do 'n pheacadh.

Ghabh an samhladh ud còmhnuidh air inntinn fad iomadh latha, agus re mòran ùine bha e ga fhaicinn féin ann an cor truagh, agus caillte, agus bha e air a bhrosnachadh le mòr mhiann agus déidh gu bhi do'n àireamh ud a bha 'nan suidhe gu sòlasach fo ghath aibhblàth na gréine; thoisich e o 'n am so air a bhi deanamh ùrnuiigh ge b' e aite anns am biodh e, cò-dhiù a b' ann 's an tigh na 'sa mhachair, agus bu ghnàth leis mar an ceudna 'n uair a dh' éireadh a chridhe' suas a' chuid so do'n aon salm deug thar an da-fhichead a sheinn:— “Dean tràcair orm a Dhé nan gràs,” oir dh' innis a bheul mu'n am ud nach robh fios aige c'ait' an robh e. Cha d' fhuair e fathast ni sam bith a bha toirt dearbhaidh dha gun robh creideamh aige ann an Criosc; ach an àite dearbhaidh fhaotainn an robh creideamh aige ann an Criosc. 'S ann a bha

anam air a bhualadh le teagamhan as ùr cò-dhiù bhioadh e sona gu sìorruidh no nach biodh, gu sònruichte a smaointeachadh air an dòigh so— “Cò-dhiù bha no nach robh e air a thaghadh; agus ciod a dheanadh e ma bha latha nan gràs a nis air dol seachad ?” Bha e gu tric air a bhualadh le bhi cur an teagamh nach robh e air a thaghadh; agus bha 'n Sgriobtur so do ghnàth 'tighinn na bheachd mar an ceudna, agus a saltairt sios air uile mhiann; “Cha'n ann o'n tì leis an àill, no o'n tì a ruitheas ach o Dhia a ni tràcair.” Rom. ix. 16. Bha e 'g ràdh leis an sgriobtur, so nach b' urrainn e innseadh ciod a dheanadh e: air dha bhi faicinn gu soilleir, mar a deanadh Dia o a shaor-thoil fèin a thaghagh gu bhi na shoitheach tràcair, bha é faicinn ged a bhiodh e'g iarraidh sa' miannachadh s' ag oibreachadh gus am bristeadh a chridhe nach robh ann dha ach neo-ni; ghlaodh e 'n sin, O Thighearna, ciod a ni mi mur am beil mi da-rìreadh air mo thaghadh? Theagamh nach eil arsa Sàtan? Thubhairt esan faodaidh e bhith gu'm bheil a' chuis mar sin. Mata, arsa Sàtan, is co math dhuit stad dheth, gun a bhi strì nis faide ris; oir mu'r a bheil thu gu cinnteach air do thaghadh le Dia, cha'n eil dòchas gu'm bi thu air do thearnadh, “Oir, cha'n ann a 'n tì leis an àill, no o'n tì a ruitheas, ach o Dhia a ni tràcair.”

Agus a chum a thrioblaid an-tromachadh, thug Sàtan a chuideachd mhath so ann am Bedford na chuimhne, agus chagair e ris mar so, a thaobh gu'n robh iad sud air an iompachadh cheana, cha tearuinn Dia tuilleadh as an àite so; agus bha thusa tuilleadh is fada gu'n tighinn ann, oir fhuairean iadsan am beannachadh mu'n tàinig thusa. Chuir sud e fo àmhghar mòr. gu'm faodadh a' chuis a bhi fior; thug sud air a bhi glaodhaich a mach! O nach robh mi air mo thionndadh ni bu luaithe! O nach robh mi air tionndadh seachd bliadhna roimhe so! Bha e mar so ann am fearg ris féin, is e do ghnàth

a smaointeachadh gu'm bu truagh e bhi cho gòrach 's gu'n do chaith e aimsir air falbh an diomhanas, gus an do chaill e fa dheireadh 'anam agus neamh. Ach thug an Tighearna co-fhurtachd dha 'n uair a bha e ga shàrachadh, thugadh misneach dha o 'n a focail so : “ A Thighearna rinneadh mar a dh' òrduich thu, gidheadh, tha àite falamh ann fathast, co-éignich iad gu teachd à steach, chum gu'm bi mo thigh air a lionadh,” Luc. xiv. 22, 23. Thug na briathran ud misneach mhòr dha, agus chaidh e air aghaidh le mòr cho-fhurtachd, 'n uair a smaoanticheadh e gu'n do labhair an Tighearna Iosa iad a dh' aon ghnothach air a sgàth-san, oir shaoil e da-rìreadh gu'n do labhair e iad chum misneach a thoirt dha leo. Cha robh e dh' easbhuidh bhuairidhean a chum dol air ais ; seadh, buairidhean mar a thuirt e féin : “ Bha araon Sàtan, mo chridhe féin, agus mo luchd-eolais feòlmhor ag oibreachadh le chéile agus ga m' lionadh làn do khuairidhean ;” ach tha e toirt buidheachais do Dhia, gu'n tugadh buaidh orra sin leis a' bheo-mhoothachadh a bha aige air a' bhàs, agus air latha 'bhreitheanais, a dh' fhan do ghnàth fa chomhair a shùl. Bhiodh e smaointeachadh gu tric air Nebuchadnesar, mu'n dubhradh : “ Thug an Dia is àirde dha rioghachd, mòrachd, glòir, agus onair, agus air son na mòrachd a thugadh dha bha crith air na h-uile shluagh.” (Dan. v. 18, 19.) Bha e smaointeachadh ma fhuair an duine mòr ud a chuibhrionn gu leir anns na t-saoghal so, chuireadh aon uair ann an tein'-ifrinn gach ni dhiù ud as a chuimhne. Bha na smaointeann ud 'nam mòr bhuannachd dha.

Mu'n am so bha e gu math dlùth air a bhi faicinn ni-éigin mu thimchioll nan ainmhidhean a mheas Maois glan agus neo-ghlan ; shaoil e gu'm bu shamhlachan air daoine na h-ainmhidean glan 's gu'n robh iad nan samhlachan air pobull Dhe ; agus na h-ainmhidhean neo-ghlan nan samhlachan air clann an droch spioraid. Bha e leughadh, “ gun

cnàmhadh na h-ainmhidhean glan an cìr," se sin ars' esan, a tha so a nochdadadh dhuinn, gu'm feum sinn beathachadh air focal Dhé; "roinn iad an iongha" mar an ceudna, shaoil e gu'n robh sin a leigeil ris dhuinn gu'm feum sin dealachadh ri sligheachan dhaoine ain-diadhaidh mas àill leinn a bhi air ar tearnadadh. Agus air a' mhodh cheudna air dha leughadh ni b' fhaide air aghaidh mu'n timchioll, chunnaic e, ged a chnàmhamaid a' chìr mar ni mhaigheach, nan siùbhlamaid le spàg a' mhadaidh, na ged do roinneadhmaid an iongha mar a ni mhuc; gidheadh, mar a cnàmhamaid a' chìr mar ni chaora, gu'n robh sinn fathast 'n ar creutairean neo-ghlan: shaoil e gu'n robh a' mhaigheach 'na samhla orrasan a bhios a labhairt mu'n fhacal, gidheadh, a bha siubhal ann an cas-cheumaibh a' pheacaich; agus chunnaic e gu'n robh a' mhuc coltach ris an tì a bha cur cùl ri truailleachd o'n leth a muigh, ach a bha as eugmhais focail a' chreidimh, 's le bhi as eugmhais nach robh seol air slàint' fhaotainn, ciod air bith cho cràbhach sa bhios duine. (Deut. xiv.) Fhuair e a mach an deigh so le bhi leughadh an fhocail gu'm feumadh iadsan a bhiodh air an glorachadh maille ri Criod ann an saoghal eile, "bhi air an gairm leis anns an t-saoghal so," seadh air an gairm chum a bhi nan luchd-comhpait do roinn do fhocal agus do fhìreantachd, do cho-fhurtachd, agus ceud thoradh an spioraid, ni a ta deanamh an anama deas fa chomhair suaimhneis, agus na dachaидh glòrmhoir a ta anns na neamhaibh shuas. Air uairibh eile dh'innseadh e 'chor do phobull an Tighearna: agus 'n uair a chluinneadh iad an staid anns am biodh e, ghabhadh iad truas dheth, agus bhiodh iad ag innseadh dha mu thimchioll nan geallaidhean; ach bha e ag ràdh gu'n robh e cho math dhoibh a ràdh ris gu'n ruigeadh e air a mheòir a chur air a' ghréin, sa ràdh ris gabhail ris na geallaidhean, no 'dhochas a chur annta; agus chunnaic e nach robh aige ach

crídhe gu peacachadh, agus a bha fo lagh a dhìteadh e. Thug na nithe so air a bhi smaointeachadh gu tric air an leanabh, a thug athair a dh' ionnsuidh Chriosd : “ Agus am feadh a bha e fathast a teachd thilg an deamhan sios e, agus reub se e, agus thuit e air an talamh, agus bha e ga aoirneagan féin agus a' cur cobhair as a bheul.” Marc. ix. 20.

Bha 'n t-as-creideamh a bha ann a cur a ghuailnean ris an dorus a chum a chumail a mach, agus bheireadh sin air éigheach a mach maille ri osnaidhean goirt :—“ A dheadh Thighearna bris fosgailte e, a Thighearna bris na geatachan umha, agus gearr sios na croinn iaruinn !” (Salm cvii. 16.) Chuireadh na focail ud lasadh sìth na chridhe ; —“ Crioslaichidh mi thu agus tha thu aineolach orm ! Isa. xlvi. 5. Cha robh e riamh na b' anmhuiinne ann a bhi cur an gniomh peacaidh na bha e's an am sin ; bha 'nis a choguis air fàs goirt, cha robh fios aige cia mar a labhradh e le eagal gu'n cuireadh e bhriathran as an àite féin ; air leis gu'n d'fhuair se e féin an sin mar ann an suil-chrith, agus mar gu'm biodh e air fhàgail ann le Dia, le Chriosd, agus leis an Spiorad naomh. Thoisich e goirid an deigh sin air beachdachadh air truaileachd a naduir o'n leth a steach, ni a chuir àmhghar agus doilghios mor air ; bha e 'g a fhaicinn cho gràineil 'na shealladh féin ri losgun dubh, agus air leis gu'n robh e an ni ceudna an làthair Dhé ; (ars esan) sputadh peacadh agus truailleachd as mo chridhe cho nadurra sa bhrùchdas uisg' a nios á fuaran.

Air dha mar sin sealladh fhaotainn air a thruaill eachd, thuit e ann an eu-dòchas, agus bha 'chor ro thrioblaideach. Am feadh a bha e mar so, fo àmhghar le eagal gu'm biodh e air a dhamnadhbh, bha dà ni a bha cur mòr iongantais air, b' e aon diù 'n uair a chitheadh e muinntir aosda 'ruith gu dian an tòir air nithe na beatha so, mar gu'm biodh iad a dol a bhi beo gu bràth, b' e 'n ni eile 'n uair

a chitheadh e luchd-aidmheil diadhachd fo thriob-laid agus air an leagadh sios, 'n uair a thigeadh calldachd nan caramh o'n leth a muigh, seadh mar tha call companaich, bean-phosda, na leanabh, agus mar sin sìos. Thubhairt esan ann féin air a' mhodh so, a Thighearna, nach b' e 'n othail e air son nithe feòlmhor; ma tha iadsan a' deanamh uibhir so do shaothair an deigh nithibh na beatha so a ta làthair, agus a sileadh a choimhlion deur air an son, ciod, ars esan, an truas a bu chòir a ghabhail riumsa le guidhe as mo leth? Tha m' anam a' bàsachadh, tha m'anam 'ga dhìteadh. "Nam biodh m' anam, ars esan, ann an cor ceart, agus nam biodh agam-sa fios air a sin le dearbhadh. O cia saibhir a mheasàinn mi féin, ged nach biodh agam ach aran is uisge, agus ghiùlainainn iad sud mar uallaiche beaga: "Ach cò is urrainn spiorad briste a ghiùlan!"

Mu'n cuairt air mìos an deigh sin, air leis gu'tàinig stoirm ro mhòr a nuas air, agus bha e fishead uair ni bu ghoirt' air na gach ni a thachair air roimhe sin; thàinig an ni so air gu'n fhios, an toiseach le aon chuid, agus a rithist le cuid eile. Air tùs bha gach uile cho-fhurtachd a fhuair e air a thoirt air falbh uaith gu buileach, an sin laidh dorchadas eagalach air, beagan an deigh sin, air leis gun deachaidh dìle, na tuil uamhasach do thoibheuman, an aghaidh Dhé, Chriosd, agus nan Scrioibturean, a dhortadh a steach na inntinn, ni a chuir trioblaid agus doilghios mòr air. B'e toradh nan smaointean toibheumach so, a bhi dùsgadh suas inntinn an aghaidh bith Dhé, agus an aghaidh aon Mhic a ghràidh; cò-dhiù bha no nach robh le dearbh chinnt' da-rìreadh Dia na Criosd ann? agus tò-dhiù b' e 'n Sgriobtuir facal an Dé naomha, na an robh e na sgeula meallta!

A nis thòisich e air a bhi smaointeachadh, gu'n robh deamhan ann féin, agus air uairibh shaoileadh e gu'n rachadh e ion' s as a chéill, oir an àit' a bhi moladh an Tighearna, agus ga ghlòrachadh maille

ri muinntir eile; 'n uair a chluinneadh e iad a labhairt mu thimchioll Dhé, is ann a dh' éireadh gu grad toibheum uabhasach suas na chridhe 'na aghaidh; ionnus gu'n d' éirich na smaointeann so 'na chridhe, nach robh leithid Dhia ann idir; mar sin cha b'urrainn e gràdh na sìth no aigneadh gràsmhor 's am bith fhaireachduinn 's an leth a steach. Mhair am buaireadh so air dlùth air bliadhna, cha b' urrainn e 'feitheamh air aon do òrduighean an Tighearna, ach le mòr chàs agus àmhghar goirt; agus 'n uair a bhiodh e ag eisdeachd an fhocail, bhiodh e ni bu mhò air éigneachadh le neo-ghloine, toibheum, agus an-dòchas. An sin thigeadh am buaireadair da ionnsuidh mar so, "Tha thu gu ro dhian ag iarraidh tròcair, ach fuarachaidh mise thu; cha mhair thu do ghnàth mar so; bha iomadh neach cho dian riutsa ann an spiorad ach chuir mise as an eud (agus leis a so bhiodh an neach ud san neach so a thuit air falbh a' teachd na aire.) An sin bhiodh eagal air gu'n claonadh e air falbh air a' mhodh cheudna; agus theireadh, e gu'm bu mhath leis gu'n tàinig so 'n a aire; oir gu'n deanadh e faire 's gu'm biodh e gluasad cho tearuinte 's a dh' fheudadh e, "Ged a bhios sin mar sin," arsa Sàtan, "bithidh mise tuilleadh is seòlta air do shon, fuaraichidh mi thu gu'n fhios duit, air mo shocair féin, a lion beagan is beagan, ciod is mò ormsa, ge'd' a bhithcas mi seachd bliadhna' fuarachadh do chridhe, ma gheibh mi làmh an uachdar ort fa dheireadh?" Cuiridh gnà-thulgan leanabh còreanach a chadal. Ged a tha thu dian-losgadh aig an am so, gidheadh mas urrainn mise spionaidh mi as an teine so thu, agus fàgaidh mi fuar thu an ùine ghéarr."

Thug na nithe ud e gu teannndachd mhòr, ach bha e toirt buidheachas do Iosa Criod, nach tug na nithe ud air stad do ghlaodhaich, ach 's ann a chuir se e gu glaodhaich mòran ni bu mhò, coltach ris an tè a thachair air an adhaltranach 'sa' mhach-

air, Deut. xxii. 27. Bha mòran do chùl-taic aige fo na buairidhean ud, anns an treas caibidil do dh' Ieremiah, anns a' chòigeamh rann do'n chaibidil sin, thuirt e féin mar so, ged a labhair mi, agus ge do rinn mi nithe cho olc 's a b'urrainn mi, gidheadh glaodhaidh mi ri Dia,—“M'Athair is tu treòir m' òige;” agus pillidh mi 'ga ionnsuidh. “Ma tha Dia leinn cò dh'fheudas a bhi n-ar n-aghaidh?”

Air latha àraidih thàinig an Scriobtur so 'n a bheachd,—“Gu'm biodh na h-uile air an deanamh réidh ris-féin trid-san air dha sìth dheanamh tre fhuil a' chroinn-cheusaiddh-san,” Col. i. 20. A nis bha anam air a threòrachadh le Dia o fhìrinn gu fìrinn! Eadhon o bhreith agus creathall Mhic Dhé, gu's an deachaidh e suas, agus ath-theachd o næamh a thoirt breith air an t-saoghal.

Ach an deigh dha mòran laithean a chur seachad ann an staid thùrsaich, b'e toil an Athar thròcair-aich dealradh a steach air 'anam, leis an fhocal bheannaichte so, Luc. xiv. 22, 23. “Agus co éignich iad gu teachd a steach, chum gu'm bi mo thigh air a lìonadh. Gidheadh tha àite falamh ann fathast.” Thug na focail ma dheireadh so làn shòlas dha, agus bha iad 'nan làn fhreagairt do chagarsaich Shàtain, nach robh latha nan gràs air dol seachad. Bha mòran do bhuairidhean eile air iomadh uair, agus air iomadh caochladh aobhair; ach shaor Dia a mach uapa sin uile e, agus fa dheireadh, shuidhich e 'chosan ann an ionad far-suing, agus lion e anam le aoibhneas agus subhachas.

Anns a' bhliadhna 1653, bha e air a bhaisteadh, agus air a ghabhail a steach na bhall do eaglais Bhedford; oir bha làn dearbhadh aca gu'n robh gràs an De bheo anns-an, agus gu'n do rinn Dia esan urramach agus iomchuidh air son obair na ministreileachd; bha e air iarraidh air gu dùrach-dach leis a' cho-thional gun cuireadh e 'n céill dhoibh na tiodhlacan spioradail leis an do bheanachaich Dia e; ghabh e 'n toiseach a lethsgeul gu

ro mhodhail, a leigeil ris dhoibh, le mòr thugse, 'anmhuiinneachd agus a neo-iomlanachd; ach air dha bhi air a cho-éigneachadh leo-san ni b' fhaide chum a dheanamh, dh'aontaich e ris; ach leis co nàrach 'sa bha e sheachainn e an toiseach coinneimhan follaiseach, ach fhritheil e gu h-urramach dhoibh ann an uaigneas a measg chàirdean; agus bha e ro anabarrach chum an teagasg, gu's nach b'urrainn iad gu'n a bhi toirt moladh do'n Athair thròcaireach air son a' mhòr ghràis a bhulich e air.

Beagan an deigh so bha cuid do'n cho-thional air an cur a mach a dh'ionnsuidh na dùthcha chum teagasg, dh'iarr iad gu'n rachadh Buinian maille riù, ni a rinn e gu toileach; agus le dian-iarrtas agus ga chomhairleachadh chuir e'n céill dhoibh na tiодhlacan a fhuair e, (ach do ghnath gu h-uaig-neach,) a measg nan daoine matha far am biodh e; agus bha iadsan, mar an ceudna, gabhail ris le gairdeachas air son na tròcair a nochd Dia dha, agus ag aideacheadh an anamaibh a bhi air an teagasg leis. Bha e air a dhìteadh aig mòd beagan an déigh sin air son a bhi na fhear-tionail agus na fhear cumail suas cho-thionalan neo-laghail agus coinneamhan aoraidh diomhair, agus air son nach géilleadh e do'n dòigh aoraidh a bha aig an Eaglais Shasunnaich; bha Buinian 'na dhuine aig an robh inntinn fhosgailte agus neo-chuibhrichte, agus nach folaireadh e féin chum 's gu'm biodh e air a chaomhnadh, gu h-àraidh air son aobhar a mhaigh-istir, agus uime sin dh'aidich e gu saor, soilleir, air dha bhi aig coinneamh, agus a searmonachadh do'n t-sluagh, nach robh esan a dol a ghéilleadh go'n dòigh aoraidh a bha air a shuidheachadh anns an Eaglais Shasunnaich, ag aideachadh (mar a rinn an t-abstol Pòl air thoiseach air) gu'r h-ann air an dòigh ris an abair iadsan saobh-chreideamh, a ni mise aoradh do Dhia m' athraichean. Ghabh na breitheamhna a bhriathran treibhdhireach gu bhi aca mar chuis dìtidh na aghaidh, agus dhìt iad

e gu bhi air fhògradh rè a bheatha' a chionn gu'n do dhiùlt e géilleadh do'n reachd a rinneadh leis a Phàrlamaid 'san am sin, ni air son an do chuireadh e ann am prìosan a rìs; ged nach robh binn an fhògraidd riamh air a cur an gniomh. gidleadh, blia e air a chumail ann am prìosan fad dà bhliadhna dhéug; a giùlan a' pheanais sin, ann am prìosan duinte, agus neo-cho-fhurtachail, agus air uairibh a fulang o luchd-coimhead a' phriosain a bha cruidh-chridheach agus an-iocdhdmhor 'g a ghiùlan le foighidinn chriosduidh, agus irioslachd inntinn, agus a fàs na mhiniștir do Iosa Criod ; oir 's e a leithid so do aobhar a ghabh e os-làimh, agus air son an robh e 'fulang.

Ach ge do bha naimhdean lionmhor a bha air am buaireadh thuige sin, gidheadh, bha iad air an cumail air an ais le cumhachd na diadhachd o chur na binne an gnìomh ; oir bha obair eile aig Dia fa chomhair ra dheananmh an Sasunn. Agus an uair a bha a cheanglaichean agus a phrìosnachadh air am fuasgladh agus an cur fo smachd le freasdal an Dia sin a tha an dà chuid iongantach an comhairle, agus a tha oirdheirc an oibre, a tha toirt mòr aire chum an soisgeul a chumail air aghaidh ; oir tre 'fhublangsan 'sa' phrìosan, dhaingnich agus sheulaich e'n fhirinn a shearmonaich e roimhe sin. Is ann air dhomh taghal air anns a' phrìosan a chunnaic mise an toiseach e, agus a fhuair mi eòlas air ; agus feumaidh mi aideachadh, nach b'urrainn mi gu'n a bhi ag amharc air mar dhuine aig an robh deadh spiorad, eudmhor air son onair a mhaighstir, agus le mòr aoibhneas ag earbsa uile chuissean féin ri ordugh Dhé. 'Nuair a bha mise an sin, bha trifiehead ann a thuillidh air san a dhealaich o'n Eglais Shasunnaich, a bha air an glacadh beagan roimhe sin aig coinneimh ùirnuigh ann an baile da'n goirear *Kaistoe*, ann an siorramachd Bhedford, a thuillidh air dà mhiniștir a dhealaich o'n Eglais Shasunnaich, 's e sin ri ràdh, Mr Wheeler agus

Mr Dunn, (oir bha sluagh siorramachd Bhedford gu math eolach air an dithis, ged a tha iad o cheann fada maille ri Dia, a bha na 'meadhon am priosan a bhi air a dhòmhachadh gu mòr ; gidheadh, ann am meadhon gach uile bhuaireas a bha 'n sin, chuala mi Buinian a' searmonachadh agus a' deanamh ùrnuigh le cumhachd spioraid a' chreideimh, agus mar gu'm biodh e air a chuideachadh le ard iomlanachd a' chreidimh dhiadhaidh, ni thug orm seasamh agus amharc air le mòr iongnadh.

Ni mò a rinn e am feadh 's a bha e 'sa phrìosan, uine chur seachad air mhodh leisg agus mi churamach, ni mò dh-ith e aran an diomhanais ; oir bha mise ann am fhianuis an sin, gu'n d'rinn a làmhan seirbhis air a shon féin, agus air son a theaghlach ; oir 's iomadh céud dusan do stòman fada a rinn e 's a dh'fhuaigh e ra chéile, chum an uine chur seachad ; dh'ionnsuich e so 's a' phrìosan, ni leis an robh e 'g a bheathachadh féin 's a theaghlach

An sin mar an ceudna ghabh mi beachd air a leabhar lann, an t-aon is lugha, agus a mhàin an t-aon a b' fhearr a chunnaic mi riamh ; bha e air a dheanamh suas le dà leabhar, am *Bioball*, agus leabhar nam Martarach. Agus co fada sa bha e's a' phrìosan, (o 'na labhair mi mu 'leabhar lann) sgriobh e iomadh leabhar luachmhor agus feumail ; gu h-araidh am Baile naomh, Turus a' Chriosd-uidh, agus Gràs am pailteas do cheann-feadhna nam peacach ; maille ri iomadh aon eile. Cha'n fheud mi an ceann so fhàgail, 's e sin a phrìosnachadh, gus an leig mi ris do'n leughadair cuid da fhéinfhiosrachadh an sin ; chuir e 'n céill nach robh inn-tinn riamh cho fosgailte, fad a bheatha, gu bhi lèirsinn agus a tuigsinn focal Dhé, 's a' bha e aig an am sin. Na sgriobturan anns nach robh e faicinn ni 'sam bith roinhe sin, air leis 'n uair a bha e 's a' phrìosan gu'n robh iad a dealradh air. Cha robh Iosa Criod, mar an ceudna, riamh cho cinnteach agus cho soilleir dha 's a bha e aig an am ud ;

oir an sin, ars' esan, chunnaic mi e, agus mhothaich mi e gu fìrinneach.

Pead. ii. 16. Oir cha do lean sinne faoin-sgeulachdan a dhealbhadh gu h-innleachdach, agus bha am focal sin na fhocal beannaichte dhàsan an sin; bha e air uairibh air a ghiùlan co àrd osceann gach uile eagal agus buaire gu 's an robh e air a dheanamh comasach air gàire dheanadh ri sgrios, agus gu'n eagal air aon chuid roi 'n each na mharcaiche. Is ann an sin, a thug Dia dha na seallaidhean caoimhneil agus luachmhòr air maitheanas air son a pheacadhean, agus gu'm biodh e le Iosa ann an saoghal eile. Seadh, is ann an sin, a mhothaich e, gu'n robh Dia a seasamh dlùth dha, aig gach uile buaireadh, agus a' cronachadh a' bhuaireadaid. Ach air son sin uile dheth, bha fios aige gu'n robh e na dhuine a bha air a chuartachadh le anmhuinneachdan, agus gu'n robh cùram air, air son a mhnaoi-phòsta agus a chuid cloinne, agus bhiodh so an drast 's a rithist a tighinn fainear dha, ni nan dealachte uatha e a bhiodh dha mar gu'm biodh fheoil air a reubadh bharr a chnamhaibh; (oir bha e na fhear a bha gràdhach agus caoimhneil, agus na athair bàigheil; math a dh' fheudte a bha na ni-éigin, do choire,) agus gach iomadh cruidh chàs agus uireas-bhuidh, a bha coltach ri tachairt air a theaghlach bochd, nam biodh e air a thoirt air falbh uapa; bha so a tighinn gu tric na inntinn, gu h-àraidh a nighean a bha dall a bha ni b' fhaisge d'a chridhe na càch gu leir. "A leinibh bhochd, ars' esan, ciod am bròn a tha coltach a bhi agad mar chrannchur anns an t-saoghal so! feumaidh tu a bhi air do bhualadh, déirc iarruidh, acras, fuachd, a bhi lom-nochd, agus mile truaighe f' hulang, ged nach fuiling mis' an dràst do 'n ghaoith séideadh ort. Ach air dhomh mo smaointean a ghairm air an ais, thuirt mi, feumaidh mi 'ur n-earbsa gu leir ri Dia, ged a bhitheas a bhi g' ar fàgail mar shaighead a dol troimh m' fheòil. O! chunnaic mi ann 's a' chor ud, gu'n

robh mi mar dhuine a bha spionadh a nuas a thighe air ceann a mhnà agus a chloinne, gidheadh, arsa mise, feumaidh mi dheanamh, agus an sin chuimh-nich mi air an dà mhart bainne a bha gu àirc Dhé a' ghiùlan gu duthaich eile, agus a bha ra 'n laoigh fhágail as an deigh, 1 Sam. vi. 10.

Ach mhothaich e gu 'n robh Dia gràsmhor dha, eadhon anns an ni so gu h-àraidh, 'g a chuideachadh gu mòr leis an dà sgriobtur so, Ier. xlix. 11. agus caib. xv. 11. "Fàg do dhilleachdain, gleidhidh mise beò iad; agus cuireadh do bhantraichean an dòchas annam-sa. Thubhairt an Tighearna, gu cinnteach éiridh gu maith do t-iarmad; gu cinn-teach bheir mi air an nàmhaid bhi bàigheil riut ann an am na h-airc', agus ann an am a' chruaidh-chàis." An deigh do 'n duine so bhi dà bhliadhna dheug gu leth 'na phriosanach air son a bhi dearbh-adh deadh choguis, agus a cur a naimhdean na tosd le a naomhachd neo-choireach, agus a shean-achas neo-lochdach; bha e, réir toil Dé a chuir ann an cridhe Dhoctair Barlo, Easbuig Lincoln, a bhi na mheadhon a chur fa-sgaoil.

An deigh dha faotainn fa-sgaoil, bha e gu tric ag amharc air ais air gach tearnadh a chaidh seachad, agus a moladh Dhé; 'na measg bha cuid a bha anabarrach comharrachte; agus cha robh a h-aon diù ni bu mhò nan t-aon so a tha mi dòl a chur an céill; air dha bhi na shaighdear anns an arin aig seisdeadh Leicester, anns a' bhliadhna 1645, bha e air a ghairm a mach gu seasamh air freiceadan ach bha òganach anns a' chuideachd, agus dh' asluich e air leigeil leis féin dol a chum an fhreic-eadaidh air a shon, dh-aontaich Buinian ri so, agus dh' fhalbh am fear eile gu toilichte; agus air seasamh dha air freiceadan an sin, chaidh a thilgeil troi'n cheann le peilleir o ghunna, agus dh'eug e.

Bha an gniomh ma dheireadh a rinn e anns a 'bheatha so na obair ghràdhach, chaoimhneil; bha duin-uasal òg ann a chuir fearg air 'athair, agus

bha'n t-òganach fo mhòr thrioblaid air a shon, do bhrigh gun euala e gun robh 'athair dol a thoirt seachad na h-oighreachd bu diligeach dha do neach eile, air son an easaontais a thàinig eatorra ; shòn-ruich an t-òganach Iain Buinian, chum gu'n rach-adh e chum reite dheanamh ra athair, agus ghabh Buinian sin os-laimh gu toileach, agus dh' fhalbh e far an robh athair an òganaich, agus ghnàthaich e a leithid do reusonachadh drùidh-teach an aghaidh feirg agus corruiich, agus a sparradh air an duine a bhi bàigheil agus seirceil ra mhac féin, agus reite dheanamh ris, ionnus gu'n d'rinn an t-athair reite ris a mhac gu seirceil, gràdhach.

'Nuair a shocruich Buinian gach ni a ghabh e os-laimh ; agus air dha bhi dol air ais do Lunnuinn, bha 'n aimsir ro fhliuch, le frasan troma fad an rathaid, agus thàinig e gu chairtealan anabarrach fliech, fuar, agus dh' fhàs e gu tinn le fiabhrus trom agus ainneartach fo'n d' fhuiling e le mòr fhoighid-inn, 'g a thoirt féin suas gu toill an Tighearna, a' labhairt mar nach biodh e 'g iarraidh ni 's am bith ach caochladh, agus a bhi maille ri Criod : agus air dha bhi faicinn gu'n robh a neart 'g a threigsinn, shocruich e inntinn agus a ghnothaichean cho math 's a cheadaich an ùine dha, le foighidinn Chriosduidh, agus liubhair e suas 'anam ann an làmhan Fhir-saoraidh ghràsmhoir, a' buanachadh air aghaidh' na eilthireach o Bhaile an léir-sgrios, chum an Ierusaleim neamhaidh ; bha 'anam do ghnàth, ri naomh smaointeachadh, agus a 'plosgart-aich an déidh air a' mhana fholaichte, agus air uisge na beatha. Dh'eug e ann an Lunnuinn air an latha ma dheireadh do cheud mhios an fhogharaidh 's a' bhliadhna 1688, an deigh tinneas dheich làithean ; aig aois thri ficead bliadhna ; agus chaidh a thiodhlacadh 's a' bhaile sin, far am bi e na chadal gu maduinn na h-aiséiridh, a 'feith-eamh ri dùsgadh glòrmhor, chum neo-bhàsmhorachd neo-thruaillidh ; far nach cuir trioblaid no brè

doilghios air ni's mò, agus far am bi na h-uile deur air an siabadh air fabh o' shùilean, 'n uair a bhitheas na fìreanaich air an aonadh ra chéile mar bhuill do Chriosd an t-àrd cheannard, agus a rioghaicheas iad maille ris mar righribh agus mar shagartaibh, gu siorruidh.

**GHEARR CHUNNTAS AIR MR BUINIAN AGUS ▲  
MHINISTREILEACHD.**

Mar mhinisteir an t-soisgeil, bha e ar aon cumhachdach, agus urramach, agus b' urrainn da labhairt air sheol ro dhruidh teach ris an luchd-eisdeachd a bh' aige. Chaidh cuibhrionn mhòr do ghràs an t-soisgeil a bhuileachadh air anam féin, agus tha e coltach gur h-ann chum an aobhair sin a ghairm Dia e, o bhi na pheacach gràineil, agus na dhuine bochd neo-fhoghluiimte, chum tuigsinn fior sheadh agus diomhaireachd an t-soisgeil, air chor 's gu'm b' urrainn da labhairt ri anamaibh dhaoine eile le cumhachd agus gràs, chum an soisgeul a mhineachadh mar rinn na h-abstoil o shean. Mar sin bhuilich Dia mòr ghràs air a' pheacach mhòr so, agus thionndaidh Dia e gu bhi na sheirbhiseach urramach ann an obair an t-soisgeil, agus a sparradh a dh' ionnsuidh an fhogharaidh, a bha cho feumail; agus mar sin, gu'n cheist, bu chòir dhuinn a bhi cùramach chum a shaothair a chumail air chuimhne.

Air do Dhia an duine so chur a dh'ionnsuidh an fhogharaidh, tha so ag innseadh dhuinn gu soilleir nach eil Dia do ghnàth ag iarruidh gu'm biodh a mhinisteirean air an cumadh 's air an ulluchadh le foghlum is freasdal dhaoine an t-saoghail, ach gu bheil e féin comasach le a ghràs air ministeirean cumhachdach a thogail suas mar a bha na h-abstoil iomadh ceud bliadhna roimhe so.

Is iomadh mìle a fhuair buannachd anama, agus co-fhurtachd o a theagasg, mar gu'm beanadh aingeal na abstol ra'n anamaibh le eibhleig do theine naomh o'n altair. Bha na tiodhlac luach-mhor so do ghràs Dhé bha anns-an, agus an labh-

airt a bh' aige cur iongantais air a naimhdean a chluinneadh uime, (mar a tha air a ràdh gu coit-chionn) gun robh e gu'n fhoghlum, is nach robh goil aige. Air son gach uile ni a chaidh ainmeachadh roimhe so, air co spioradail sa theagaisgeadh e, is airidh oibribh a tha sgriobhete 'bhi air an gleidheadh, co math ri sgriobhadh aon duine eile a sgriobh o linn nan abstoir.

Os barr, bha e na Chriosduidh a dh'fhuiling os-ceann da bhliadhna dheug ann am priosan, ni leis an do chuir e seula ris an fhìrinn a chuir e 'n céill.

Gidheadh, ged' a bha e air a chumail ùine mhòr ann am priosan, shearmonaich e an iomadh àite an deigh sin air feadh na dùthcha, mar sheirbhiseach dileas do Chriosd, agus air son slàinte do anamaibh.

Agus cha robh e na dhuine a shearmonaich air son airgid, oir dhiùlt e teachd a steach a bu mhòr, agus roghnaich e fuireach far an robh e.

Agus bha stuamachd (na iarrtas air son airgid) mar a bha cleachduinn an abstoir Phoil, ni b' isle na bha cead aige, is mar sin 'n uair a dh'eug e cha d' fhàg e moran stòrais aig a theaghlaich.

Agus ma dheireadh, gach ni a tha ri bhi air a thoirt fainear, se sin a mhi-naomhachd air tùs, a bhochduinn, a neo-fhoghluijmteachd, maille ra mhòr ghnothuichean nadurra, an t-atharrachadh mòr a rinneadh air le gràs, agus co fada 's a bha e 's a' phriosan, agus an fhoirfeachd mhòr air en d' rainig e, tha mise ag ràdh nach d' fhàg Buinian nach maireann an Sasunn, no anns an t-saoghal a leithid eile as a dhéigh fhad is aithne dhomh-sa ; agus is e so barail neo-chealgach,

Bhur Brathar Crioduidh,

TEARLACH DOE.

COLTAS IAIN BHUINIAN.

Shaoilte o choltas a ghnùise gun robh e do nadur gruamach neo-chaoimhneil, ach bha e ciùin agus

suairce na chòmhradh, gun a bhi buailteach do mhèran bruidhne na conaltraidh am measg dhaoine : mur biodh fior aobhar aige air a shon ; a toirt an aire do ghnàth nach deanadh e uaill as féin, agus ag amharc ional 'na shealladh féin, ga leigeil féin fo bhreitheanas dhaoine eile, a seachnadh bhreug agus mhionnan le mòr ghràin ; a cumail ra fhocal cho dlùth 's a b'urrainn e, déidheil air reite, agus air sìth ; agus a bhi ann an càirdeas ris gach uile dhaoine. Bha 'shuil geur furachair, 's bha bhreithneachadh ro thuigseach, agus ullamh na fhreagairt ; agus air uairaibh, na dheadh fhear-cuideachd. Bha e àrd na phearsa, ged nach robh e dòmhail, bha rud eigin do ruiteachd 'na ghnùis, 's bha shuilean dealrach, le feusag fhada air a bheul uachdair, mar bu nòs do na seana Bhreatannaich, bha fhalt ruadh, ach 'na laithean deireannach bha e air a mheasgadh le ròineagan liatha ; bha a shron direach gu'n a bhi àrd na crom, a bheul rud-éigin mòr, a bhathais rud-éigin àrd, agus a thrusgan do sheorsa neo-rìomhach. Mar so thug sinn seachad sgeul gu neo-chlaon-bhreitheach air a leth-a-steach, agus air a leth-a-mach ; bu duine e bha air ionndrainn gu mòr, agus air a chaoidh aig am a bhàis, duine nach robh air a sheideadh suas le saoibhreas, na air thilgeil sios le bochduinn ach, do ghnàth a gabhail an t-saoghail mar a thigeadh e, gu taingeil toilichte.

Dh'fhàg Buinian bean agus teaghlaich 'n a dheigh ; bha ise beo gus a' bhliadhna 1692. Bha cuignear chloinne aige, chaochail Mairi, an nigheann dall roimhe féin : bha clearar eile ann, Iain, Ioseph, Tomas, agus Mòr. Reic Iain, am mac bu shine, an leabhran beag, feumail so, ris an duine a chuir an clòdh e a' cheud uair, anns a' bhliadhna 1698.

Bha Buinian beo trì fishead bliadhna, agus sgriobh e trì fishead leabhar ; bha mòran diubh sin nach robh air an clòdh-bhualadh aig am a bhàis ; ach an déigh sin chaidh an cruinneachadh r'a' chéile, 's an cur an clòdh, ann an dà leabhar mòr.

## RABHADH DO GACH DUINE LEISG, AGUS NEO-CHURAMACH.

**Mo CHAIRDEAN.**—Thubhairt Solamh, gu'm marbh-adh miann an leisgein e; agus mar sin, ciod a ni 'n leisg féin orrasan a bheir aoidheachd dh'i? Tha 'n 'gnàthfhocal ag ràdh, esan a chaidleas anns an fhogharadh, gur mac maslach e: agus cha dana leam a ràdh, nach urrainn masladh ni 's mò tighinn air neach, na gu'n cailleadh e 'anam agus a' bheatha bhith-bhuan, le peacadh agus le amайдeachd. Agus tha mi cinnteach gur e so an ath rathad chum sin a dheanadh; eadhon, a bhi leisg ann an obair na slàinte. Cha'n eil fion-lios an lunndaire ni 's làine do chluarain, do eanntagaich, agus do luibhibh breun, na tha chridhe-san a tha leisg air son neamh, do pheacaibh a chruaidhicheas an cridhe agus a sgriosas an t-anam.

Tha'n dà olc so anns an leisg; air tùs a bhi dearmad an àma anns 'm bu choir a bhi 'g ullachadh air son neamh; agus air an doigh cheudna, 's an dara àite, bhi toirt' a steach aithreachas crìche. Theid mise 'n urras duibh, ge b'e chailleas anam leis an leisg, nach bi sin na aobhar aoibhneis dha 'n uair a ruigeas e ifrinn.

Tha mi-chùram gu minic a dol maille ris an leisg, agus is e neo-mhothachadh mar is trice o 'm bheil mi-chùram a gintinn; agus tha neo-mhothachadh a rìs a' cur neart as ùr anns an leisg, agus leis na nithibh ud tha 'n t-anam air fhàgail gun leigheas.

Cumaidh an leisg a mach Criod, 's cuiridh i 'n t-anam gu nàire. Tha 'n leisg air a diteadh eadhon leis na creutairibh is laige do 'na h-uile chreutairibh. "Imich a chum an t-seangain, a leisgein; thoir fa'near a shlighean agus bi glic." "Air son an fhuachda cha treabh an leisgein; (is e sin cha bhris e suas talamh neo-àitichte a chridhe, do bhrigh

gu'm feum an neach a ni sin beagan saothair a' dheanadh) iarraigdh e deirc anns an fhogharadh (is e sin 'n uair a bhios naoimh Dhé a' sealbhachadh an t-sonais ghlòrmhoir a gheibh iad anns na neamhan,) ach cha'n fhaigh an lunndaire ni 'sam bith, is e sin, cha'n fhearrde e a ghlaodhaich air tràcair, mar chi sibh ann am Mata," xxv. 10, 11, 12.

Nam biodh eòlas agaibh air an leisgein anns na nithe a bhuineas do neamh, shamhlaichibh sibh e ri aon a ta leisg ann an nithe an t-saoghail so.

Mar sin, 1. Tha 'n neach a ta leisg neo-thoileach tòiseachadh air an obair bu chòir dha dheanamh: mar sin tha 'n neach a tha leisg a thaobh neamh.

2. Esan a tha lunndach, is neach e tha toileach air moille dheanamh: mar sin tha 'n neach a tha leisg a thaobh neamh.

3. Ni an neach ata leisg, lethsgeul mòr do aobhar beag gu bhi ga chumail air ais o obair: mar sin tha e mar an ceudna leis an a tha leisg air son neamh.

4. Ni an neach ata leisg obair na earrannan: mar sin ni an neach a ta leisg a thaobh neamh. Feudaidh e gu h-inbh bhig a bhi air a shaoradh, ach cha bhi e gu bràth air a làn shaoradh o ifrinn; feudaidh e gu h-inbh bhig a bhi na naomh, ach cha bhi e gu bràth na naomh ionlan, as eugais ath-leasachaidh.

5. Tha iadsan a tha leisg, gu tric a call an àma anns 'm bu chòir dhoibh seirbhis a' dheanamh ; air a' mhodh cheudna, tha iadsan a ta leisg a thaobh neamh, a leigeil seachad latha nan gràs.

6. Cha toir iadsan a ta leisg toradh math 'a mach gu bràth: mar an ceudna tachraidh dhoibh-san a ta leisg a thaobh an anama.

7. Bithear am fearg riusan ata leisg air son iad a bhi mar sin: buinidh Criosc air an doigh cheudna riusan nach 'eil gniomhach air a shon. "A sheirbhisich uile agus leisg, as dó bheul féin bheir mi breith ort; thuit thu gu'n robh mi mar so agus mar sud, bu choir dhuit uime sin m' airgoid a thabhdh-

airt do'n luchd-malairt," &c. Gabhaibh an seirbhiseach mi-tharbhach, agus tilgibh e do dhorchadas iomállach : an sin bithidh gul agus giosgan fhiacal?"

1. Ciod a their mi ? tha 'u ùine a' ruith ; agus am bi sibh leisg ?

2. Tha mòran do 'ur beatha seachad ; agus am bi sibh lunndach ?

3. Is fiù 'ur n-anama mìle saoghal ; agus am bi sibh leisg ?

4. Tha latha bhàis agus a' bhreitheanais aig an dorus ; agus am bi sibh leisg ?

5. Tha mallachd Dhé an crochadh os 'ur ceann ; agus am bi sibh leisg ?

6. A bharr air sud, tha na deamhain gu dùrachdach, a saoithreachadh, agus ag iarraidh gu dìchiollach gach latha, leis gach uile pheacadh 'ur bacadh o shlighe na slàinte ; agus am bi sibh leisg ?

7. Mar an ceudna tha bhur coimhairsnaich ro dhìchiollach an déidh air nithibh a theirgeas ; agus am bi sibhse leisg a dheanamh nan nithe a mhaireas gu siorruidh ?

8. Am biodh sibh toileach a bhi air bhur damnadh gu siorruidh air son na leisge ?

9. Am biodh sibh toileach gun deanadh aingil Dhé dearmad air bhur n' anamaibh a thogail suas do neamh aig a' bhàs, agus na deamhain a' feitheamh chum an glacadh ?

10. An robh Criod leisg ann an obair bhur saoraidh ?

11. Am bheil a mhiniistirean leisg chum so innseadh dhuibh ?

12. Agus ma dheireadh, mu'r gluais na nithe so uile sibh, tha mise ag innseadh dhuibh nach bi Dia aon chuid leisg na dearmadach air bhur damnadh, (dream nach eil am breitheanas a nis o chian a' deanamh moille.) no na deamhain dearmadach air bhur toirt leo, no ifrinn dearmadach air a beul a dhùnadh oirbh ?

A lunndaire, 'm bheil thu fathast a' d' choda !

am bheil thu cur romhad gu'n coidil thu cadal a' bhais? an duisg aon chuid teachdaireachd o neamh na o ifrinn thu? An e's còmhradh dhuit, "Fathast beagan codail, agus beagan fillidh nan làmh gu codal?" An tionndaidh thusa thu féin fathast chum do leisg, mar a thionndaidheas an dorus air a chùl-cheangail? O gu'n robh mi eòlach air tuireadh, agus gun robh cridhe truacant' agam a' d' thaobhsa, 's mi a ghabhadh truas dhiot! 'S mi a dheanadh bròn air do shon! O gu'm b'urrainn mi le Ieremiah leigeil le m' shuilean sileadh sios mar aibhnichean uisge! Anam bhochd, anam chaillte, anam a tha bàsachadh, ciod an cridhe cruaidh a tha agamsa nach urrainn bròn a dheanadh air do shon! Nam b'e 's nach cailleadh tu ach làmh, cas, leanabh, na caraid, cha bhiodh an call co mòr, ach, a dhuine bhochd, 's e t-anam a th' ann; nam b' e 's nach biodh e gu laidhe ann an ifrinn ach bliadhna, ni h-eadh, deich mile bliadhna, cha bhiodh ann (an coimeas) ach neo-ni: Ach O! 's ann gu siorruidh a tha e gu laidhe ann! O am focal drùidh-teach so, gu siorruidh! Nach uabhasach am focal a bhios an sin do'n anam, ris an abrar, "Imichibh uam, a shluagh mallaichte, gu teine siorruidh," &c.

**LETHSGEUL.** Ach nam b'e 's gu'n tòisichinn ri ruith mar tha thusa ag iarraidih orm, dh' fheumainn ruith, o m' chàirdean; oir cha'n eil aon diubh a' ruith an rathad sin.

**FREAGRUDH.** Agus ma ruitheas tu 's ann a chum uchd Iosa Criosc agus Dhia a ruitheas tu, agus ciod a' choire' ni sin ort?

**LETH.** Ach ma ruitheas mi 'n rathad sin, feumaidh mi ruith o'm' pheacaidhean gu léir.

**FREAG.** Tha sin gu cinnteach fior; gidheadh mu'r dean thu sin, ruithidh tu gu teine ifrinn.

**LETH.** Ach ma ruitheas mi 'n rathad sin, bheirear fuath dhomh, agus caillidh mi gràdh mo chàirdean agus mo dhaimhean, agus na muinntir

o'm bheil mi 'n duil buannachd fhaotuinn, no as am bheil mi 'g earbsa, agus bithidh mo choimhearsnaich uile 'magadh orm.

**FREAG.** Agus mu'r ruidh thu, bithidh tu cinnteach gu'n caill thu gràdh agus fàbhar Dhé agus Chriosd, maille ri buannachd neamh agus glòir, agus g'un dean Dia fanoid ort air son t-amaideachd, Ni mise mar an ceudna gàire ri'r sgrios-sa ; ni mi fànoid 'n uair a thig bhur n-eagal : agus mu'r biodh fuath air a thoirt duit, agus fanoid air a dheanadh ort ; thoir an aire le t' amaideachd nach toir thu diomb agus fanoid an Dé mhòir ort ; oir bithidh 'fhanoid agus 'fhuathsan uamhasach, do bhrigh gu'n tuit iad ort lo mòr uamhas, eadhon 'n uair a ni àmhghar Greim ort : ni 'tharlas 'n uair thig bàs agus breitheanas, 'n uair nach urrainn na bheil a dhaoine air an talamh agus do ainglean air neamh cobhair a dheanadh ort.

**LETH.** Ach gu cinnteach feudaidh mi toiseachadh air a so trà ni 's leòir, bliadhna na dhà an deigh so, nach feud ?

**FREAG.** Air tùs, am bheil gabhail air bith agad do d' bheatha ? An d' innis Dia riamh dhuit gu'm bi thu beò leth-bhliadhna, no dà mhios nis fhaide ? ni h-eadh theagamh nach bi thu beò co fada. 'S an dara àite, Am bi thu co neo-mhothachail agus co neo-thuigseach 's gu'n cuir thu t-anam ann an cunnart air son beagan ùine neo-chinntich ? 'S an treas àite, Am bheil fios agad am mair latha nan gràs seachduin ni's faide ? oir tha latha nan gràs seachad aig cuid mu'n criochnaich am beatha anns an t-saoghal ? agus nam b'e 's gu'm biodh e mar sin a' d' thaobh-sa, nach abradh tu, O nach ann a thòisich mi air ruith mu'n robh latha nan gràs air dol seachad, agus mu'n do dhùnadh geata nam flaitheas a'm aghaidh.

S' a cheathramh àite ; Na 'm b'e 's gu'm faiceadh tu aon do' d' choimhearsnaich a' dearmad còir chinnteach a' dheanamh dhoibh féin air aon chuid

tigh na fearann, nam biodh iad air an tairgse dhoibh, ag radh, bithidh ùine gu leòir an deigh so gu sin a dheanamh, 'n uair a tha 'n ùine neo-chinnteach ; agus a thuilleadh air sin, cha 'n eil fios aca 'n tairgear e dhoibh gu bràth tuille, no nach tairgear : tha mi ag ràdb, nach abradh tu nach robh annta ach amadain ? Air an aobhar sin, an saoil thusa gur neach glic thu féin a tha leigeil le t-anam a bhi 'n crochadh os-ceann ifrinn air snàithein do ùine neo-chinntich, a dh' fheudas a bhi air a ghearradh as gu h-obann leis a' bhàs ?

Ach gu bhi labhairt gu soilleir, cha'n eil annta so uile ach facail o spiorad na leisge. Eirich a dhuine, 's na bi leisg ni 's faide, suidhich do chos agus do chridhe, agus bi gu h-iomlan anns an t-slighe tha treorachadh gu Dia, agus ruith ; tha 'n crùn aig ceann na réise : mar an ceudna, tha 'n roi-ruithfhear beò 'na sheasamh an sin, eadhon Criod, neach a dh' ulluich lòn neamhaidh chum deadh-bheatha thoirt do t-anam, agus bheir e dhuit e le cridhe ni 's toilichte na 's urrainn dhuit iarraidh air. Uime sin, na cuir dàil ann ni 's faide, ach cuir an gniomh briathra fir Dhan ra 'm bràithribh, an deigh dhoibh maitheas tìr Chanaan fhaicinn. "Agus thubhairt iad, Eiribh, &c. Oir chunnaic sinne an tìr, agus, feuch, tha i ro-mhaith :" agus am bheil sibhse 'n ar tàmh ? (no 'n do sguir sibh a ruith :) na bithibh leisg gu imeachd, agus dol a steach a shealbhachadh na tire.—Slàn leibh.

Tha mise 'guidhe gu'm faigh bhur n anamaibh sòlas aig ceann an turuis.

VAIN BUINIAN

## AN GILLE-RUIDH NEAMHAIDH.

*"Gu ma h-amhuil a ruitheas sibhse, ionnus gun glac sibh an duais."*  
1 Cor ix 24.

'S e dol do neamh agus a bhi sona, an ni sin a tha gach neach a miannachadh, ionnus gu'm b'urrainn Balaam aingidh a' ràdh, "Faigheam-sa bàs an ionracain, agus bitheadh mo chrìoch dheireannach cos-mhuil r'a chrìch-san!" Air. xxiii. 10. Gidheadh air son so uile, cha'n 'eil iad ach tearc a tha ruigh-eachd air a' ghìlòir ion-mhiannaichte sin, ionnus gu bheil iomadh fear aidmheil ainmeil a teachd gearr air furan o Dhia, chum an ionaid thaitnich so. Uime sin, tha 'n t-Abstol, do bhrigh gu'm bu mhiann leis gu'm faigheadh anamaibh nan Corintianach slàinte, chum an do sgriobh e'n litir so, a cur sìos a leithid do chomhairle, anns na briathraibh so, sa bhiodh chum cobhair agus tairbhe dhoibh, nam b'e 's gu'n gabhadh iad i.

'S a' cheud àite, Gun a bhi aingidh, agus gun suidhe tosdach, agus miannachadh an deigh neamh ; ach ruith air a shon.

'S an dara àite, 'Na toilichibh sibh féin leis gach uile eòrsa ruith ; ach, ars' esan, "Gu ma h-amhuil a ruitheas sibhse, ionnus gu'n glac sibh an duais." Mar gun abradh e, tha cuid, do bhrigh 's nach b'àill leò an anamaibh a chall, a tòiseachadh air ruith gu moch, tha iad a ruith le foighidinn, tha iad a ruith air an rathad cheart. An ann mar sin a tha sibhse ruith ? Tha cuid a ruith araon o'n athair, am mathair, an càirdean, agus an companaich, chum gu'm faigheadh iad an crùn ; an ann mar sin a tha sibhse ruith ? Tha cuid a' ruith troimh bhuaividhean, troimh dhoilghios, troimh mhi-chliù agus dheadh-chliù, chum gu'n coisinn

iad an neamhnad : “Gu ma h-amhuil a ruitheas sibhse, chum gu’n glac sibh an duais.” Ecles. xii ; Eabh. xii. ; Mata xiv. 26 ; 1 Cor. iv. 13 ; 2 Cor. vi. Tha na briathran so air an toirt o réis dhaoine tha ruith air son duais ; samhladh a tha fior fhreagarach a chur fa chomhair suilean sluaigh an Tighearna. Nach ’eil fios agaibh iadsan a bhios a ruith réise, gu’n ruith iad uile, ach gu’r aon duine a mhàin a ghlacas an duais ? Mar sin ruith thusa chum gu’n glac thu. ‘S e sin ri ràdh, cha ’n e mhain thu ruith, ach bi cinnteach gu’m buidhinn thu ’n réis co math ri ruith ; mar sin ruith gu’s an glac thu ’n duais.

Cuiridh mi sios aon teagastg a tha mi faotainn anns na briathraibh so ; agus ann an labhairt air, nochdaidh mi dhuibh ann an tomhas éigin, am brìgh.

‘S e so an teagastg : Iadsan leis an àill neamh a bhuannachd, feumaidh iad ruith air a shon. Guidheam oirbh thugaibh an aire mhath dha so. “Nach ’eil fios agaibh iadsan a ta ruith anns a’ bhlàr-reise, gu’n ruith iad uile, ach is aon duine gheibh an duais ? Gu ma h-amhuil a ruitheas sibhse.” ‘S e neamh an duais, agus ma ’s àill leibh fhaotainn, feumaidh sibh ruith air a shon. Tha sgriobturi eile agaibh air son an ni so, Eabh. xii. 1, 2, 3. “Uime sin, air dhuinne bhi air ar cuartachadh le neul co mòr do fhianuisibh, cuireamaid dhinn gach lethtrom, agus am peacadh a ta gu furas ag iadhadh umainn, agus ruitheamaid le foighidinn an réis a chuireadh romhainn.” Agus ruitheamaid, (ars’ esan.) A rìs, arsa Pol, “Uime sin is amhuil a ruitheam-sa, ni h-ann mar gu neo-chinnteach, is amhuil a chuiream cath,” &c. Ach mu’n téid mi nì’s faide air m’ aghaidh, thugaibh fainear, I. Nach e’n doigh ruith a tha gnàthaichte a th’ air a chiallachadh leis an ruith so, ach an doigh ruith is luaithe, d’an goirear teicheadh, agus uime sin faicibh, Eabh. vi. 18. “Chum gu’m biodh againne comhfhurtachd làidir, a theich chum didein gu greim a dheanamh air an dòchas a chuireadh romhainn.”

Thugaibh fainear, co iad a theich. Tha so air a thoirt o Iosua xx. mu thimchioll an duine bha gu teicheadh chum a' bhaile dhìdein, 'n uair a bhiodh dioghaltair na fola an dian thòir air, chum diogh-altais a dheanamh air, air son na coire a rinn e; uime sin, is ruith no teicheadh e air son beatha neach; agus ruith le t-uile neart, mar bu ghnàth leinn a ràdh, "Gu ma h-amhuil a ruitheas sibhse."

2. Tha dian-ruith air a ràdh ris ann an àite eile. "Tha mi dian-ruith dh'ionnsuidh a' chomharaidh." Philip. iii. 14, ni tha 'ciallachadh, nach feud iadsan le 'm b' àill neamh fhaotainn, stad aig cruaidh-chas air bith a thig nan caramh : ach dian-ruith, agus dol troimh gach uile dhomhladas agus ceap-tuislidh a dh'fheudas seasamh eadar an anam-aibh agus neamh. Gu ma h-amhuil a ruitheas sibhse.

3. Goirear do'n ruith so ann an ionad eile, fantuinn ann an slighe na beatha. "Ma dh'fhanas sibh anns a' chreidimh bunaiteach agus daingean, gu'n a bhi air bhur n-atharrachadh o dhòchas soisgeil Chriosc," Col. i. 23. Cha'n e ruith beagan an tràs', 's a rithist, na ruith leth an rathaid no gu math dlùth air ceann na slighe: ach ruith air son do bheatha, troimh gach doilghios, agus buanaich gu ceann na réise, ni dh'fheumas a bhi gu crich do bheatha. "Gu ma h-amhuil a ruitheas sibhse, ionnus gu'n glac sibh an duais." Agus is iad aobhair an teagaisg so a leanas.

1. Do bhrigh nach eil gach neach a tha ruith a faotainn na duais; tha mòran ann a ruith, seadh, agus a ruith fada mar an ceudna, nach eil a faotainn a' chrùin a tha aig ceann na réise. Tha fios agaibh nach fhaigh na h-uile a' ta ruith anns a' bhlàr reis a bhuaidh; oir cha choisinn ach aon duine. Agus is amhuil an so; oir cha'n e na h-uile a ta ruith, no na h-uile ni spàирн air son na buaidh, aig am bheil i. "Ged ni fear air bith spàирн air son na buaidh," arsa Pol, "cha chrùnar e, mu'r dean e spàирн gu dligheach," 2 Tim. ii. 5. Is e sin ri

ràdh, mu'r ruith e, 's mu'r dean e spàirn a reir àithne Dhé. Seadh am bheil sibh a smaointeachadh gu'n ruig na h-uile fear-aidmhéil trom-chasach neamh? Seadh gach fear-aidmheil leisg? Agus gach fear aidmheil mear agus amaideach, a chuirear nan stad, 's a chumas air ais le ni sam bith, 's nach ruith co luath gu neamh, 'sa shnàigeas seilcheag air an talamh. Ni h-eadh, tha cuid a luchd-aidmheil nach 'eil a ruith co luath ann an slighe an Tighearna 's a shnàigeas seilcheag air a' bhallaadh; agus gidheadh tha iad so a smaointeachadh gu'r ann air an son-san a tha neamh agus sonas. Ach stad ort, tha iad gu mòr ni 's lionmhoire a tha ruith, no tha iadsan a tha faotainn duais; uime sin an neach leis an àill dol do neamh feumaidh e ruith gu dian air a shon.

2. Do bhrigh gu'm bheil fios agaibh, ged a ruith-eas neach, gidheadh mu'r toir e buaidh, na mu'r coisinn e, co math ri ruith, ciod an feum a ni an ruith dha? Cha'n fhaigh iad ni 's am bith. Tha fios agaibh an neach a ta ruith, gu'r ann a chum 's gun coisinn e 'n duais a ta e ruith; ach mur faigh e 'n duais caillidh e ùine agus a shaothair, mar éifeachd. Mo thruaighe! nach mòr an àireamh do'n luchd-ruith so a bhitheas air am faotainn mar sin air latha bhreitheanais? Eadhon mòr shluagh, a ruith, seadh a ruith gu geata nan neamhan, agus nach robh comasach air dol ni b' fhaide, ach a sheas an sin a bualadh 'n uair a bha e tuille is anmoch, ag eigheach, A Thighearna! a Thighearna! 'n uair nach fhaigh iad ach achmhasan air son an saothair. Imichibh uam, cha tig sibh an so, ruith sibh tuille is mall, thàinig sibh ro anmoch; tha'n dorus dùinte. "O'nuair a dh'eireas fear an tighe, agus a dhuineas e an dorus, agus a thoisicheas sibhse air seasamh a muigh, agus an dorus a bhualadh, ag ràdh, A Thighearna, a Thighearna, fosgail duinn; agus air dhasan freagairt, their e ribh, "Cha'n aithne dhomh sibh cò as a ta sibh, imichibh uam," &c. Lucas xiii. 25. O's uamhasack

a bhitheas cor na muinntir a ruitheas agus nach glac ; uime sin, ma 's àill leibh neamh fhaotainn, feumaidh sibh ruith air a shon ; "Gu ma h-amhuil a ruitheas sibh, ionnus gu'n glac sibh."

3. Do bhrigh gu bheil an t-astar fada (labhraidh mi fo shamhladh,) agus tha iomadh céum salach ann, iomadh cnochd àrd, moran do obair ra dheanamh, buaidh ra thoirt air cridhe ain-diadhaidh, air an t-saoghal, air an fheòil, agus air an diabhol ; tha mi 'g ràdh, gu bheil iomadh céum gu bhi air a ghabhail leo-san leis am b' àill a bhi air an tear-nadh, le ruith, noimeachd ann an ceumaibh creidimh ar 'n athar Abraham. Feumaidh tu dol a mach as an Eiphit troimh 'n Mhuir-Ruaidh ; feumaidh tu turus fada draghail a ruith troimh 'n fhàsach mhòr ulfhartach, mu'n tig thu gu fearan a' gheallaidh.

4. Feumaidh iadsan a theid do neamh ruith air a shon ; do bhrigh gu'm bheil an rathad fada, mar sin, tha 'n ùine th' aca neo-chinnteach chum an turus a chriochnachadh : 'S e an t-am a ta làthair an t-aon am ; cha'n 'eil am eile air a chur air leth dhuit ach an t-am a ta làthair ; "Na dean uaill a thaobh an latha màireach ; oir cha'n 'eil fhios agad ciod a bheir latha uaith," Gnath. xxvii. 1. Na abair, tha ùine gu leòir agam faotainn do neamh seachd bliadhna an déigh so ; oir tha mise 'g innseadh dhuit, gu 'm feud na cluig a bhi bualadh air do shon, ag innseadh gu bheil thu marbh mu'n tig ceann seachd làithean ; agus 'nuair a thig, am bàs feumaidh tu falbh co dhiubh a bhios tu deas no nach bi ; agus uime sìn, thoir an aire ; na dean moille ; oir cha'n 'eil e math a bhi mi-chùramach mu nithe co cudthromach ri slàinte no damnadhbh t-anama. Tha fios agaibh an neach aig am bheil astar fada ri dol ann an ùine ghearr, agus theagamh a leth ni's lugha na tha e smaointeachadh, nach e a dh'fheumadh ruith.

5. Iadsan leis an àill dol do neamh feumadh iad

ruith air a shon; c' arson, do bhrigh gu bheil an diabhol, an lagh, am peacadh, am bàs, agus ifrinn ga 'n leantuinn. Cha 'n 'eil aon anam bochd sam bith a tha dol do neamh, nach 'eil an diabhol, an lagh, am peacadh, am bàs, agus ifrinn, an dian-thòir an deigh an anama sin. "Tha bhur nàmhaid an diabhul, mar leòmhan beuchdach, ag imeachd mu'n cuairt, a sìreadh co a dh'fheudas e shlugadh suas," 1 Pead. v. 8. Agus gu cinnteach, tha'n diabhul ro luath, agus ro eatrom rug e air mòran, 's thilg e 'n casan os an ceann, agus thug e dhoibh leagadh siorruidh. Mar an ceudna 's urrainn an lagh tilgeil astar mòr air falbh, thoir an aire gu'm fan thu fad' as o 'na gunnacha mòra sin, na deich àitheanta. Mar an ceudna tha beul ifrinn farsuing, tha comas aice air i féin a shìneadh a mach ni 's faide na tha thu smaointeachadh. Agus mar a thuirt an t-aingeal ri Lot, thoir an aire, "na seall a' d' dhéigh, agus na stad 's a' chòmhnhard, uile:" (is e sin, na stad an àite 's am bith an taobh so do neamh,) "air eagal gu millear thu," Gen. xix. 17. Mar sin, tha mise 'g ràdh riutsa. Thoir an aire, na stad, air eagal gun glac aon chuid an diabhul, ifrinn, am bàs, no mallachdan eagalach Dhé thu; agus gun tilg iad sios thu ann am meadhon do pheacaidhean, air chor 's nach eirich thu gu bràth 's nach fhaigh thu as a rìs ni 's mò. Nam b'e 's gu 'n tugadh tu an ni so fainear gu ceart; an sin theireadh tu co math riumsa, gu'm feum iadsan a theid do neamh ruith air a shon.

6. Feumaidh iadsan a theid do neamh ruith air a shon; do bhrigh gu'm feud geatacha nan neamhan a bhi air an dùnad, ann an ùine ghearr. Cha 'n 'eil geatacha nan neamhan air uairibh co fada fos-gailte 's a tha dùil agaibh; agus ma bhios iad air an dùnad aon uair an aghaidh neach, tha iad co trom 's nach 'eil e 'n comas na bheil do dhaoine air an t-saoghal, no na bheil do ainglibh air neamh am fosgladh. "'S mise an ti a dhùineas, agus cha'n

fhosgail neach air bith," arsa Criod, Taisb. iii. 7. Agus nam b' e 's gu'n tigeadh tu ach ceithreamh na h-uaire tuille is anmoch? Tha mise ag inns-eadh dhuit, gu'n cost e dhuit an t-siorruidheachd ag caoidh do thruaighe an sin. Innsidh Frang Spira dhuit ciod an call a thig ort le stad gus am bi geata-cha na tròcair air an dùnadh gu bràth; no ruith co mall, 's gu'm bi iad air an dùnadh mu'm faigh thu 'n taobh a stigh dhiubh. Ciod e bhi air do dhùnadh a mach! Seadh, a mach á neamh! a pheacaich, gu ma fearr leat ruith mu'n caill thu e; ruith air a shon, seadh, agus mar sin ruith, ionnus gu'n glac thu 'n duais.

*Ma dheireadh.* Do bhrigh ma chailleas tu, caillidh tu na h-uile; caillidh tu t-anam, Dia Criod, neamh, sochair, agus sìth, &c. A bhàrr air sin, tha thu ga d' leigeil féin ris do gach näire, tarcuis, agus masladh, is urrainn Dia, Criod, naoimh, an saoghal, am peacadh, an diabhl, agus na h-uile ni a chur ort. Mar thuirt Criod mu 'n fhear togail amaideach (Lucas, xiv. 28, 29, 30,) mar sin their mise umad-sa, ma's neach thu a ruitheas agus a chailleas; tha mi 'g ràdh, eadhon, bithidh gach aon a theid seachad ri fanoid ort, ag ràdh, thoisich an duine so air ruith gu math, ach cha robh e comas-ach air crìoch a chur air an réis.

**CEIST.** Ach cia mar bu chòir do anam bochd ruith? Oir 's e so a' cheart ni a' tha cur mòr dhoil-ghios orm, (mar thuirt thusa,) a bhi smaointeachadh gu 'm feud mi ruith agus a bhi air deireadh. Tha bhi smaointeachadh gu 'm bi mi air deireadh, a cur eagail mor orm! Tha mi guidhe ort, uime sin, gu'n innis thu dhomh, cia mar bu chòir dhomh ruith.

**FREAG.** Chum 's gu'm faigh thu dearbh thoil-eachadh anns an ni àraidi so, thoir fainear na nithe a leanas.

*An ceud seoladh.* Ma 's e 's gur àill leat ruith chum 's gu'm faigh thu rioghachd neamh, mar sin, bi cinnteach gu'm faigh thu chum na slighe tha

treorachadh da h-ionnsuidh: oir is ni diomhain dhuit a bhi smaointeachadh gu'n coisinn thu gu bràth an duais, ge'd' a ruitheas tu co luath sa dh'fheudas tu, mur 'eil thu anns an t-slighe a tha treorachadh da ionnsuidh. Gabh beachd air a' chuis mar so; abair gu bheil duine ann an Glaschu a tha dol a ruith gu Duneidin air son duais; 'nis, ged a dh'fheudas e ruith co luath 's as urrainn e, Gidheadh, ma ruitheas e direach deas, dh'fheudadh e ruith gus an cailleadh e anail, agus gun dol gu bràth ni b' fhaisce air an duais, ach a bhi mòran ni b' fhaide uaith. 'S ann direach mar sin a tha 'chùis an so; cha'n e an ti a ruitheas, no an ti ruitheas gu cabhagach, a choisneas an crùn, mur bi e anns an t-slighe tha treorachadh da ionnsuidh. Thug mi fainear, anns an ùine ghearr a tha mi ann am fhear-aidmheil, gu bheil mòran a ruith mar sud, agus mar so; cuid an taobh so, agus cuid an taobh ud eile, agus, gidheadh tha e na aobhar eagail gu bheil a' chuid mhòr dhiubh a ruith as an rathad, agus uime sin, ged a ruitheas iad co luath ri iolair ag itealaich, cha'n 'eil tairbhe 's am bith ann.

An so tha aon a' ruith an deigh nan Crith-chreidmheach, aon eile an deigh nam Pàpanach, aon eile an deigh nam Baisteach, agus aon eile an deigh nan neo-eiseameileachd, aon eile an deigh Saor-thoil, aon eile an deigh na h-Eaglais Sasunn-aich, aon eile an deigh Eaglais na h-Alba: agus, math a dh'fheudte, gu bheil a' chuid is mò do 'n dream ud a' ruith calg-dhìreach an rathad cèarr, agus gidheadh, tha gach aon air son a bheatha, air son anama, an dara cuid air son neamh no air son ifrinn.

'Nis ma their thu, co i an t-slighe? Tha mise ag innseadh dhuit gur e Criod an t-slighe, Mac Muire, Mac Dhé, "A deir Iosa ris, Is mise an t-slighe, agus an fhirinn agus a' bheatha: cha tig aon neach chum an Athar ach tromham-sa." Eoin xiv. 6. Nis 's e do ghnothuch-sa (ma's àill leat slàinte fhaotuinn,) sealltuinn an leatsa Criod, le uile

shochairibh : an do chòmhdaich e thu le 'fhireantachd, an do nochd e dhuit gu bheil do pheacaidhean air an glanadh air falbh uait le fuil a chridhe-san, am bheil thu air do shuidheachadh ann, agus am bheil creideamh agad ann, a tharruingeas beatha as, agus a ni t-aonadh ris ; is e sin, a leithid do chreideamh 'sa cho-dhùnas gur firean thu, do bhrigh gur e Chriosd t-fhìreantachd, agus mar sin am bheil thu air do cho-eigneachadh guimeachd maille ris mar gu'm b' e sin aoibhneas do chridhe, do bhrigh gur esan a shaoras t-anam. Air sgàth an Tighearna ; thoir an aire, agus na meall thu féin, agus na smaointich gu bheil thu anns an t-slighe, gun aobhar cinnteach : oir ma theid thu air seachran as an t-slighe, caillidh tu 'n duais, &c. ma chailleas tu sin, tha mi cinnteach gu'n caill thu t-anam, eadhon t-anam a tha ni 's priseile nan saoghal gu leir. Ach labhairt mi ni 's faide air so ann am leabhar air an dà chumhnant, agus uime sin theid mi seachad air aig an am so ; ach tha mi guidhe ort thu ghabhail cùram do t-anam, agus chum gun dean thu sin gabh a' chomhairle so : Bi an-earbsach as do neart féin, agus tilg air falbh e ; tuit sios air do ghlùinibh chum ùrnuigh a dheanamh ris an Tighearna, air son spiorad na fìrinn ; rannsuich 'fhocal air son do sheòladh ; seachainn cuideachd mhealltairean ; gléidh cuideachd nan Crioduidhean is fallainne, agus is mò aig am bheil do fhéin-fhiosrachadh mu Chriosd, agus thoir an aire nach lean thu na Crith-chreidmhich, luchd na Saor-thoile, agus mar sin sios. Mar an ceudna, na gléidh companas ro thric ri cuid do na h-ana-Baistich, ged a 's e sin an t-ainm fo 'm bheil mi féin a dol. Tha mi ag innseadh dhuit gu bheil so na cùis chudthromaich agus tha eagal orm gu'n gabh thu co beag suim dheth, 's gu bheil a bhi smaointeachadh air luach an ni, agus co eatrom sa tha e drùdhadh ort, a' cràdh mo chridhe am feadh a tha mi sgriobhadh a' t-ionnsuidh. Gu'n deonaich

an Tighearna do theagasg le a spiorad chum na slighe, agus an sin tha mise cinnteach gu'n aithnich thu i. "Gu ma h-amhuil a ruitheas tu."

Ceadaich dhomh innseadh dhuit, gu'n toir thu 'n aire do dhà ni air an t-slighe, agus mar sin theid mi air m' aghaidh gus an ath ni.

1. Thoir deadh aire nach bi thu 'g earbsa ri ùmhlachd o'n leth a muigh do aon air bith do àitheantan Dhé, 's na smaointich gu bràth gu bheil thu ni sam bith ni 's feàrr ann an sealladh Dhé air a shon sin.

2. Thoir fainear nach bi thu tarruing sìth do t-anam o fhìreantachd nàdurra 's am bith : Ach ma 's urrainn dhuit a chreidsinn mar tha thu ann a' d' pheacach, mar an ceudna bithidh tu air t-fhìrinn-eachadh le saor ghràdh Dhé, tre na saorsa tha ann an Criod ; agus gu'n tug Dia air sgàth Chriosd maith-eanas dhuit, cha'n ann do bhrigh gu'm fac' e ni 's am bith air a dheanamh, no gu bhi air a dheanamh annad-sa, no leatsa, chum esan a għluasad gu sin a dheanamh dhuit ; oir 's e sin an rathad ceart, gu'n deònaich an Tighearna do chur anns an t-slighe, agus do chumail innte.

*An dara seoladh.* Ma 's àill leat faotainn chum na slighe, mar sin bu chòir dhuit bhi tric a meorachadh agus a smaoointeachadh oirre. Tha fios agad mu'n mhuinnitir leis an àill a bhi eolach air ni 's am bith, gu'm bi iad gu tric a meorachadh air an ni sin, agus mar sin, 's iad-san an dream a dh' fhàsas eòlach air ni 's am bith. Uime sin, bu chòir dhuitse bhi ga' d' chleachda féin ris a so, a bhi do għnàth a meorachadh mu Chriosd, neach is e an t-slighe ; Co e ? Ciod a rinn e ? agus c' arson a tha e an ni a tha e, agus c' arson a rinn e an ni a rinn e ; a' arson a għabb e air féin cruth seirbhisich, Philip. ii. 7, 8. ; c' arson a rinneadh e ann an cruth mar dhuine ; c' arson a ghlaodh e ; c' arson a bhàsaich e ; c' arson a għiùlain e peacadh an t-saogħail ; c' arson a rinneadh e n' a ħobairt-pheacaidh, 2 Cor. v. 21 ; agus c' arson a rinneadh e na fhìreantachd ;

c'arson a tha e air neamh ann an nadur an duine,  
agus ciod a ta e deanamh an sin ?

Bi gu tric a smaoointeachadh agus a beachdachadh air na nithibh ud ; mar an ceudna bi ghnà a beachdachadh air na h-ionadaibh a dh' fheumas tu sheachnad ; fàg cuid diubh air an làimh so, agus cuid eile air an làimh ud ; mar ni an dream a bhios ag imeachd gu dùthchanna eile, feumaidh iad a leithid so do gheata fhàgail air an làimh so, agus a leithid sud do phreas air an làimh ud, agus dol seachad air a leithid so a dh' àite, far an robh a leithid sud do ni na sheasamh, uime sin, feumaidh tusa 'cheart ni a dheanamh. Seachainn na nithe sin a tha gu h-àraidh air an toirmeasg ann am focal Dhé. "Atharraich do slighe fad uaipe, agus na tig am fagus do dhorus a tighe : ni a ceumanna greim air ifrinn, a dol sios gu seomraichibh a' bhais," Gnath. v. 5, 8. agus vii. 27. Seachainn gach ni nach 'eil anns an t-slighe ; thoir an aire nach gabh thu nan rathad sud na tig am fagus doibh, na biodh gnothuch agad riutha. Mar sin ruith.

*An treas seoladh.* Cha'n e mhàin sud, ach anns an ath àite ; feumaidh tu thu fèin a rùsgadh, agus na nithe sin, an crochadh riut a bhios 'g ad bhacadh air do thurus gu rioghachd neamh, a thilgeil dhiot, mar a ta sannt, àrdan, anamiann, no ni 's am bith chum am bheil do chridhe ag aomadh, a dh' fheudas bacadh a chur ort anns an réis neamhaidh so. Daoine tha ruith air son duais, ma tha iad a cur rompa gu'm buidhinn iad co math ri ruith, cha'n àbhaist doibh eallach a chur orra, no nithe a ghiùlan mu'n cuairt leo a chuireas bacadh orra o ruith.

"Tha gach uile ghleachdaир measarra anns na h-uile nithibh," 1 Cor. ix. 25. Is e sin, tha c' cur dheth gach leth-trom no ni 's am bith a dh' fheudadh a bhi na eallaich air ; mar a deir an t-Abstol. "Cuireamaid dhinn gach leth-trom, agus am peacadh a ta gu furas ag iadhadh umainn, agus ruitheamaid an réis a chuireadh romhainn," Eabh.

xii. 1. Cha 'n 'eil ann ach diomhanas dhuit a bhi labhairt air dol do neamh, ma 's e 's gu'n leig thu le d' chridhe bhi air a luchdachadh leis na nithibh a chuireadh grabadh ort. Nach abradh tu mar so, na 'm biodh neach ann a lionadh a phòcaidean do chlachan, a cheangladh aodach trom mu ghuail-nean, agus brogan mòra tròma air a chasan, ann an cunnart call, ged ruitheadh e? Amhuil an so, tha thu lionadh do phòcaidean le clachan, is e sin ra ràdh, tha thu lionadh do chridhe leis an t-saoghal so, 's 'g a chrochadh air do ghuailnean, le a thlachd agus le a thairbhe; Mo thruaighe! mo thruaighe! tha thu fada ann am mearachd; ma 's e 's gu bheil a mhiann ort gu'm buidhinn thu, feumaidh tu thu féin a rùsgadh, 's gach lethtrom a chur dhiot, feumaidh tu bhi measarra anns na h-uile nithibh. Mar sin feumaidh tu ruith.

*An ceathramh seòladh.* Bi air t-fhaicill roimh na frith-raidibh leth-taobhach; thoir an aire nach tionndaidh thu chum nan caol-shràidean sin a tha treòrachadh as an t-sligte. Tha ceumana fiar ann, ceumana anns am bheil daoine dol air seachran, ceumana tha treòrachadh chum a' bhàis agus dannadh siorruidh, Isa. lix. 8.; Gnath. iii. 17, agus vii. 25, ach bi air t-fhaicill rompa uile. Tha cuid dhiubh cunnartach a thaobh cleachdaidh, agus cuid eile a thaobh barail, ach na leig ort gu'm faic thu iad; thoir an aire do 'n rathad a tha air thoiseach ort, amhaire dìreach romhad, na tionndaidh aon chuid chum na làimhe deise, no clìthe, ach sealladh do shuilean air an aghaidh, eadhon dìreach romhad; "Cothromaich ceumana do chos, agus biodh do shlighean uile air an socrachadh. Na tionndaidh a chum na làimhe deise, no clìthe: caruich do chos o'n cle," Gnath. iv. 26, 27. 'S e 'n t-aobhar nach 'eil a' chomhairle so air a gabhail co dùrachdach 's a tha i air a toirt seachad, a chionn gu bheil muinntir a leum o'n Bharail so gus a' Bharail ud eile, a ruith an rathad so 's an rathad ud eile, a

mach as a' chaol-shràid so do 'n chaol-shràid ud eile, agus mar sin a' call an rathaid chum an rioghachd. Ged nach 'eil ach aon rathad do neamh, gidheadh tha iomadh frith-rathad agus caol-shraid cham maille ri iomadh ceum fiar a' sineadh r'a thaobh, mar a dh'fheudas mi ràdh. A ris, ged is e rioghachd neamh am baile 's mò, gidheadh mar is trice 's iad na frith-rathaidean is mò th' air an saltairt ; tha mòran do luchd-turuis a gabhail air na rathaidean so, agus uime sin, tha 'n rathad gu neamh duilich fhaotuinn, agus doirbh imeachd air a thaobh nan rathaidean ud eile. Gidheadh tha chuis dìreach an so mar bha e le Rahab, striopach Iericho ; bha aice-se aon snàithein sgarlaid ceangailte na huinneig, leis an robh a tigh air aithneachadh, Iosua ii. 18 : Amhuil an so, tha sruthain sgarlaid do fhuil Criosd a' ruith air feadh an rathaid gu rioghachd neamh ; uime sin cuimhnich so, feuch gu'm faigh thu ful Chriosd a chrathadh ort anns an t-slighe, agus ma gheibh, biodh deadh mhisneach agad, tha thu air an rathad cheart ; ach thoir an aire nach meall thu thu féin le faoin-bharail ; oir ma mheallas feudaidh tu dol a steach do chaol-shràid no rathad air bith ; ach a chum nach teid thu 'mearachd, thoir fainear, ge d' a dh' fheudas iad bhi ro thaitneach dhuit, gidheadh mur faigh thu mach gu bheil e sgriobhta le ful Chriosd, ann am fior mheadhon an rathaid, gu'n tainig e chum an t-saoghal, a theàrnadh pheacach, agus tre fhuil-san gu bheil sinn air ar fìrinneachadh ged a tha sinn ain-diadhaidh ; seachainn na frith-rathaidean sin ; oir is e so a tha 'n t-abstol a ciallachadh, 'n uair a tha e 'g ràdh, "Uime sin, a bhraithre, do bhrìgh gu bheil dànaichd againn chum dol a steach do 'n ionad a's naomha tre fhuil Iosa, air slighe nuaidh agus bheò a choisrig e dhuinne, tre'n roinn-bhrat, sin r'a ràdh, tre' fheòil féin," Eabh. x. 19, 20. Cia soirbh a' chuis do'n diabhol, a bhi ro chealgach air son anamaibh bochd anns na laithibh

so? le bhi 'g innseadh dhoibh gur iad a fhrith rathaidibh-san an t-slighe do neamh; Ma bhios a leithid so do bharail no do shaobh-smuain air an moladh le tuilleadh is aon neach, agus an sgriobh-adh so 'leanas air a chur suas air leis an diabhul, ag ràdh, " 'S i so slighe Dhé," cia ullamh, cia ciocrach, a ruitheas anama bochd d' a h-ionnsuidh 's ga 'n torradh féin oirre, gu h-araidh ma bhios i air a còmhach thairis le beagan do ghniomharaibh beusach o'n leth' muigh, ma 's e 's gu'm bi i co math is sin féin: Ach 's e is aobhar da sin do bhrigh nach aithne do dhaoine na frith-rathaidean daidhте so seach an rathad réidh gu rioghachd neamh. Cha d' fhoghlum iad fathast co e am fior Chriosd, agus ciod e fhìreanteachd-san, ni mò tha mothachadh aca air an neo-ioimlanachd féin: ach a tha iad dana, uaibhreach, àrdanach, agus féin-spéiseil.

*An cuigeamh seoladh.* Na bi 'g amharc tuilleadh is àrd air do thurus do neamh. Tha fios agad daoine 'bhios a ruith réis nach gnàth leò a bhi sealltuinn agus a beachdachadh an rathad so no an rathad ud eile, ni mò 's abhaist doibh a bhi sealltuinn tuille is àrd, air eagal, troimh iomadh beachdachadh na spleuchdachadh le 'n sùilean an deigh nithibh eile, gu' tuislich iad agus gu'n tuit iad. Tha 'n ni so air a cheart doigh; ma sheallas no ma bheachdaicheas tu an deigh gach barail agus rathad a tha teachd a steach do 'n t-saoghal, mar an ceudna ma bhios tu rannsachadh tuilleadh 's a chòir a steach chum òrduighean diomhair Dhé, ma cheadaicheas tu do d' chridhe tuilleadh 's a chòir do aoidheachd a thoirt do chonnspaid mu thimchioll euid do nithibh neònach agus amайдeach, feudaidh tu tuisleadh agus tuiteam, mar rinn mòran ann an Sasunn, le bhi dol an deigh iomadh saobh-bharail chum an sgrios siorruidh féin, as eugmhais gu'm bi gràs miorbhuileach Dhé ag oibreachadh gu h-obann 's a sìneadh a mach chum an toirt air an ais a rìs. Uime sin, thoir an aire nach lean thu 'n spiorad

uaibhreach agus àrdanach sin a tha coltach ris an diabhol, nach urrainn a bhi toilichte le 'inbhe féin. Bha spiorad oirdheirc aig Daibhidh, far am bheil e 'g ràdh, "A Thighearna, cha 'n 'eil mo chridhe uaibhreach, no mo shùilean àrd; agus cha do ghabh mi gnothuch ri nithibh mòra, no ri nithibh àrda air mo shon. Gu deimhinn shocraich agus chiùinich mi m' anam, mar leanabh a chuir-eadh o chìch a mhathar; mar leanabh a chuireadh o'n chich tha m' anam-sa." Salm cxxxii. 1, 2. An ann mar sin a tha thusa ruith?

*An seathamh sedadh.* Thoir an aire nach bi do chluas fosgailte ris gach aon a ghlaodhas a' d' dhéigh 'n uair a tha thu air do thurus. Tha fios agad mu dhaoine a tha ruith, ma ghlaodhas neach as an deigh, ag ràdh, tha mhiann orm a bhi labhairt ruibh, agus a bhi 'n ar cuideachd mur falbh sibh tuille is luath; ma 's e 's gu bheil iad a ruith air son aobhar àraidh, freagraidh iad, cha 'n fheud mi fuireach, oir tha mi ann an cabhaig; guidheam ort na bi bruidhinn rium an tràths: oir tha mi ruith air son duais; agus ma 's e 's gu'n coisinn mi, bithidh mi air mo dheanamh suas, ach ma chailleas mi bithidh mi ann am dhuine bochd; agus uime sin, na cuir dragh orm. Tha daoine ruith air an doigh so air son nithe truaillidh; agus 's ann mar so bu chòir dhuitse ruith, oir tha ni 's mo do aobhar agad air son sin a dheanamh na tha aca-san, do blhrigh nach 'eil iadsan a' ruith ach air son nithe nach mair, ach tha thusa ruith air son glòir neothruaillidh. Thug mi rabhadh, dhuit mu'n ni so gu moch, air dhomh fios a bhi agam gu'm bi gu leòir a glaodhaich as do dheigh, eadhon an diabhol, peacadh an saoghal so, cuideachd dliomhain, toil-inntinnean, buannachd, urram am measg dhaoine, socair, greadhnachas, uabhar, maille ri cuideachd do-àireamh do'n leithid sud do chompanaich; tha aon a' glaodhaich, fan riumsa; tha aon eile 'g ràdh, na fàg mise a' d' dheigh; tha 'n treas aon ag

ràdh, thoir mise maille riut. An àill leatsa falbh arsa an diabhul, as eugmhais do pheacaidh, do thoilinntinnean, agus do bhuanachd? Am bheil do chabhad co mòr 's nach fan thu gus an toir thu iad so leat? Am fàg thu do chàirdean agus do chompanaich a' d' dheigh? Nach dean thusa mar tha do coimhearsnaich a' deanamh? Nach giùlain thu 'n saoghal, am peacadh, anamianna, toilinntinn, tairbhe, agus urram am measg dhaoinc maille riut? Thoir an aire nach leig thu do d' chluais a bhi fosgailte do bhuaireadh, do thàladh, do ribe, agus do mhiodal sloiteil, millteach, oir 's e a leithid so do mhealladh anama, tha cur anamaibh mar a tha iad so ann an ioma-cheist. "A mhic, (arsa Solamh,) ma thà laidheas peacaich thu, na aontaich thusa leo."

Tha fios agad ciod a chost e do'n duine òg air am bheil Solamh a' labhairt ann an Gnath. vii. a chaidh a mhealladh le striopaich. "Le moran d'a cainnt mhilis thug i air aontachadh; le miodal a bilean chomh-éignich i e. Tha e a' dol 'na déigh gun dàil mar a théid an damh chum a chosgaraidh, no 'n t-amadan a chum peanais a' chip; eadhon co fada, gus an téid saighead troimh 'àinean, mar a ghreasas eun do 'n ribe, gun fhios aige gur ann chum a' bhàis a ta e. A nis uime sin éisidibh rium, a chlann, agus thugaibh aire do bhriathraibh mo bheoil: na claoindh do chridhe chum a sligheanna, na rach air seachran 'na ceumaibh, oir lot agus leag i sìos mòran; seadh chaidh mòran do dhaoinibh treuna a mharbhadh leatha (is e sin chumadh a mach á neamh iad): is e a tigh an t-slighe gu h-ifrinn, a' dol sìos gu seomraichibh a' bhàis." Anam, gabh a chomhairle so, agus abair, a Shàtain, a pheacaidh, ana-miannaibh, a thoilinntinn, a thairbhe, àrdain, a chàirdean, a chompanacha, agus na h-uile ni eile, fàgaibh mi, fanaibh air falbh, na tigibh am chòir, oir tha mise ruith air son nèamh, air son m'anama, air son Dhé, air son Chriosd, o ifrinn agus o pheanas siorruidh; ma choisneas mi, coisnidh mi,

na h-uile nithe, agus ma chailleas mi, caillidh mi 'n t-iomlan: leigibh tàmh dhomh, oir cha'n éisd mi ribh. *Gu ma h-amhuil a ruitheas tusa.*

*An seachdamh seoladh.* Anns an ath àite, na biodh geilt ort, ged a thacharas tu ri iomadh mi-mhisneach air do thurus. An neach a tha cur roimhe dol do neamh, mur urrainn Satan a mhealladh le miodal, ni e dhichioll chum a lagachadh le mi-mhisnich; ag ràdh, tha thu ann a' d' pheacach, bhris thu lagh Dhé, cha 'n 'eil thu air do thaghadh, thainig thu ro anamoch, tha latha nan gràs air dol seachad, cha 'n 'eil umhail aig Dia dhuit, tha do chridhe olc, tha thu ann a' d' lunndaire, 's e so a deir Sàtan, maille ri ceud mi-mhisneach agus cagars aich eile. Agus is ann mar so a bha e maille ri Daibhidh, far am bheil e 'g ràdh, Salm xxvii 13, 14. "Theicheadh mo mhisneach air cul, mur creidinn gu'm faicinn maitheas an Tighearna ann an tìr nam beò." Mar gu'n abradh e, bha leithid do chorruich air Sàtan, agus bha mo chridhe co truaillidh, 's mu'r breithnichinn sinn a réir mo mhothachaidh agus m' fhaireachduinn féin, bhithinn gu h-iomlan air mo chlaoïdh, ach dh'earb mi ri Criod anns a' ghealladh, agus bha sùil agam gu'm biodh Dia co math ra ghealladh dhomh, 's gu'n deanadh e tràcair orm, a bha 'm pheacach neo-aithrigh; agus is e so an ni a thug misneach dhomh, agus a chum mi o fhailneachadh. Agus feumaidh tusa so a dheanamh, 'n uair a bhios, Satan, an lagh, no do choguis féin, a' dol mu'n cuairt chum do mhi-mhisneachadh, aon chuid le meud do pheacaidh, aingidheachd do chridhe, buainead na slighe toilintinnean o'n leth a' muigh, agus am fuath gheibh thu o'n t-saoghal, no 'n leithid sin; an sin feumaidh tu misneach a ghlacadh le saorsa nan geallaidean, teo-chridheachd Chriod, toilltinneas 'fola, saorsa a chuiridhean chum teachd a steach, meud pcacaidh muinntir eile a fhuair mathanas, agus gu bheil an Dia ceudna



troimh n cheart Chriosd sin, a cumail a mach a cheart ghràis co saor 's a bha e riamh. Mur e so do bheachd-smaointean, cha'n imich thu ach lunndach air an t-slighe do neamh, mur toir thu suas na h-uile nithibh mar ni cailte, agus mar sin sguir do'n leantuinn ni 's faide; uime sin, tha mi 'g ràdh, gabh misneach ann do thurus, agus abair riusan a tha 'g iarraidh do sgrios, "Na dean gairdeachas a' m' aghaidh, O mo ànmhaid; ged thuit mi éiridh mi; ged shuidheam ann an dorchadas, bithidh an Tighearna 'na sholus dhomh."

*An t-ochdamh seoladh.* Thoir an aire nach fhaigh thu oilbheum anns a' chrois, air an téid thu seachad mu'n ruig thu neamh. Feumaidh tu thuigsinn (mar a thuirt mi cheana) nach' eil a h-aon a théid do neamh nach feum dol rathad na croise. Oir is i 'chrois an comharra-slighe air am bheil gach uile neach a théid gu glòir a dol seachad. "Is ann tre iomadh àmhghar is éigin duinn dol a steach do rioghachd Dhé," Gniomh. xiv. 22. "Seadh, fuiligidh iadsan uilc leis an àill am beatha a chaitheadh gu diadhaidh ann an Iosa Criosd, gur leanmhuinn," 2 Tim. iii. 12. Ma tha thusa air an rathad chum na rioghachd, cuiridh mi mo bheatha air son do bheath-sa gu'n tachair a' chrois ort an ùine ghoirid; gu'n deonaich an Tighearna nach gabh thu geilt roimhpe, air chor 's nach pilleadh tu air t-ais a rìs. "Ma's àill le neach air bith teachd a' m' dhéigh-sa, àicheadhadh se e féin, agus togadh e a chrann-ceusaидh gach là, agus leanadh e mise," Luc. ix. 23. agus Mata xvi. 24. Tha 'chrois a' seasamh, agus sheas i o thoiseach, mar chomhara-slighe chum rioghachd neimh. Tha fios agad ma dh'fheoar-aicheas neach an rathad dhiot chum a leithid so no' leithid sud a dh' àite; cha 'n e a mhàin gu'n abair thu, 's i so an t-slighe, ach mar an ceudna, chum a sheòladh ni 's fearr, their thu, feumaidh tu dol seachad air a leithid so do gheata, air a leithid so a phreas, no 'chraoibh, no 'dhrochaid,

no'n leithid sin. Is amhuil an so; am bheil thu feòraich an rathaid gu neamh? Tha mise 'g innseadh dhuit gur e Criod an t-slighe; feumaidh tu faotuinn da ionnsuidh-san, chum ionracais gu bhi air t-fhìrinneachadh; agus ma tha thu anns-an, ann am priobadh na sùl, chi thu 'n crann-ceusaidd; feumaidh tu dol seachad co-dlùth air; feumaidh tu beantuinn ris, feumaidh tu 'thogail suas, no theid thu as an t-slighe tha treòrachadh gu neamh, agus pillidh tu gu aon do na caol-shràidean cama sin a tha treòrachadh sios gu seòmraichibh a' bhàis.

A nis feudaiddh tu 'n crann-ceusaidd aithneachadh leis na seà nithibh so.

1. Aithnichear e ann an teagasg an fhireanachaiddh.
2. Ann an teagasg an fhéin-cheusaiddh.
3. Ann an teagasg na buan-mhaireachduinn.
4. Ann am féin àicheadh.
5. Am foighidinn.
6. A' bhi ann an co-chomunn ris a' chuid sin a tha bochd do naoimh Dhé.

1. Tha mòran do'n chrann-cheusaiddh ann an teagasg an fhireanachaiddh; tha neach air éigneachadh gu bhi ceadachadh fhìreantachd féin a bhi air a sgrios air son fìreantachd neach eile. Cha'n 'eil e na chuis shoirbh do neach so a dheanamh; tha mise 'g innseadh dhuit gu cinnteach, nach 'eil féith a tha na chridhe nach sìn e, mu'n toircear air gu'n striochd e dha. Seadh, 's gu'm feum neach e féin àicheadh, 'urnuighean a thilgeil air falbh, le dìmeas agus gràin; a dheircean, a choimhead air sàbaidean, 'eisdeachd, a leughadh, maille ris a' chuid eile ann an gnothuch an fhìreanachaiddh a thilgeil uaith, agus am meas malluichte; agus a bhi toileach ann an dearbh mheadhon a mhothachaidh air a pheacaidhean, e féin a thilgeil gu h-iomlan air fireantachd agus ùmhachd neach eile, a' gabhail gràin do a chuid féin, 'g am meas mar pheacadh marbhtach, 's mar bhearn fhosgailte do'n lagh: tha mi 'g rádh gur e so a dheanamh gu dùrachdach agus ann am firinn, a' chuid is mó do'n chrois; uime sin tha Pòl a' gairm do'n dearbh ni so fulang,

Philip. iii. 8, 9, "Agus dh'fhuiling mi call nan uile nithe (ni b'e gu sonruichte fhìreantachd,) chum gu 'n coisninn Criod, agus gu faighear ann-san mi, gu m' fhìreantachd féin agam ;" ach gu diùltadh.

2. Ann an teagasg an fhéin-cheusaithr thr mòran do'n chrois. Am bheil ach neo-ni do neach greim a dheanamh do bharailean truaillidh, a pheacaidhean gràineil, peacaidhean a bhroillich, a pheacaidhean ionmhuinn, taitneach, agus gràdhach, a tha co dlùth dha 's a tha 'n fheoil do na cnàmhain? An caill mi na nithe taitneach so uile 'tha mi faicinn le m' shùilean? An caill mi m' àrdan, mo shannnt, mo chuideachd dhiomhain, m' fhearas-chuideachd, agus mo thoilinntinnean, agus gach ni eile? Tha mise 'g innseadh dhuit nach 'eil so na ni soirbh; na'm biodh ciod am feum a th' air na h-ùrnughean, air na h-osnайдhean, na deoir, agus a' chaithris ud uile? C' arson a ruigeas sin a leas a bhi co neo-thoileach teachd d'a h-ionnsuidh? Ni h-eadh, nach 'eil thu faicinn, gu bheil cuid do dhaoine mu'n tòisich iad air an obair so, a' call an anama, neamh, Dhé, Chriosd, agus na h-uile nithibh? Ciòd is ciall do gach dàil agus moille a tha na daoine sin a' deanamh, a tha 'g ràdh fuirich beagan ni 's faide, tha leisg orm mo pheacaidh fhàgail, am feadh a tha mi òg, agus ann am shlàinte?

A rìs, ciòd an t-aobhar a tha toirt air muinntir eile an obair so a dheanamh na dà leth, gu micuramach, agus gu h-ainmig ged a bhios iad air an dearbhadh thairis is thairis; ni h-eadh, agus mar an ceudna geallaidh iad athleasachadh, agus gihadadh tha 'n t-iomlan an diomhanas; tha mise 'g innseadh dhuit nach 'eil làmhan deas a ghearradh air falbh, no sùilean deas a spionadh a mach, ro thaitneach do'n fheòil.

3. Tha teagasg na buan-mhairreachduinn mar an ceudna na chrois do'n fheòil: seadh, cha'n e a mhàin toiseachadh ach buanachadh, cha'n e 'mhàin iarraidh gu ciatach, agus a' ràdh, b' fhéarr leam

gu'n robh neamh agam, ach aithne bhi agam air Criosc, Criosc a' chuir umam, agus imeachd maille ris chum teachd gu neamh. Gun cheist cha 'n eil e na chùis mhòir 's am bith töiseachadh ri amharc air son neamh, seadh, töiseachadh ris an Tighearna iarraidh, agus töiseachadh ris a' pheacadh a sheachnadh; ach O! tha e na ghnothuch mòr buanachadh ann a' moladh an Tighearna! "Mo sheirbhiseach Caleb, arsa Dia, is duine e do spiorad eile, lean e mi, (lean e mi 'n còmhnuidh, lean e mi do ghnà,) gu h-iomlan, sealbhaichidh esan an tìr," Aireamh. xiv. 24. Cha mhòr nach tainig uile mhìltean chloinn Israeil nan ginealach, gearr air buan-mhairreachduinn 'n uair a dh'imich iad o'n Eiphit gu tir Chanaan. Gu dearbh chaidh iad an toiseach a dh' ionnsuidh na seirbhis gu math toileach, ach cha robh an uchdach ach gle ghoirid, cha b' fhada bha iad a call na h-analach, agus 'n an cridheachan phill iad a rìs air an ais do'n Eiphit.

Tha e na ni soirbh gu leoir do dhuine ruith luath ear tacain, air son fearas-chuideachd, feadh mile na dhà; ach O! buanachadh feadh ceud, feadh mìle, feadh ceud mìle mhìltean; an duine ni so, feumaidh e suil a bhi aige gun coinnich e ri iomadh crois, cràdh, agus sgrios do'n fheòil, gu h-àraidh mar a theid e air aghaidh, coinnichidh e ri dris, suileacha-crith, agus eallaichean eile a tha deanamh a thuruis ni's ro chràitiche.

Ni h-eadh, nach 'eil thu faicinn le d' shùilean gach latha, gur e cuibhrionn mhòr do'n chrois a tha ann am buan-mhairreachduinn? Ciod eile an t-aobhar mu'm fàs muinntir sgìth dheth co luath! b' urrainn domh mòran a chomharrachadh a mach, an deigh dhoibh slighean Dhé a leantuinn bliadhna, dream eile math dh' fheudta dhà, trì, no ceithir bliadhna (cuid ni bu mhò, agus cuid ni bu lugha) a stad, 's a bha bliadhna chan gun anail, a thog an cairtealan agus a ghabh fois mu'n d' rainig iad leth an rathaid gu neamh. cuid anns a' pheacadh so

agus cuid anns a' pheacadh ud ; agus a thuirt gu h-uaigneach, ni h-eadh, agus air uairibh gu follaiseach, tha'n rathad ro chumhan, tha'n réis ro fhada, an ereidimh ro naomh, agus cha'n urrainn mi 'leantuinn, cha'n urrainn mi dol ni 's faide.

Agus mar an ceudna, a thaobh nan trì eile, eadhon, foighidinn, fein-àicheadh, co-chomunn ri naoimh bhochd : Cia cruaidh na nithe so ! Tha e na ni furasda neach eile àicheadh, ach cha'n 'eil e na ni ro shoirbh do dhuine e féin àicheadh ; mi féin àicheadh le gaol a thoirt do Dhia, d'a shoisgeul, d'a naoimh, do'n bhuanachd so, agus do'n t-sochair sin ; ni h-eadh, do'n ni sin a dh'fheudainn a dheanamh gu laghail air sheol eile, mar biodh oilbheum a thoirt dhoibh. Cha'n 'eil an sgriobtur so ach ainmic air a leughadh, agus ni 's ro ainmice air a chur an cleachdamh, a tha 'g ràdh, " Cha'n ith mi feoil a chaoiadh, chum nach toir mi aobhar oilbheim do m' bhràthair," 1 Cor. viii. 13. A rìs, " Is còir dhuinne a ta làidir, giùlan le anmhuinn-eachd na muinntir sin a ta lag, agus gun sinn féin a thoileachadh," Rom. xiv. 1. Ach cia co ceann-làidir, cia bras, cia frionasach agus féin-speiseil a tha 'mhòr chuid do luchd-aidmheil 'nar latha-ne ? Mar an ceudna cia beag suim a th' aca, do na bochdan ? saor o ràdh. Bi air do gharadh, bi air do shàsuchadh ! Ach is obair thearc a bheag a thoirt dhoibh ; gu h-àraidh do na bochdaibh. Tha mise 'g innseadh dhuit gu bheil na h-uile nithe na'n crois do fhcoil agus do fhuil ; agus an neach sin aig nach 'eil ach sùil gu faire thairis air an fheòil ; agus mar an ceudna aig a' bheil ni-eigin do thomhas neart na h-aghaidh, mothachidh e 'chridhe anns na nithe so coltach ri each fiata, a mharcaicheadh as eugmhais srian chasgaidh, thu e ullamh gu clisgeadh roimh gach ni ; seadh, agus ullamh gu ruith air falbh, a dh'aindeoin a mharcaiche.

Is i 'chrois a tha cumail air an ais na dreama sin a tha air an cumail a mach á neamh. Tha mi

cinnteach as, mur biodh a' chrois, gu'm biodh fichead  
fear-aidmheil againn an àite gach aoin a tha againn;  
ach 's i 'chrois so o a tha milleadh an iomlainn.

Mar thuirt mi roimhe, tha cuid do dhaoine, 'n  
uair a thig iad gus a' chrois, nach urrainn dol ni 's  
faide, ach feumaidh iad dol air an ais a' ris chum am  
peacaidh. Tha dream eile a tuisleadh roimpe, agus  
a briseadh am muineal: a ris tha dream eile, 'n  
uair chi iad a' chrois a thig am fagus; ach gabhaidh  
iad a leth-taobh chum na làimhe deise no na làimhe  
clithe, agus mar sin, tha iad a smaointeachadh gu'm  
faigh iad gu neamh air slighe eile; ach bithidh iad  
air am mealladh. "Seadh, fuilgidh iadsan uile leis  
an àill am beatha a chaitheadh gu diadhaidh ann  
an Iosa Criod, geur-leanmhuinn," 2 Tim. iii. 12.  
Cha'n 'eil iad ach tearc, 'n uair a thig iad gus a'  
chrois a ghlaodhas, "'S e do bheatha 'chrois," mar  
rinn cuid do na martarich ris a' phost far an robh  
iad air an losgadh. Uime sin, ma thachras tu ris  
a' chrois air do thurus, ge b'e doigh air an tachair i  
riut, na bi fo mhi-mhisnich, agus na abair, mo  
thruaighe! ciod a ni mi nis? ach gu ma fearr leat  
misneach a' ghabhail, air dhuit fios a bhi agad gur  
ann troimh 'n chrios a tha 'n rathad chum na  
rioghachd. An urrainn neach creidsinn ann an  
Criod, agus gun a bhi air fhuathachadh leis an  
diabhul? An urrainn e 'n Criod so aideachadh,  
agus sin gu milis agus gun teagamh, agus clann an  
diabhul a bhi nan tosd? No 'm fuiling an diabhul  
gu'm bi Criod air a ghlòrachadh le creidcamh agus  
còmhradh neamhaidh, agus leigeil do'n anam sin a  
bhi ann an sìth? Nach do leugh thu riamh, mar  
rinn an dragon geur leanmhuinn air a' mhnaoi?  
Taisb. xii. Agus gu bheil Criod ag ràdh, "Anns an  
t-saoghal bithidh àmhghar agaibh." Eoin xvi. 33.

*An naoidheamh seoladh.* Guidh air Dia gun dean  
e'n dà ni so air do shon. Air tùs, Gu'n soillsicheadh  
e do thuigse; 's an dara àite, gun tugadh e toil bheo  
dhuit. Ma bhios an dà ni so air an deanamh gu h-

eifeachdach, cha 'n 'eil eagal nach fhaigh thu tearuinte gu neamh. 'S e aon do na mòr aobhair air son am bheil co beag suim aig daoine agus aig mnathaibh do'n t-saoghal eile, do bhrigh gu bheil iad a faicinn co beag dheth, a chionn gu bheil an tuigse air a dorchadh; agus uime sin, a deir Pol ris na creidmhich. "Na imichibh a so suas mar a ta na Cinnich ag imeachd, ann an diomhanas an inntinn féin; aig am bheil an tuigse air a dorchachadh, air dhoibh bhi 'nan coimhich do bheatha Dhé, thaobh an aineolais (no 'n amaideachd) a ta annta, tre chruas an cridhe," Ephes. iv. 17, 18. Na imich mar ni iad sud, na ruith maille riu: mo thruaighe! anaínaibh bochd, tha 'n tuigse-san air an dorchachadh, an cridheachan air an dalladh, agus is e sin an t-aobhar gu bheil an smaointean co suarach 's a deanamh a leithid do dhi-meas air an Tighearna Iosa Criod, agus slainte an anama. Oir 'n uair a thig daoine gu nithibh an t-saoghal eile fhaicinn, ciód an Dia, ciód an Criod, ciód an neamh, agus ciód a' ghloir shiorruidh a tha gu bhi ri mhealtuinn: mar an ceudna 'n uair chi iad gu bheil e so-dheanta dhoibhsan cuibhrionn a bhi aca ann, tha mise 'g innseadh dhuit, gun toir e orra ruith troimh bhog 'is chruaidh chum a mhealtuinn. Fhuair Maois sealladh dheth, do bhrigh gun robh a thuigse air a soillseachadh, uime sin cha robh eagal air roimh fheirg an Righ, "Ach ròghnaich e àmhghar fhulang maille ri sluagh Dhé, roimh shòlas a' pheacaidh a mhealtuinn rè seall," Eabh. xi. 25. Dhiùlt e bhi air a ghairm 'na mhac do nighinn Righ Pharaoh; ach 's ann a chunnt e gu'm bu shaibhreas iongantach dha bhi air a mheas airidh air àmhghar fhulang air son Chriosd, maille ris na naoimh bhochd air an robh tarcuis air a dheanamh; agus 's e b' aobhar dha so, do bhrigh gu'm faca e 'n ti a ta neo-fhaicsinneach, agus bha suil aige ris an luach saoithreach. Agus is e sin an ni air son am bheil an t-abstol gu tric ag urnuigh

'n a litrichibh chum nan naomhaibh ag radh, "Chum fios a bhi agaibh ciod e dòchas a ghairmesan, agus ciod e saoibhreas glòire oighreachd-san anns na naomhaibh; agus gu'm bi sibh comasach maille ris na naomhaibh uile, air a thuigsinn ciod e leud, agus fad, agus doimhne, agus àirde; agus air gràdh Chriosd aithneachadh, a chaidh thar gach uile eòlas." Ephes. i. 18. iii. 18, 19. Dean urnuigh, uime sin, gu 'n soillsicheadh Dia do thugse; oir bitidh sin na chuideachadh mòr dhuit. Bheir e ort iomadh losgadh cràiteach fhulang air son Chriosd; mar a deir Pol, "Dh'fhuiling sibh, an déigh dhuibh bhi air bhur soillseachadh, gleachda mòr fulangais. Ghabh sibh le luathghair ri creachadh bhur maoin, air dhuibh fios a bhi agaibh annaibh féin gu bheil agaibh air neamh maoin is fearr, agus a ta maireannach," Eabh. x. 32, 34. Nam biodh seud ro-luachmhor na laidhe ann an rathad neach, gidheadh mur faic e i, 's ann is docha e saltairt oirre na cromadh sios gu a togail, do bhrigh nach robh e 'g a faicinn. Is ann mar sin a tha 'chuis an so, ged a tha neamh luachmhor, agus ged a tha t-fheum-sa mòr air, gidheadh mur faic thu e, is e sin mur 'eil do thugse air a fosgladh no air a soillseachadh chum 'fhaicinn, cha ghabh thu suim air bith dheth: uime sin glaodh ris an Tighearna air son gràs soillseachaidh, agus abair, A Thighearna fosgail mo shuilean; A Thighearna thoir air falbh am brat dorcha o m' chridhe, leig ris dhomh nithibh an t-saoghail eile, agus leig dhomh am millseat, an glòir, agus an oirdheir-ceas fhaicinn air sgàth Chriosd.

*An deicheadh seoladh.* Glaodh ri Dia gu'n lasadh e do thoil, mar an ceudna, le nithibh an t-saoghail eile. Oir 'n uair a tha toil duine suidhichte air an ni so no air an ni ud eile dheanamh, feumaidh e bhi na chuis chruaidh a bhacas an neach sin o ni a tha na rùn a dheanamh. 'N uair a bha toil Phòil suidhichte air dol suas do Ierusalem (ged a

bha e air innseadh dha roi'-làimh, ciod a dh' fhuil-ingeadh e,) cha do ghabh e idir mi-mhisneach ; ni h-eadh ars' esan, "Tha mise ullamh cha 'n e a mhàin gu bhi air mo cheangal, ach eadhon gu bàs-uchadh ann an Ierusalem air son 'ainme an Tigh-earna Iosa," Gniomh. xxi. 13. Bha thoil air lasadh le gràdh do Chriosd, agus uime sin bha gach comh-airle a chaidh a ghnathachadh ann an neo-bhrigh.

Cha 'n eil fios aig neach air bith ciod a nithear ris an t-sluagh a tha féin-thoileil ; is tric leinn a' ràdh, bithidh a thoil féin aige, dean thusa na 's urrainn duit. Gu dearbh tha leithid sin do thoil air son neamh na buannachd ionmholta do'n neach a ghabh os-laimh an réis a ruith a muigh 's a mach do neamh, agus aig am bheil a thoil suidhichte air, 's a tha 'g ràdh, ni mi mo dhichioll air son mo bhuanachd féin ; ni mi na 's urrainn mi air mo naimhdean chum am bacadh ; cha gheill mi co fad' 's a 's urrainn mi seasamh ; bithidh e agam no caillidh mi mo bheatha ; "ge do mharbh e mi earbaidh mi as :" cha leig mi air falbh thu mur beannaich thu mi." O an toil bheannaichte so a tha air lasadh air son neamh ! Co ris a tha i colt-ach ? Ma bhios duine toileach, an sin bithidh connsachadh na aobhar misnich dha ; ach ma bhios e neo-thoileach, an sin bheir connsachadh air bith mi-mhisneach dha ; tha so ri fhaicinn araon anns na naoimh, agus anns na peacaich : annta-san a ta nan cloinn do Dhia, agus mar an ceudna annta-san a ta nan cloinn do'n diabhlul.

1. Bha na naoimh o shean toileach, agus bha 'n rùn suidhichte air son neamh, ciod a chuireadh stad orra ? An cuireadh teine agus connadh, claidheamh no taod, priosan làn grodlaich, sgiùrsaidhean, math-ghamlina, tairbh, leoghain cràdh an-iochdmhor, clachadh basachadh le gort, lomnochduidh, &c. agus anns na nthibh sin uile thug iad tuilleadh agus buaidh, trìd-san a ghràdhaich iad, neach mar an ceudna rinn toileach iad ann an latha a chumhachd. Eabh. xi. Rom. viii. 37.

L. Faic a rìs, air an taobh eile clann an diabhuil, do bhrigh nach 'eil iad toileach, tha iomadh leth-sgeul agus rathad aca gu teicheadh. Phòs mi bean, tha fearann agam, cuiridh mi fearg air an uachdaran, cuiridh mi fearg air mo mhaighstir, caillidh mi mo cheaird, caillidh mi m' uabhar, mo thoilinntinn, nithear fochaid agus fanoid orm, uime sin cha 'n fheud mi teachd. Tha neach eile 'g ràdh, fanaidh mi gus am bi mi ni's sine, gus am bi mo chlann uile mach, gus am faigh mi beagan air m' aghaidh anns an t-saoghal, gus an dean mi gach gnothuch eile a tha agam ra dheanamh ; ach mo thruaighe ! 's e chùis nach 'eil iad toileach : oir nam b' e 's gu'm biodh iad air am faotainn toileach, cha chumadh iad sin no mìle do 'n leithid sin do nithe iad ni b'fhaide na chum na cùird Samson, 'n uair a bhrist e iad mar lion a loisgeadh le teine, Breith. xv. 14. Tha mise 'g innseadh dhuit gur i 'n toil an t-iom-lan ; 's i 'n toil aon do na nithe àraidh a tha tionndadh na cuibhle aon chuid air a h-ais na air a h-aghaidh ; agus tha fios aig Dia air sin gu làn mhath, agus aig an diabhol mar an ceudna ; agus uime sin tha iad araon a' strì chum toil an seirbhisich a neart-achadh : Tha Dia air son pobull toileach a' dheanamh da shluagh féin chum seirbhis a' dheanamh dha ; agus tha 'n diabhul a deanamh gach ni a tha na chomas chum gun sealbhaicheadh e toil agus aigne-adh na dreama sin is leis féin, agus aig am bheil gràdh do'n pheacadh ; agus uime sin 'n uair a thig Criosc dlùth do'n chùis, gu dearbh, ars' esan, Cha-tig thu do m' ionnsuidh-sa.

" Cia minic a b'àill leam do chlann a chruin-neachadh r'a chéile, mar a chruinnicheas cearc a h-eoin-fuidh a sgiathaibh, agus cha b' àill leibh !" Mata xxiii. 37. Shealbhaich an diabhul an toil, agus co fada 's a shealbhaicheas esan an toil-san tha e cinnteach gu leoир asda. O ! uime sin glaodh gu cruaidh ri Dia chum gu'n lasadh e do thoil air son neamh agus air son Criosc ; tha mi 'g ràdh ma

bhios do thoil suidhichte gu ceart air son neamh, cha chuirear air t-ais thu le di-misnich; agus b' e so an t-aobhar 'n uair a bha Iacob a gleachd ris an aingeal, ged a chaill e cas: mar gu'm b' eadh, agus a chuireadh lag a shléisde as an alt “'n uair a bha e a' gleac ris,” gidheadh ars' esan, “cha leig mi air falbh thu mur beannaich thu mi,” Gen. xxxii. 25, 26. Faigh do thoil air a h-uidheamachadh le gràs neamhaidh agus le run-suidhichte an aghaidh gach uile mi-mhisnich, agus an sin theid thu le làn chabhaig do neamh; ach ma bhios do thoil neo-ionlan agus gu'm faighear thu mar sin, cha ruith thu ach bacach agus a turramanaich rè na slighe a ruitheas tu; agus mar an ceudna, gu cinnteàch thig thu gàrr ma dheireadh. Gu'n deonaich an Tighearna toil agus misneach dhuitsa.

Mar so chuir mi crioch air a bhi 'gad sheoladh sionnus a ruitheas tu chum na rioghachd; bi cinnteach gu'n gleidh thu a' d' chuimhne na nithibh a thuirt mi riut air eagal gu'm b' àill leam gu'n smaointicheadh tu orra, gabh an t-ionlan dhiubh ann an suim aithghearr mar leanas. 1. Faigh air an rathad. 2. An sin bi meòrachadh air. 3. An sin ruisg thu féin, agus tilg dhiot gach ni a ta cur bacaidh ort. 4. Bi air t-fhaicill roi' na frith-rathайдean. 5. Na bi spleuchdachadh 's 'g amharc mu'n cuairt duit, ach bi cinnteach gu'n cothrom-aich thu ceumanna do chas. 6. Na stad air son neach air bith a ghlaodhas as do dheigh, co dhiubh is e an saoghal, an fheoil no'n diabhul a bhios ann; oir cuiridh iad so uile éis ort air do thurus, ma's urrainn doibh. 7. Na biodh geilt ort le mi-mhisnich air bith ris an tachair thu air do thurus. 8. Thoir an aire nach tuislich thu roimh 'n chrois. 9. Glaodh gu dian ri Dia chum 's gun soillsicheadh e do chridhe, agus gun tugadh e inntinn thoileach dhuit, agus gu'n deonaich Dia gu'n soirbhich leat air do thurus. Gidheadh, mu'n gabh mi mo chead dhiot, leig dhoimh beagan aobhar brosnuchaidh a thoirt dhuit. Theag-

ainli gu'm bi iad co math ri paidhir spuirean chum do chridhe marbhanta a bhioradh air do thurus.

*An ceud brosnuchadh.* Thoir fainear nach 'eil rathad eile ann ach an rathad so : feumaidh tu 'n dara cuid buidhinn no call. Ma choisneas tu, is leat flaitheanas, Dia, Criosd, gloir, socair, sìth, beatha, seadh, beatha shiorruidh ; nithear thu co-ionann ris na h-ainglibh air neamh : cha dean thu bron, no osnaich ni 's mo, 's cha mhothaich thu pian ni 's mo, bitidh tu an taobh thall do'n pheacadh, do ifrinn, do'n bhàs, do 'n diabhuil, do'n uaigh, agus gach ni eile a dh'fheudadh dochann a dheanamh ort : Ach air an làimh eile, mur coisinn thu, caillidh tu neamh, gloir, Dia, Criosd, socair, sìth, agus gach ni eile tha chum siorruidheachd a dheanamh sólasach do na naomhaibh, a' bhàrr air bàs siorruidh, bròn pian, dubhar, agus dorchadas, co-chomunn ri deamhain, maille ri damnadh siorruidh air t-anam féin.

*An dara brosnuchadh.* Thoir an aire gu bheil an diabhul, ifrinn, bàs, agus damnadh siorruidh, an dian-thoir ort, co luath 's a 's urrainn dhoibh ruith, agus tha ughdarras aca air sin a dheanamh leis an lagh, an aghaidh 'n do pheacaich thusa ; agus, uime sin, air sgàth an Tighearna dean cabhag.

*An treas brosnuchadh.* Ma ni iad greim ort mu'n ruig thu am baile-dion, cuiridh iad stad siorruidh air do thurus. Tha so mar an ceudna 'g eigeach ; ruith air a shon.

*An ceathramh brosnuchadh.* Biodh fios agad mar an ceudna, gu bheil a nis geata neamh, cridhe Chriosd, le a ghairdeina fosgailte chum do ghabhail a steach. O ! air leam gu'm bu choir do'n smaoin so, seadh, gu bheil an diabhul ga d' leantuinn chum do sgrios, agus gu bheil Criosd na sheasamh le gairdeina fosgailte chum do ghabhail a steach, a thoirt orts a teicheadh leis na h-uile chabhag !

*An cuigeamh brosnuchadh.* Cum do shuil air an duais ; bi cinnteach gu'm bi do shuilean do ghnàth air a' bhuanachd a tha choltas ort fhaotainn. 'S

e so an t-aobhar gu bheil daoine co ullamh gu fannachadh 'n an réis air son neamh, tha e laidhe gu h-àraidh ann an aon do'n dithis so.

1. Cha 'n 'eil iad a gabhail beachd chudthromach air luach na duaise: no ma tha iad a' toirt an aire dha, tha eagal orra gu bheil e tuilleadh is math air an son: ach feumaidh iad neamh a chall do bhrigh nach 'eil iad a toirt an aire do'n duais agus da luach. Uime sin, chum nach dean thusa mar sin, cum do shuil a dearcadh gu dian air an oirdheirceas, a' mhaise, a' mhillseachd, a cho-fhurtachd, an sòlas, agus an t-sìth 'gheibh iadsan an sin a choisneas an duais. 'S e so an ni a thug air an Abstol ruith troimh na h-uile nithe; Tre mhi-chliù agus dheadh-chliù, tre urram agus eas-urram, tre gheur-lean-mhuinn, doilghios, acras, lomnochduidh, chunnart air muir, agus chunnart air tir tre gheimhlibh agus phriosan. Mar an ceudna, thug so air dream eile fulang a bhi air an clachadh, air an sabhadh as a cheile, an suilean a bhi air an tolladh a mach le torachan, an cuirp a bhi air an ròstadh air brannd-airibh, an teanga bhi air an gearradh a mach as am beoil, air am bruich ann an coireachan, air an tilgeadh chum fiadh bheathaichean, air an losgadh 's air an sgiùrsadh ri postaibh, agus mìle do phiantaibh uamhasach eile. "Air dhoibh bhi ag amharc cha 'n ann air na nithibh a tha r' am faicinn, ach air na nithibh nach 'eil r' am faicinn, oir tha na nithe a chithear, aimsircil; ach tha na nithe nach faicear, siorruidh," 2 Cor. iv. 18. O! am focal so, siorruidh, 's e am focal sin a thug orra, nach gabhadh iad ri saorsa 'n uair a dh' fheudadh iad a faotainn, oir bha fios aca gu'm biodh aiseirigh ni b' fhearr aca anns an t-saoghal ri teachd. Agus na tugadh annasachd an àite so ort a' ràdh ann a' d' chridhe 's na smaointich gu bheil e tuilleadh is math air do shon-sa; oir tha mise 'g innseadh dhuit gu bheil neamh air ullachadh air son ge b'c leis an àill a ghabhail, agus bheirear aoidheachd dhoibh le fàilte

chridheil. Uime sin cuimhnich gu'n d' fhuair co olc ruitsa, an sin ; fhuair Lasarus bochd, aimbeairt-ach, suarach an sin, &c. Ni h-eadh tha e air ullach-adh air son nam bochd. "Eisdibh, mo bhràithre gràdhach," arsa Seumas, "nach do thagh Dia bochdan an t-saoghail so, saoibhir ann an creidimh, agus 'nan oighreachaibh air an rioghachd?" Seum. ii. 5. Uime sin gabh misneach a dhuine, agus ruith.

*An seathamh brosnuchadh.* Smaointich gu tric orrasan a chaidh romhad. 'S a' cheud àite, tha e dearbhte gun d' fhuair iad a steach do'n rioghachd. 'S an dara àite, co tearuinte 's a tha iad ann an gairdeina Iosa, an tigeadh iad an so a rìs air son mìle saoghal? Agus na am biodh eagal orra nach deanamh Dia am beatha: 'S an treas àite, Ciod a bharail a bhiodh aca ortsam nam biodh fios aca gu'n do thòisich do chridhe air failneachadh air do thurus, na gu'n robh do pheacaidhean ga d' mhealladh chum impidh a chur ort gu sgur do d' réis? nach gairmeadh iad mìle uair thu na t-amadan? agus nach abradh iad, O, nam b'e 's gu'm faiceadh e na bheil sinne faicinn, nam biodh co-mhothachadh aige ruinne, agus nam blaiseadh e do 'n mhìllseachd do 'm bheil sinne blasad! O! nam biodh e aon chairteal na h-uaire gus a' mhìle cuid fhaicinn, a mhothachadh, a bhlasad, agus a mhealt uinn, do 'n a tha sinne a mealtuinn, ciod a dheanamh e? Ciod a dh' fhuilingeadh e? Ciod a dh' fhàgadh e gun deanamh? An tugadh e fàbhar do 'n pheacadh? An gràdhhaicheadh e'n saoghal iochdrach so? Am biodh eagal air roimh 'chàirdean, no am biodh geilt air 'oimh na bagraidh is eagalaiche a dh' fheudadh na h-in-tighearnan is mò, a' bhagairt air? Ni h-eadh, iadsan a fhuair sealladh beag do na nithibh so tre chreidimh, 'n uair a bha iad co fada uatha 's a tha 'n talamh o neamh, gidheadh, b' urrainn doibh a' ràdh le cridhe subhach agus solasach, mar ni an t-eun a sheinneas anns an earrach; nach cuireadh so agus mòran tuilleadh bacadh

orra o ruith do neamh. Air uairibh 'n uair a bhiodh mo chridhe truaillidh ag aomadh chum an t-saoghal so, agus a deanamh moille air mo thurus gu neamh; bheir a bhi smaointeachadh air na naoimh agus air na h-ainglibh glòrmhor air neamh, ciod a tha iad a mealtuinn, agus ciod na smaointean a th' aca le cheile mu nithibh an t-saoghal iosail so, 's co amaideach 's a mheasadh iad mise nam b' e 's gu'm biodh fios aca gu'n robh mo chridhe tarruing air ais; bheireadh so orm dol air m' aghaidh, 's a bhi deanamh dimeas air na nithibh bochda, iosal, falamh, truaillidh agus tàireil so, agus a ràdh ri m' anam, eirich anam, 's na bitheamaid sgith, gus am faic sinn ciod an t-àite th' anns an neamh so; cuireamaid eadhon na h-uile nitne an cunnart air a shon, agus feuchamaid am paidh sin an costus. Gu cinnteach, bha Abraham, Daibhidh, Pòl, agus a' chuid eile do naoimh Dhé, co glic ri aon do'n àl so, gidheadh chaill iad na h-uile nithe air son na rioghachd glòrmhoir so. O! uime sin, tilg air falbh t-ana-mianna grod, lean an tòir air fireantachd, gràdhaich an Tighearna Iosa, thoir thu féin suas d' a eagal, 's theid mise an urras duit gu'n toir e deadh ath-dhioladh dhuit. A leughadair, ciod a deir thusa ris a so? Am bheil a rùn ort mise leantuinn? Ni h-eadh rùnaich ma 's urrainn dhuit. *Gu ma h-amhuil a ruitheas tu, ionnus gu 'n glac thu an duais.*

*An seachdamh brosnuchadh.* Chum misneach a thoirt duit beagan ni 's faide, tòisich ris an obair, agus 'n uair a sgithicheas tu thu féin a ruith, an sin togaidh an Tighearna Iosa suas thu, agus giulainidh e suas thu: Nach leoир so a thoirt air anam bochd air bith toiseachadh air a réis; Theagamh gun glaodh thu, O! tha mi anmhunn tha mi bacach, &c., ro mhath, ach tha uchd aig Criod: uime sin thoir fainear, 'n uair a sgithicheas tu thu féin a ruith, togaidh esan na uchd thu: "Le a ghairdein cuairtichidh e na h-uain, agus giùlainidh e iad 'na uchd; iomainidh e gu sèimh

an spréidh a tha trom le h-àl," Isa. xl. 11. 'S e so an doigh a ghabhas aithrichean chum misneach a thoirt do'n cloinn, ag ràdh, ruithe, a leinibh chaoimh, gus am bi thu sgìth, agus an sin togaidh mise thu, agus giulainidh mi thu. "Le a ghairdein cuartichidh e na na h-uain, agus giùlainidh e iad na uchd :" 'n uair a bhios iad sgith marcaichidh iad.

*An t-ochdamh brosnuchadh.* No cuiridh e neart nuadh a steach do t-anam, a bhios co math. "Fàsaidh na h-òigfhir lag agus sgìth, agus tuitidh an òigridh thaghta gu lär ; ach iadsan a dh'fheitheas air an Tighearna gheibh iad spionnadh nuadh ; éiridh iad suas mar iolair air a sgiathaibh ; ruithidh iad agus cha bhi iad sgìth, siùbhlaidh iad agus cha'n fhàs iad fann," Isa. xl. 30, 31. Ciod a their mi a thuille air na chaidh ràdh cheana? Bithidh tigh comhnuidh math agus socrach agad, lòn math agus fallain, uchd Chriosd gu laidhe ann, aoibhne as nan neamh chum beathachadh air. An labhair mi mu shàs suchadh agus maireannachd nan nithe so uile? Gu cinnteach, cha'n 'eil mise comasach air an cur an céill gu h-iomlan, tha sin tuille is cruaidh air mo shon.

*An naoitheamh brosnuchadh.* A rìs air leam gu'm bu chòir do dhichioll an diabhuil agus a sheirbhisich, &c. a thoirt orts a tha miannachadh an deigh neamh agus sonas ruith gu luath. Cha 'n 'eil an diabhul na sheirbhisich a' call ùine sam bith, no caomhnadh an saothair, chum iad féin agus muintir eile sgrios ; agus nach bu choir dhuinne bhi cheart co dichiollach air son slàinte ar n'anama féin? An cuir an saoghal an anamaibh ann an cunnart a bhi air an damnadh gu siorruidh air son crùn bochd truaillidh ; agus nach cuir sinne call beagan do nithe suarach ann an cunnart air son crùn siorruidh? An cuir iad an cunnart call chairdean siorruidh, mar a ta Dia chum an gràdhachadh, Criosd chum an saoradh, an Spiorad Naomh chum an co-fhurtachd, neamh mar an ionad comhnuidh, naomh agus àinglean mar chuideachd, agus an cuir iad iad sud uile an

cunnart an call, chum co' chomunn fhaotainn agus a chumail ri peacadh, ris an t-saoghal so, agus ri beagan do thruaghain shuarach, mhisgeach, thoibh-eumach, bhreugach shanntach coltach riu fén? Agus nach saothraich sinne co cruaidh, nach ruith sinn co luath, nach iarr sin co dichiollach, ni h-eadh, ceud uair ni's diochiollaiche, air son cuideachd nan càirdean glòrmhor agus siorruidh so, ged chaill-eadh maid an leithid sud, ni h-eadh, maille ri call nithibh deich mile uair ni 's féarr no na nithibh bochd, iosal, tàireil, agus suarach so? Am bi e ri ràdh air an làtha dheireannach, gu'n d' rinn daoine aingidh tuille cabhaig do ifrinn, na rinn thusa do neamh? Agus gu'n do mhi-bhuilich iad ni 's mo do uairean, do laithean, agus sin gu moch agus anmoch, air son ifrinn, na chaith thusa air son sin a ta mìle do mhiltibh uair deich mìle ni 's fearr? O na biodh a' chuis mar sin, ach ruith le d' uile chumhachd agus neart!

Mar so tha thu faicinn gu'n do labhair mi ni eigin ged nach 'eil e ach beag. A nis thig mi gu beagan feum agus cleachdaidh a' dheanamh do 'n chaidh a' radh, agus mar sin co-dhùnaidh mi.

*An ceud feum.* Chi thu an so gu'm feum esan a theid do neamh ruith air a shon: cha'n e a mhàin ruith, ach ruith gu dian, dùrachdach; agus do ghnàth; agus na h-uile nithe thilgeil dheth, a' dheanamh eis air anns an réis. Seadh, an ann mar so a tha thusa ruith?

1. A nis ceasnaicheamaid beagan. An d' fhuaир thu chum na slighe cheart? Am bheil thu ann am fireantachd Chriosd? Na abair gu bheil ann do chridhe, 'n uair nach 'eil a' chuis mar sin ann am firinn. Tha fios agad gu bheil e na ni cunnartach do neach a bhi smaointeachadh gu bheil e air an rathad cheart, 'n uair a tha e air an rathad chearr. Is e an t-ath ni dha a rathad a chall, agus cha'n e sin a mhàin, ma tha e ruith air son neamh, mar tha thusa gabhail ort a bhi deanamh, ach sin a chall mar an ceudna

O 's e so truaighe na cuid is mò, gu bheil iad a' creidsinn gu bheil iad fén a ruith gu ceart, ged

nach robh cas aca riamh air an rathad cheart! Gu'n tugadh an Tighearna dhuit tuigse an so, air neo bithidh tu caillte gu siorruidh. Guidheam ort, anam, rannsuich c'uin a thionndaidh thu o d' pheacadhean agus o t-fhéin-fíreantachd chum fireantachd Iosa Criod. Tha mi 'g ràdh, am bheil thu 'ga d' fhaicinn féin ann-san? Agus am bheil e ni 's luachmhoire dhuit na 'n saoghal gu léir? Am bheil t-inntinn do ghnàth beachd-smaointeachadh air? An e do thlachd a bhi labhairt uime? Agus mar an ceudna bhi 'g imeachd maille ris; am bheil thu meas a chuideachd ni 's ro oirdheirce nan saoghal gu h-iomlan? Am bheil thu meas nan uile nithe bochd, gu'n bheatha, falamh, agus diomhain, as eugmhais co-chaidreabh ris-an? Am millse leat a chuideachd no na h-uile nithe? Agus am fàg a neo-làthaireachd na h-uile nithe searbh dhuit? Anam, guidheam ort bi dùrachdach, agus gabh gu cridhe e, agus na gabh nithe co cudthromach ri slàinte na damnadh siorruidh t-anama, as eugmhais deadh stéidh.

Am bheil thu air t-eutromachadh o nithibh an t-saoghal so, mar a ta uabhar, tolinntinnean, buannachd, ana-mianna, agus diomhanas? Am bheil thu smaointeachadh gu'n ruith thu luath gu leoир leis an t-saoghal, le d' pheacadh, agus le ana-mianna do chridhe? Tha mise 'g innseadh dhuit, anam, gu'n d'fhuair iadsan a chuir na h-uile nithibh a leth-taobh, gach cudthrom, gach peacadh, agus a chuir iad féin anns an uidheim is luthmhoire, obair ni 's leoир gu ruith; *gu ma h-amhuil a ruitheas tu, ionnus gu'n glac thu 'n duais.* Feumaidh tu ruith troimh gach co'-stri, tulgadh, agus cruadal dhiubh sin, thar gach uile ribe, thar gach uile cheap-tuislidh, o gach uile chuibhreach, a leagás an diabhul, am peacadh, an saoghal, agus do chridhe féin romhad; tha mise 'g innseadh dhuit, ma tha thu dol do neamh, gu'm faic thu nach cuis bheag na shuarach e. Na labhair gu bràth mu dhol do neamh mur

am bheil thu air t-fhuasgladh agus air t-eutrom-achadh o na nithibh ud ; oir mur am bheil, tha e na aobhar eagail gu'm bi thu air t-fhaotainn am measg a' mhòr shluaign a dh'iarras dol a steach, agus nach urrainn dol ann.

*An dara feum.* Ma tha 'chuis mar sin, ciod a dh'eireas doibhsan a ta fàs sgìth mu'n ruig iad leth na slighe? A dhuine, 's e 'n ti a ruitheas chum na criche a bhios air a thearnadh; 's e'n ti a bheir buaidh a shealbhaicheas na h-uile nithe, 's cha'n e na h-uile neach a thòisicheas. Thug Agripa ceum gle chabtagach re tiota, cha mhòr nach tug e ceum chum uchd Chriosd ann an ùine ni bu lughna leth-uair. "Is beag (ars' esan ri Pòl) nach 'eil thu 'gam aomadh gu bhi am Chriosduidh," Gniomh. xxvi. 28. Mo thruaighe; ach cha robh ann ach *is beag*; agus mar sin bu cho math dha nach robh e riamh a bheag 's am bith; thug e ceum ciatach gu dearbh, ach cha robh e ach goirid; bha e teith fhad 's a ruith e, ach cha b' fhada bha e call na h-analach. O an ni beag so! Tha mise 'g innseadh dhuit gu'n do chaill e anam ris a' bheag so. Air leam gu'm faic mi air uairibh, mar tha na truaghain bhochd a' fhuair gu h-inbhe bhig do neamh, 's mar tha 'm beag so na ni co eagalach, 's mar tha e 'g am pianadh ann an ifrinn; 'n uair a' ghlaodhas iad a mach ann an searbas an anama, ag ràdh, is beag nach robh mi am Chriosduidh. Is beag nach d' fhuair mi do rioghachd neamh, is beag nach d' fhuair mi a mach a làmhan an diabhuil, is beag nach d' fhuair mi saor o m' pheacaidhean, is beag nach d' fhuair mi as o bhi fo mhallaichd Dhé; is beag, agus b'e sin uile e, is beag, ach cha d' fhuair mi gu h-iomlan! O a bhi gu h-inbhe bhig ann an neamh, agus gu'n dol gu bràth an sin! A charaid, is brònach an ni suidhe sios mu'n téid sin do neamh, agus fàs sgìth mu'n tig sinn gu ionad na foìs; agus ma 's e so do chor, tha mise cinnteach nach 'eil thusa ruith, *ionnus gu'n glac thu an duais*. Ach, a rìs, anns an ath àite.

*An treas feum.* Ciod ma ta thig riusan a bha uair-éigin a ruith gu luath do neamh (ionnus gu'n robh iad coltach ri mòran a' chur nan deigh,) ach a ta nis a' ruith co luath air an ais a rìs? Am bheil thu smaointeachadh gu'n ruig iad sin neamh gu bràth? Seadh, ruith air an ais a rìs chum a' pheacaidh, chum an t-saoghal, chum an diabhuil, agus a chum ana-miannaibh na feola, O! "b' fhearr dhoibh gun eòlas a bhi aca air slighe na fireantachd, na, an deigh a h-eolas fhaotainn, pilleadh (pilleadh air an ais a rìs) o'n àithne naomh a thugadh dhoibh," 2 Pead. ii. 21. Cha'n e mhàin gu'm bi na daoine so air an damnadh air son am peacaidh, ach mar an ceudna, air son aideachadh do'n t-saoghal uile gur fearr am peacadh na Criod. Oir an neach a ruitheas air ais a rìs, bu cho math dha ràdh, dh'fheuch mi Criod, agus dh'fheuch mi am peacadh, agus cha'n 'eil mi faotainn uiread buannachd ann an Criod, 's a tha anns a' pheacadh. Tha mi 'g ràdh gu'm bheil an neach so a' cur an céill so, eadhon le ruith air ais a rìs. O's uabhasach an ni so! Ciod a' bhinn a bheirear orrasan, a bha gu h-inbhe bhig aig geata neamh, agus an sin a ruith air an ais a rìs. "Ma philleas neach air ais (arsa Criod), cha bhi aig m' anam-sa tlachd ann," Eabh. x. 38. A rìs, "Cha'n 'eil neach air bith a chuireas a làmh ris a' chrann-àraidh, (is e sin, a theid air an aghaidh ann an slighibh Dhé) agus a sheallas 'na dhéigh, iomchuidh air son rioghachd Dhé," Lucas ix. 62. Agus mur 'eil e iomchuidh air son rioghachd neamh, gu cinnteach feumaidh e bhi iomchuidh air son teine ifrinn. Agus uime sin, ars' an t-abstol, iadsan a bheir a mach na toraidh mhealltach so "mar a ta droighionn agus drisean, tha iad air an cur air cùl, agus fagus do mhallaichadh; d'an deireadh a bhi air an losgadh," Eabh. vi. 8. O cha'n 'eil Criod eile ann chum an saoradh le 'fhuil a dhortadh agus basachadh air an son! "Agus mur téid iad as a ni dimeas (cionnus ma ta

a théid iad as a dhiùltas agus a thionndas an cùl-thaobh) air slàinte co mor?" Eabh. ii. 3. Agus ma gheibh na fireanaich, 's e sin iadsan a ruitheas gus am faigh iad do neamh obair gu leoir ra dheanamh, c'aité an taisbein an duine mi-dhiadhaidh agus am peacach cùl-sleamhnach e féin? O! nam biodh Iudas am fear-brathaidd, no Frang Spira, am fear-cùl-sleamhnachaidh beo anns an t-saoghal aig an am so, gu 'chur an céill ann an cluasaibh nan daoine so, beagan do na chost an cùl-sleamhnachadh do'n anamaibh féin, is cinnteach gu'n leanadh e riu, agus gu'n cuireadh e eagal orra ruith air an ais a rìs, co fada 's a bhiodh aon latha aca ri bhi beo anns an t-saoghal so.

*An ceathramh feum.* Nach coltach ri fulang nan daoine so, a bhios fulangsan an dream a shuidh gu tosdach re na h-ùine a bha iad anns an t-saoghal so, agus nach do chuir uiread agus troidh an cas air a h-aghaidh chum rioghachd neamh. Gu cinnteach tha 'n neach a chul shleamhnuicheas, agus an neach a shuidheas gu samhach lunndach ann am peacadh, araon do'n aon inntinn; cha ghluais an dara h-aon, do bhrigh gur gràdhach leis a pheacaidean, agus nithe an t-saoghal so; tha am fear eile a ruith air ais a rìs, do bhrigh gur ionmhuinn leis a pheacaidean agus nithe an t-saoghal so, agus nach e sin an t-aon chuid? Tha iad nan aon an so, agus nach cum an aon ifrinn iad an deigh so? 'S neach mi-dhiadhaidh nach d' amhairc riagh an deigh Chriosd, agus is neach mi-dhiadhaidh a dh'amhrirc aon uair na dheigh, agus an sin a ruith air ais a rìs: Agus uime sin, feumaidh am focal so dol a mach a beul Chriosd gu cinn-teach an aghaidh an dithis, "Imichibh uam, a shluagh malluichte, dh'ionnsuidh an teine shiorruidh, a dh'ulluicheadh do'n diabhul agus d'a ainglibh." Mata xxv. 41.

*An cuigeamh feum.* An so feudaidh tu fhaicinn, gu'm feum iadsan leis an àill dol do neamh ruith

air a shon. A nis tha so ag eighach gu h-ard riu-san nach do thòisich ri ruith ach o cheann ghoirid, tha mise 'g ràdh riu-san, greasadh iad an ceum ma tha mhiann orra gu'n coisinn iad ; tha fios agad gu'm feum an dream a dh'fhalbhas ma dheireadh, ruith ni 's luaithe. A charaid, tha mise 'g innseadh dhuit, gu faighear iad a ruith deich bliadhna mu'n aon bhliadhna a ruith thusa, ni h-eadh fichead mu choinneamh do chuig-sa, agus, gidheach, ma labhras tu riu, their iad, air uairibh, gu bheil eagal orra gu'm bi iad anmoch ni's leoir. Cionnus ma ta bhios do chor-sa? Uime sin feuch nach dean thu moille sam bith, uiread agus uair an uaireadair, ach dealaich gu grad ris gach uile ni a chuireas bacadh ort air do thurus, agus ruith, seadh, "*agus gu ma h-amhuil a ruitheas tu, ionnus gu'n glac thu an duais.*"

*An seathamh feum.* Sibhse tha 'nar seann luchd aideachaidh, thugaibh-se an aire nach ruith òrganaich Iosa, nach do thòisich air ruith ach an latha roimhe ; ni 's luaithe na sibhse, chum 's gu'm bi an sgriobtur sin air a choilionadh oirbhse, "Tha mòran air thoiseach a bhitheas air deireadh ; agus air deireadh a bhitheas air thoiseach," ni a bhios na näire dhuibhse, agus na urram dhoibhsan. Am bi saighdear òg ni 's misnich eile na esan a bha cleachdte ri cogadh. Ruibhse a ta air deireadh, tha mi 'g ràdh, deanaibh strì chum gu'n ruith sibh ni 's luaithe na iadsan a ta air thoiseach oirbh ; agus ruibhse a ta air thoiseach, tha mi 'g ràdh, leanaibh air 'ur 'n aghaidh, agus cumaibh air thoiseach orra ann an creidimh, agus ann an gràdh, ma tha e ann 'ur comas ; oir gu firinneach 's i sin an ruith cheart, an dara aon a stri gun ruith e ni's luaithe na'n t-aon eile ; eadhon an neach a ta air deireadh a dhichioll a dheanamh chum teachd suas ris an neach a ta air thoiseach, agus bu chòir do'n neach a ta air thoiseach a bhi cinnteach gu'n cum e 'n toiseach, eadhon gus a' chuid is faide a mach.

*An seachdamh feum.* Nabh suarach a ta iad 'g an

giulan féin, nach neo-choltach riu gu'n coisinn iad, a tha smaointeachadh gur leoir e ma chumas iad cuideachd ris an dream a ta air deireadh? Tha cuid a dhaoine ann a tha 'g aideachadh gu bheil iad féin a ruith air son neamh co math ri dream air bith, gidheadh ma bhios luchd-aidmheil lunndach, leisg, fuar, mi-mhisneachail anns an tìr, bithidh iad cinnteach gu'n lean iad eiseimpleir na muinntir ud; tha iad a smaointeachadh ma 's e 's gun cum iad a suas riu sud, gu bheil iad a deanamh gu math; ach cha'n 'eil iad a toirt fainear gu'n caill iadsan a bhios air deireadh an duais. Feudaidh sibh fios a bhi agaibh ma's e 'ur toil e, gu'n robh an teachd anmoch gle dhaor do na h-oighean amaideach. Mata xxv. 10, 11, 12. "Agus chaidh iadsan a bha ullainh a steach chum a' phòsaidh, agus dhruid-eadh an dorus. 'Na dheigh sin thainig mar an ceudna na h-oighean (amaideach) eile, ag ràdh, A Thighearna, a Thighearna, fosgail dhuinne. Ach fhreagair esan agus thubhairt e," "Imichibh uam," "cha'n aithne dhomh sibh." Imichibh uam a luchd-aidmheil leisg, a luchd-aidmheil fhuair, agus a luchd-aidmheil lunndach. O! air leam gu bheil focal Dhé co soilleir mu leir-sgios 'ur luchd-aidmheil leisg, 's gur iongantach nach 'eil daoine gabhail tuile beachd dhe.

Cia mar thachair do mhnaoi Lot chionn gun robh i ruith co leisg, agus gun tug i aon sealladh air a h-ais an deigh nan nithe a dh'fhàg i ann an Sodom? Cia mar thachair do Esau chionn e bhi tuilleadh a's fada mu'n deachaidh e dh'iarruidh na beannachd? Agus cia mar thachair riuth-san th'air an ainmeachadh an Luc. xiii. air son fuireach gus an robh an dorus air a dhunadh? Agus mar an ceudna na h-oighean amaideach; bithidh osna throm aca sin, chionn gun d'fhuirich iad tuilleadh a's fada. Chaidh bean Lot a thionnda 'na carradh Salainn thug e air Esau gul le glaodh àrd fior bhrònach. Thug e air Iudas e féin a chrochadh, seadh, agus bheir e orts a gu'm mallaich thu latha do bhreith, ma chailleas

tu 'n rioghachd, rud a thachras, gu cinnteach, ma's ann mar so a theid thu air t-aghaidh.

*An t-ochdamh feum.* A ris, ma bhios tusa coireach, le bhi ruith co leisg, 's gu'm mill thu, cha'n e mhàin thu féin ach daoine eile, chionn gu bheil thu a' d' fhear aidmheil, nach faic tha gun toir muinntir eile an aire dhut, agus chionn gu'm faic iad gu bheil thu a' d' fhear ruith bochd, fuar, leisg, agus thu ag iarruidh bhi toirt an t-saoghal agus a shòlasan, leat, saoilidh daoine eile gu'm feud iadsan sin a dheanamh mar an ceudna. Seadh, their iad c'ar son nach feud sinne a dheanamh mar a ni esan? Tha esan 'n a fhear aidmheil, ach, gidheadh, tha e gabhail sòlas agus toillinntinn, saibhreas agus buannachd, tha gaol aige air cuideachd dhiomhain, agus fearas-chuideachd; thu e uaibhreach, àrdanach, agus gidheadh, tha e gabhail air gu bheil e dol do neamh, seadh, agus tha e 'g ràdh nach 'eil eagal nach faigh e failte an sin; uime sin, cuma-maid suas ris-an, cha bhi sinne na's miosa na e féin.

O cia eagalach an ni ma bhios tusa coireach, agus 'na d' mheadhon chum muinntir eile a sgrios, le d' thuisleadh ann an slighe na fìreantachd! Gabh beachd air, bidh gu leoir agad ri dheanamh an làthair Dhé ma bheir thu cunntas air t-anam féin, ged nach feumadh tu freagairt air son daoin' eile, chionn nach leigeadh tu leo dol a steach. Cia mar a fhreagras tu na focail sin, "Cha teid sibh féin a steach, agus cha'n fhuiling sibh do'n dream leis am b' àill dol ann." Oir bithidh na focail sin air an coi' lionadh orrasan tha troi' 'n diomhanas g' an cumail féin a mach á neamh, agus daoine eile maraon, le 'n droch eiseimpleir.

*An naoidheamh feum.* Air an aobhar sin their mi nise focal no dhà agus an sin co-dhùnaidh mi.

1. Guidheam oirbh an ainm an Tighearna Iosa Criod nach dean aon agaibh a bhios a ruith gu mall do neamh, bacadh a chur air féin no air muinntir eile. Tha fios agam nam faiceadh an

t-aon is moille tha ruith, neach eile a ruith airson beatha aimsireil, agus e deanamh dearmad cho mor air a shlainte féin 's gum biodh e 'tional riobag chloimhe air taobh an rathaid, no shrabh, no bhioran grod, tha mi 'gràdh nan deanamh e leithid sin, 'n uair bu chòir dha bhi ruith air son a bheatha, nach faigheadh tu coire dha, agus nach faigh thu coire dhut féin 'n uair tha thu deanamh a leithid eile, seadh ni 's miosa na sin, ri moille na d' reis, ged tha t-anam, neamh, glòir agus gach uile ni an cunnart. Thoir an aire, a pheacaich bhochd thruaigh, thoir an aire, agus bi air t-fhaicill.

2. Ma bhios aon 's am bith, an deigh na comhairle so, a deanamh moille air an t-slige gu rioghachd na glòire, bi thusa glic, agus na lean iad. Na foghluim o neach sam bith ni 's faide na leanas e Criosc. "Ag amharc air Iosa, ceannard agus fear criochnaich air creidimh, neach air son an aoibhneis a chuireadh roimhe, a dh' fhuiling an crann-ceusaидh, a' cur na nàire an neo-shuim, agus a shuidh air deis righ-chaireach Dhé." Heb. xii. 2.

Tha mi 'g ràdh, na amhairc air duine sam bith, gu foghlum uaithe ni 's faide na leanas e Criosc. Tha 'n t-abstol Pòl ag ràdh, "Bithibh-sa 'nur luchd-leanmhuinn orm-sa, amhuil mar a ta mise air Criosc." 1 Cor. xi. 1. Bha esan na dhuine urramach, ach bi so a chomhairle nach leanadh neach e ni b' fhaide na leanadh esan Criosc.

*Brosnuchadh.* 'Nis chum gum bi thu air do bhrosnuchadh gu ruith leosan a bhios air thoiseach, thoir an aire dha so. 'Nuair bha Lot agus a bhean a ruith o Shodom mallaichte, chum nam beann, a thearnadh am beatha; tha air innseadh gun do sheall ise na deigh, agus chaithd a tionndadh gu bhi na carradh salainn; agus air son sin chi thu, nach tugadh a cleachda sa, no am breitheanas a thainig oirre air a shon air Lot amharc aon uair na dheigh. 'S iomadh uair a ghabh mi iongantas m' an chuis so; nach tugadh ni 's am bith air Lot sealladh air

ais, eadhon a dh'fhaicinn ciod a thachair dhi. Cha'n eil sinn a leughadh gun do sheall e aon uair air ais; bha a chridhe air a thurus, agus bu mhath dha gun robh; oir bha a' bheinn roimhe, agus an teine 's am pronnusg na dheigh; bha a bheatha an cunnart, agus chailleadh e i nan sealladh e air ais. Dean thusa ruith mar sin; agus 'n uair ruitheas tu, cuimhnich air bean Lot, cuimhnich a bhreitheanas, agus aobhar a' bhreitheanais, agus gun d'rinn Dia eiseimpleir dhi do gach fear ruith leisg gu deireadh an t-saoghail. Thoir thus' an aire nach tuit thu air an doigh cheudna.

Mar brosnuich so thu, cuimhnich.—1. Gur h-e t-anam féin a tha ra thearnadh, no ra chall; cha 'n e m' anam-sa a chailleas tu le d' leisg, ach t-anam féin, do shìth agus do shochair féin, do shochair no do dhochair féin. Nam b'e m'anamsa bha air earbsa riut, shaoilinn gum bu chòir dha sin toirt ort truas a ghabhail dhe; ach, mo thruaighe! is e t-anam féin a th' ann. "Oir ciod an tairbhe do dhuine, ge do chosnadhl e an saoghal gu h-iomlan, agus 'anam a chall?" Marc. viii. 36. Tha pobull Dhé ag iarraidh math do anama dhaoin' eile, agus nach iarr thusa bhi math do t-anam féin? Mar brosnuich so thu, thoir an aire dha so.

2. Ma chailleas tu t-anam, 's ann agad féin a bhios a' choire. Chuir e Cain air deargan a' chuthaich, 'n uair smaointich e nach do sheall e air anam a bhrathar, Abel. Cia is ro mhò a chràidheas e thusa 'n uair a chuimhnicheas tu nach robh cùram ort mu t-anam féin? Agus mar brosnuich so thu gu cabhaig anns a' chuis, smaointich a rìs.

3. Mar dean thu ruith, gu bheil pobull Dhé ullamh gu deanamh riut mar rinn Lot ri 'mhlnaoi; is e sin, t-fhàgail as an deigh. Feudaidh e bhi gu bheil athair, mathair, no brathair agad, a dian ruith do neamh, agus am bi thusa toileach gum biodh tu air t-fhàgail nan deigh? Gu cinnteach cha bhi.

4. Nach biodh e na mhasladh dhuit nam faiceadh

tu na giullain a's na cailleagan 's an dùthaich, is gun robh iad na bu ghlice na thu féin? Theagamh gu bheil seirbhisich aig cuid do dhaoine a bhios ni 's dùrachdaiche air son neamh na bhios am maighstirean. Saoilidh mi air uairibh, gun teid tuilleadh sheirbhiseach no 'mhaighstirean; tuilleadh d' a thuath na a luchd-fearainn do neamh. Agus nach maslach an gnothach sin? Tha mi cinnteach gum bu mhaslach leibh gun abradh 'ur seirbhisich gun robh iadsan ni 's glice ann an nithibh an t-saoghal na sibhse; agus, gidheadh is dana leam a ràdh gu bheil mòran diubh ni's glice na sibhse ann an nithibh an t-saoghal ri teachd. Nithe a tha mòran ni 's cudthromaire.

Uime sin, a pheacaich, gu de their thu ris? C' ait am bheil do chridhe? An dean thu ruith, no nach dean? Am bheil thu toileach tilgeil dhiot? Smaointich air, gu grad, a dhuine, cha'n eil am agad ra chur seachad a nis. Na gabh comhairle o fhuil, no o fheoil. Seall an àird' ri neamh, agus faic cia mar a b'àill leat e; seall, mar an ceudna sios ri ifrinn, (mu am feud thu eolas fhaotainn, mu leughas tu an leabhar agamsa, ris an goirear "*Osnaidhean o ifrinn.*") Leugh e gu cùramach, agus an sin gabh do roghainn. Mar aithne dhuit an rathad, feoraich e o fhocal Dhé. Ma tha cuideachd a dhi ort, glaodh air son Spiorad Dhé. Ma tha misneach a dhi ort, dean greim air na geallanna. Bi cinnteach gun tòisich thu gu moch; faigh a steach air an rathad cheart. Ruidh air t-aghaidh air gu dian, dùrachdach, agus cum ris gus an ceann mu dheireadh. Agus gun deonaich an Tigh-earna turus math dhuit.—*Slan Leat.*

# AN T-SEARMOIN DHEIREANNACH

A RINN

## IAIN BUINIAN.\*

"A bha air an gineamhuin, cha'n ann o fhuil, no o thoil na feòla, no o thoil duine, ach o Dhia."—*Eoin i. 13.*

THA co-cheangal aig na briathraibh so riu-san a tha air thoisearch orra, agus, uime sin, feumaidh mi bhur seòladh d' an ionnsuidh, chum 's gu'n tuig sibh iad gu ceart. Tha iad air an cur sios mar so, —“Thàinig e dh'ionnsuidh a dhùthcha féin, agus cha do ghabh a mhuinnitir féin ris. Ach a mheud as a ghabh ris, thug e dhoibh cumhachd a bhi 'nan cloinn do Dhia, eadhon dhoibh-san a ta creidsinn 'na ainm: A bha air an gineamhuin, cha'n ann o fhuil, no o thoil na feòla, no o thoil duine, ach o Dhia.” Tha dà ni agad, anns na briathran a tha roimhe so.

1. Dhiult cuid d' a mhuinnitir féin gabhail ris, 'n uair a thairg se e féin dhoibh.

2. Bha dream eile d' a mhuinnitir féin a ghabh ris, agus a rinn a bheatha. Iadsan fòs a dhiùltas e, gabhaidh e seachad orra; ach iadsan a ghabhas ris, bheir e dhoibh cumhachd a bhi 'nan cloinn do Dhia. A nis air eagal gu'n amhairc neach air bith air an ni so mar dheadh chrannchur no mar ni àgh-mhor, ars' esan, “Bha iad air an gineamhuin, cha'n ann o fhuil, no o thoil na feòla, no o thoil duine, ach o Dhia.” Ach iadsan nach do ghabh ris, cha robh iad ach air am breith a mhàin o fhuil agus o fheòil; ach iadsan a ghabhas ris bithidh Dia 'na athair dhoibh, agus gabhaidh iad ri teagast Chriosd le dian thogradh.

'S a' cheud àite. Leigidh mi ris duibh ciod a

\* "Preached August 19, 1688." This was only twelve days before Bunyan's death.

tha e ciallachadh le fuil. Bha iadsan a ta creidsinn air am breith chum an ni sin, mar a ta oighre air a bhreith chum oighreachd; mar sin a ta iadsan air am breith o Dhia, 's cha'n ann o fheòil no o thoil duine, ach o Dhia; cha'n ann o fhuil, is e sin, cha'n ann a thaobh ginealaich; cha'n 'eil mi air mo bhreith a thaobh na feòla chum rioghachd neamh; cha'n ann do bhrìgh 's gur mac mi do dhuine no do mhnaoi dhiadhaidh; tha sin a ciallachadh o fhuil, "Rinn e dh' aon fhuil uile chinnich dhaoine," Gniomh. xvii. 26. Ach 'n uair a tha e 'g ràdh an so, "Cha'n ann o fhuil," tha e diùltadh gach uile shochair fheòlmhor as an d' rinn iad uaill. Rinn iad uaill gu'm b' ann do shliochd Abrahaim iad. Ni h-eadh, ni h-eadh, ars' esan, cha'n ann o fhuil: na smaointichibh a ràdh, gu bheil Abraham na athair agaibh; oir feumaidh sibh a bhi air 'ur gineamhuin o Dhia, mu'n teid sibh do rioghachd neamh.

*'S an dara àite. "No o thoil na feola."* Ciod a dh'fheumas sinne bhi tuigsinn o'n ni sin?

Tha so air a ghabhail air son nan dian thograidhean sin a ta anns an duine chum gach uile chleachdadh mi-stuama, a ta sàsuchadh ana-mianna na feòla. Ach cha'n fheud sin a bhi air a thuigsinn mar sin an so; feumar a thuigsinn an so anns an t-seadh is fèarr; cha'n 'eil daoine air an deanamh 'nan cloinn do Dhia le bhi toileachadh an ana-mianna fén. Cha'n e a mhàin gu bheil ann an daoine feòlmhor toil gu bhi truaillidh, ach tha toil annta gu bhi air an saoradh mar an ceudna, agus fòs toil gu dol do neamh: Ach cha dean so an gnothuch, cha bhi sochair air bith ann do dhuine anns na nithibh a bhuineas do rioghachd Dhé. Cha chonnsachadh a dhearbas gu'n teid neach do neamh 'n uair a gheibh e bàs, iarrtais nadura bhi aige an deigh nithibh an t-saoghal eile; cha 'n fhear saor-thoil mi, is fuath leam sin, gidheadh tha 'n neach is miosa, a' miannachadh uair no uair-eigin a bhi air

a thearnadh ; feudaidh e bhi air uairibh gu'n leugh e, agus gu'n dean e ùrnuigh, ach cha dean e gnothuch. "Uime sin cha'n ann o'n ti leis an àill, no o'n ti a ruitheas, ach o Dhia a ni tròcair." Feudaidh toil agus ruith a bhi ann as eugmhais feum air bith. "Ach cha no rainig Israel, a bha leantuinn lagha na fireantachd, air lagh na fireantachd, Rom. ix. 16, 31. Cha'n 'eil so ra thuigsinn, mar gu'm biodh an t-Abstol ag àicheadh gu'm b' e caithe-beatha beusach an rathad do neamh, ach nach ruig neach as eugmhais gràis, ge d' a robh gibhtean nàdurra aige air an t-sochair sin dol do neamh, agus a bhi 'na mhac do Dhia. Ge d' a dh'fheudas toil a bhi aig neach gu'n ghràs a bhi air a shaoradh, gidheadh cha'n urrainn e an toil sin a bhi aige ann an slighe Dhé ; cha'n aithne do nàdur ni air bith ach na nithe a bhuineas do nàdur ; cha'n aithne do neach air bith nithe Dhé, ach le Spiorad Dhé ; mur bi Spiorad Dhé annad, fagaidh e thu air an taobh so do gheatacha nan neamhan : "Cha'n ann o fhuil, no o thoil duine, ach o Dhia." Math a dh'fheudte gu'r e toil agus miann cuid gu'm biodh Ishmael air a thearnadh, ach biodh f'hios agad air so, cha saor sin do leanabh. Nam faighinn-sa gu'm thoil e, b' e mo mhiann gu'n rachadh sibh uile do neamh. Nach lionmhor iad anns an t-saoghal, a tha 'g ùrnuigh air son an cloinne, agus a ta glaodhaich agus ullamh gu bàsachadh air an son, agus cha dean sin an gnothuch ? Is e toil Dhé tha riaghadh nan uile nithe ; is ann a mhàin tre Iosa Criosc, "a bha air a ghineamhuin, cha'n ann o thoil na feòla, no o thoil duine, ach o Dhia," a shaorar sinn. Thig mi nis chum an teagaisg.

An dream a ta creidsinn ann an Criosc, 's a tha gabhail ris gu h-eifeachdach, tha iad air am breith da ionnsuidh : cha'n 'eil e 'g ràdh bithidh iad air am breith da ionnsuidh, ach tha iad air am breith da ionnsuidh ; air am breith o Dhia, do Dhia, agus do nithe Dhé, mù'n gabh iad ri Dia chum slàinte

shiorruidh. “ Mur beirear duine a rìs, nach feul e rioghachd Dhé fhaicinn ?” A nis mur bi e air a bhreith o Dhia cha’n fheud e a rioghachd fhaicinn. Ciod air bith ris an samhlaich thu rioghachd Dhé, cha’n urrainn e ’fhaicinn as eugmhais a bhi air a bhreith o Dhia; ged a b’ e an soisgeul rioghachd Dhé, cha’n urrainn e ’fhaicinn gus am bi e air a thoirt gu staid na h-ath-ghineamhuin ; oir ’s e bhi creidsinn toradh na nuadh-bhreith ; “ Cha’n ann o fhuil, no o thoil duine, ach o Dhia.”

1. Bheir mi cunntas soilleir dhuibh mu’n nuadh-bhreith fo shamhladh no dhà. Tha leanabh mu ’m bheil e air a bhreith chum an t-saoghal, ann am priosan dorcha am broinn a mhathar ; mar sin tha leanabh Dhé, ann am priosan dorcha a’ pheacaidh mu ’m bheil e air a bhreith a rìs, cha’n ’eil e faicinn ni air bith do rioghachd Dhé, uime sin, tha nuadh-bhreith air a ghairm dheth ; tha gràdh aig an anam ann an staid fheolmhoir air aon doigh, ach tha gràdh aig a’ cheart anam air doigh eile ’n uair a tha e air a bhreith a rìs.

2. Air dha bhi air a shamhlachadh ri breith, ’s air a choimeas ri breith leinibh á broinn a mhathar, mar sin tha e air a choimeas ri neach a bhiodh air a thogail as an uaigh ; agus e bhi air a bhreith a rìs, ’n uair a bhios neach air a thogail á uaigh a’ pheacaidh. “ Mosgail, thusa a tha d’ chodal, agus eirich o na marbhaibh, agus bheir Criod solus duit.” ’S e bhi air ’ur togail o uaigh a’ pheacaidh, a bhi air ’ur gineamhuin, agus air ’ur breith : An so tha cunntas oirdheirc againn mu Chriosd, “ ’S esan an ceud-ghin o na marbhaibh, Taisb. i. 5. tha sin a ciallachadh ar n-ath-ghineamhuin ; is e sin, ma tha sibh air ’ur breith a rìs, agus ag iarraidh na nithe sin a ta shuas, an sin tha co-shamhladh aig aiseirigh Chriosd ri ’ur nuadh-bhreith-sa, ’n uair a ta sibh air ’ur ’n aiseig a mach o dhorchadas an t-saoghal so, agus air ’ur ’n atharrachadh à rioghachd dhorcha staid nàduir, chum rioghachd Mic a ghràidh,

agus chum nuadhachd beatha; 's e so a bhi air 'ur breith a rìs; agus an ti a ta air a bhreith o bhroinn a mhathar, tre chuideachadh a mhàthar; mar sin tha 'n ti a ta air a ghineamhuin o Dhia, oir is ann le Spiorad Dhé a tha e air a ghineamhuin. Feumaidh mi beagan do thoraidhean na h-ath-bhreith innseadh dhuibh.

1. Tha fios agaibh co luath 's a thig leanabh chum an t-saoghail, gu'r tric leis dol a chaoineadh; oir ma bhios e sàmhach, their iad tha e marbh: sibhse tha air 'ur breith o Dhia, agus a tha 'n 'ur criosduidhean, mur 'eil sibh n-ar luchd glaodhaich, cha'n 'eil beatha spioradail annaibh, ma tha sibh air 'ur breith o Dhia 's dream sibh a bhios a glaodhaich; co luath 's a bheir e mach sibh à priosan dorcha a' pheacaidh, cha'n urrainn sibh gu'n eigheach ri Dia, ciod a ni mi chum 's gu'm bi mi air mo thearnadh? Co luath 's a bhuin Dia ri fear coimhead a' phriosain ghlaodh e a mach, "Fhearaibh agus a bhràithrean, ciod a ni mi a chum a bhi air mo thèarnadh? Oh! cia lionmhor luchd-aidmheil gu'n ùrnuigh ann an Lunnuinn, nach d' rinn ùrnuigh riamh? Cha leig tighean-osda leibh ùrnuigh a' dheanamh, cha leig marsantachd leibh ùrnuigh a' dheanamh, cha leig sgàthain dhuibh ùrnuigh a' dheanamh; ach nam biodh sibh air ar breith o Dhia, dheanadh sibh ùrnuigh.

2. Cha 'n e mhàin gu bheil e nàdurra do leanabh a bhi caoineadh, ach feumaidh e chìoch fhaotainn; cha'n urrainn e bhi beo as eugmhais na cìche, uime sin tha Peadar a deanamh fior dheuchainn leinibh air ùr-bhreith do ni so; Tha an naoidhean air ùr-bhreith ag iarraidh bainne fior-ghlan an fhocail, chum gu fàs e leis. Ma tha thusa air do bhreith o Dhia, taisbean e le bhi 'g iarraidhciocha Dhé: Am bheil fadal ort air son bainne nan geallaidhean? Tha neach beò air aon rathad, 'n uair a tha e 's an t-saoghal, ach air rathad eile, 'n uair tha e air a thoirt chum Iosa Criod. "Deothailidh iad agus bithidh iad sàsuichte;" ma tha sibh air ur breith

a rìs, cha'n 'eil ni 'sam bith a shàsuicheas sibh gu's am faigh sibh bainne o fhocal Dhe d' ur n-anaim-aibh, "A chum gu'n deothail sibh, agus gu'm bi sibh sàsuichte le ciochaibh a shòlais," Isa. lxvi. 11. O ciod is fiu gealladh do dhuine feolmhor; theagamh gu bheil tigh strìopachais ni's mìlse leis; ach ma tha sibh air ur n-ath-bhreith, cha'n urrainn sibh bhi beò as eugmhais bainne focail Dhé. Ciod is fiù ciochan mnatha do each? Ach ciod iad ciochan mnatha do leanabh? Is iad sin a shòlas a latha agus a dh' oidhche, is iad sin 'fhurtachd gach oidhche agus latha; O cia neo-thoilichte' bhiodh e nan rachadh an toirt uaith; cha'n 'eil ach diomhanas ars' an duine feolmhor a bhi smaointeachadh air nithibh neamhaidh, ach tha iad 'nan co-fhurtachd do leanabh Dhé.

3. Mur faigh leanabh air ùr-bhreith, tuilleadh co-fhurtachd gu' chumail blàth, na bha aige ann am broinn a mhàthar, gheibh e bàs; feumaidh e ni-eigin fhaotainn chum a neartachadh; mar sin dh' ullaicheadh brat-speilidh air son Chriosd; uime sin feumaidh iadsan a ta air an ath-bhreith, gealladh air ni-eigin fhaotainn o Chriosd chum an cumail beò; iadsan a tha ann an staid fheolmhoir, tha iad 'g am blàthachadh féin le nithibh eile, ach iadsan a ta air an ath-bhreith cha'n urrainn iad a bhi beò as eugmhais geallaidh o Chriosd chum an cumail beò; mar rinn e ris an naoidhean bhochd an Eseciel xvi. "Sgeudaich mi thu fòs le h-obair ghréise;" nach breagha na nithibh a dh' ulluicheas mnathan air son an cloinne. Ach O nach breagha na sin, na nithibh a dh' ulluich Chriosd chum na h-uile a ta air an ath-bhreith a phasgadh ann! O nach iad sin na brait-speilidh òir a dh' ulluich Chriosd air son gach neach a ta air a bhreith a rìs! Feudaidh mnathan an clann uidheamachadh, chum gu'm faic muinntir eile co breagha 's a bhios iad; mar sin rinneadh air-san ann an Eseciel xvi. 11, "Rinn mi sgiamhach thu mar an ceudna le h-usgraichibh,

agus chuir mi làmh-fhailean air do làmhan, agus slabhruidh mu d' mhuineal. Agus chuir mi seud riomhach air t-eudan, agus cluais-fhainneachan ann ad chluasaibh, agus crùn maiseach air do cheann," agus, ars' esan, anns an 13 rann, "agus dh' fhàs thu suas gu bhi a' d' rioghachd." Cha'n 'eil so a ciallachadh ni 's an t-saoghal ach fireantachd Chriosd, agus gràsan an spioraid, 's feumaidh e bhi air a chòmhach le fireantachd oirdheirc Iosa Criod, ni as eugmhais nach urrainn naoidhean air ùr-bhreith a bhì beò.

4. 'Nuair a tha leanabh ann an uchd a mhathar, tha mòr thlachd aice ann a bhi deanamh nan nithibh sin is mo bheir a shòlas dha, is amhuil a tha aig Dia d'a chloinn, cumaiddh e air a ghlun iad. "A chum gu'n deothail iad, agus gu'm bi iad air an sàsachadh le ciòchaibh a shòlais. Mar neach do'n tabhair a mhàthair comhfhurtachd, mar sin bheir mise comhfhurtachd dhuibhse, Isa. lxvi. 11. 13. Tha cosmhàchd anns na nithibh so nach tuig neach 'sam bith, ach an dream a tha air an ath-bhreith.

5. Tha, mar is trice, ni-eigin do chosmhàchd eadar an t-athair agus an leanabh ; feudaidh e bhi gu'n amhairec an leanabh coltach ra athair ; mar sin tha coltas nuadh orrasan a tha air an ath-bhreith, tha iomhaigh Iosa Criod orra, Galat. iv. Gach neach a tha air am breith o Dhia, tha ni-eigin do choltas neamhaidh orra. Gu math tric tha barrachd tlachd aig muinntir do'n chloinn sin is coltaiche riu féin ; mar sin tha mòr thlachd aig Dia do'n chloinn is coltaiche ris féin ; uime sin goirear clann Dhé riubh : ach iadsan nach 'eil coltach ri Dia, goirear Sodomich dhiubh. Tha Criod a' cur an céill co iad clann an diabhuil air an cruitheachd, oir 's e oibre tha chlann-san a deanamh. Is iad oibre an diabhuil, gach uile obair ain-diadhaidh ; ma tha sibh talmhaidh, tha sibh a giùlan na h-ionmaigh talmhaidh ; ma tha sibh nèamhaidh, tha sibh a giùlan na h-ionmaigh nèamhaidh.

6. 'Nuair a tha leanabh aig neach, tha e ga theagast mar is àill leis féin, 's 'ga fhòghlum air cleachdadadh tighe athar; amhuil a ni iadsan a ta air am breith o Dhia, dh'f hòghluim iad cleachdadadh fior eaglais Dhé; an sin dh'f hòghluim iad a' ràdh, *M' athair, agus mo Dhia*; tha iad air an àrach ann an tigh Dhé, tha iad ag ionnsachadh riaghaitt agus cleachdadadh tighe Dhé, chum a bhi mar riaghaitt beatha dhoibh anns an t-saoghal so.

7. Tha e nàdura do chloinn a bhi 'g earbsa ri 'n athair air son gach uireasbhuidh a bhios orra; ma bhios paidhir bhròg a dhìth orra, innsidh iad dha e; ma tha iad a dh' easbhuidh arain, innsidh iad dha e; mar sin bu chòir do chlann Dé a' dheanamh. Am bheil sibh a dh' easbhuidh arain spioradail? imichibh 's innsibh do Dhia e. Am bheil neart gràis a dhìth oirbh? iarraibh o Dhia e. Am bheil sibh gu'n neart an aghaidh buairidhean Shàtain? rachaibh 's innsibh do Dhia e. 'N uair a bhuaireas an diabhul sibh, ruithibh dhachaidh agus innisibh do 'ur n-Athair neamhaidh e; imichibh agus doirtibh a mach bhur gearain ri Dia. Tha e nàdura do chloinn, ma ni neach air bith eucoir orra, gu'n innis iad d' an athair e; amhuil a ni iadsan tha air am breith o Dhia, 'n uair a thig buairidhean 'nan caramh, innsidh iad do Dhia mu'n timchioll.

*An ceud fheum,* Geur-rannsaichibh co dhiù 'tha sibh air 'ur breith o Dhia no nach 'eil. Ceasnaichibh leis na nithe a chuir mi sios roi' so, mu leanabh nàdura, agus mu leanabh gràis. Am bheil thu air do thoirt a mach á priosan dorcha an t-saoghal so chum Chriosd? An d' fhòghluim thu, *m' Athair*, a ghairm? "An sin thubhairt mi, Goiridh tu riumsa, *M' athair*," Ierem. iii. 19. Is luchd glaoch-aich uile chlann Dhé. An urrainn duibh a bhi sàmhach mur faigh sibh làn-brù do bhainne focail Dhé? An urrainn duibh a bhi toilichte, as eug-mhais a bhi ann an sìth ri Dia? Guidheam oirbh

smaointeachadh air so, agus a bhi dùrachdach ann-aibh féin: mur 'eil na comharan so oirbh, thig sibh gàrr air rioghachd Dhé, 's cha bhi cuid no páirt gu bràth agaibh innte; cha téid aon sgimileir an sin. Their iad, "A Thighearna, a Thighearna, fosgail dhuinne: agus their esan, cha'n aithne dhomh sibh," Cha leanabh le Dia thu, cha shealbhaich thu 'n oighreachd nèamhaidh. Bheir sinn air uairibh ni-éigin dhoibh-san nach 'eil nan cloinn duinn, ach cha toir sinn ar fearann doibh. O na meallaibh sibh féin le duil ri cuibhrionn fhaotainn a' measg nam mac; mur bi 'ur caithe-beatha coltach ris na mic. Tha e na ni mi-chiatach, mac Righ fhaicinn a' cluiche maille ri mac dìol-déirce; mar sin ma 's clann Righ sibh, caithibh 'ur beatha mar chlann Righ; ma dh' éirich sibh maille ri Criod, suidhichibh 'ur 'n-aigneann air na nithibh a ta shuas, agus ni h-ann air na nithibh a ta bhos: 'n uair a thig sibh an ceann a cheile, labhraibh air na nithibh a gheall 'ur n-Athair dhuibh; bu chòir dhuibh uile gràdh a thoirt do thoil 'ur n-Athar, agus a bhi toilichte leis gach deuchainn a chomhluicheas ruibh anns an t-saoghal; ma 's sibh clann Dhé, caithibh 'ur beatha maille ra cheile ann an gràdh; ma bheir an saoghal fuath dhuibh, cha dean sin coire sam bith oirbh; ach tha e na ni brònach ma bhios fuath aig aon agaibh féin d' a chéile; ma bhios so 'n 'ur measg is comhara e air droch oilein, cha'n 'eil e reir nan riaghailtean a ta agaibh ann am focal Dhé. Am bheil thu faicinn anam anns am bheil iomhaigh Dhé? Ma tha gràdhaich e, gràdhaich e; abair, feumaidh an neach so agus mise dol lath'-éigin do neamh; deanaibh seirbhis d' a chéile, deanaibh math d' a chéile; agus ma ni neach air bith eucoir oirbh, deanaibh urnuigh ri Dia ar cur ceart, agus gràdhaichibh na bràithrean.

*'S an àite mu dheireadh.* Ma's clann do Dhia sibh fòglumaibh an leasan sin, crioslaichibh leas-ruidh bhur n-inntinn mar chloinn umhal, gu'n a

bhi 'gar co-chumadh féin ris a' chaithe-beatha bha agaibh roimhe, ach bithibhse naoinha ann bhur n-uile chaithe-beatha; thugaibh fainear gu'r e'n Dia naomh is athair dhuibh, agus cuireadh so thuige sibh chum bhur beatha chaitheadh mar chloinn Dé, chum gu'n amhaire sibh an gnùis 'ur n'athar le sòlas air latha eile.

---

## CAINNT BAIS MHR. BUINIAN.

**MU PHEACADH.**—'S e am peacadh a' chlach thuislidh mhòr a ta bacadh ar sonais; 's e tha toirt gach truaighe air an duine, araon a nis agus a rithist; thoir air falbh am peacadh, agus cha'n urrainn ni sam bith cràdh a chur oirnn: oir 's e am bàs aimsireil, spioradail, agus siorruidh is duais do'n pheacadh.

'S e am peacadh, agus an duine an tòir air a pheacadh aobhar corruiich Dhé: uime sin nach uamhasach cor an neach a bhuanachaean anns a' pheacadh? Oir co 's urrainn fearg Dhé a ghiùlan, na co 's urrainn gleachd na aghaidh?

Cha'n urrainn peacadh sam bith an aghaidh Dhé bhi beag, do bhrìgh gu bheil e 'n aghaidh Dia mòr nèamh agus na talmhuinn; ach ma's urrainn am peacach Dia beag fhaotainn a mach, tha e furasda gu leòir a bhi faotainn peacaidhean beaga' mach.

Tha 'm peacadh a tionndadh uile ghràs Dhé gu macnus: tha e toirt dùbhlann d' a cheartas, a truailleadh a thocair, a fanoid air 'fhoighidinn, a cur a chumhachd am beag suim, agus a' deanamh tar cuiis air a ghràdh.

Thoir an aire nach gabh thu do dhànadair ort séin aon pheacadh a chur an gniomh, oir treòraichaidh sin thu chum aon eile, gus an tig e le droch cleachdadhbh gu bhi làdura. 'S e tùiseachadh air a'

pheacadh an doigh air bunait a leagail gu buanachadh ann, 's e am buanachadh so is mathair do chleachadh, agus ma dheireadh 's e ladurnas a thoradh.

'S e bàs Chriosd is fèarr a tha nochdadhdh dhuinn umain féin, agus an staid anns an robh sinn 'n uair nach robh ni sam bith eile ann a' dheananmh cuid-eachadh leinn ach esan. Agus 's ann ann-san is soilleire a chi sinn sealladh air nàdur eagalach a' pheacaidh: Oir ma tha 'm peacadh na ni co uamhasach 's gu'n d' fhàisg e cridhe Mhic Dhé, cionnus is urrainn peacach bochd truagh a ghiùlan?

*Mu dhoilghios.* Cha dean ni sam bith doilghios co do-ghiùlan ri eallach a' pheacaidh: uime sin ma's àill leat a bhi air t-uidheamachadh air chionn na trioblaid? Bi cinnteach gu'm faigh thu eallach a' pheacaidh a thilgeil dhiot, agus an sin ciod air bith trioblaid ris an còmhlúich thu bith i so-iomchar dhuit.

Mur urrainn thu éisdeachd ris an t-slait, agus an trioblaid sin a leag Dia ort a ghiùlan, cuimhnich an leasan so: tha thu air do bhualadh chum do dheananmh ni's fèarr.

Is i 'n trioblaid an sùiste tha 'n Tighearna cleachdach, chum am moll a sgaradh o'n chruthneachd.

'S i sgoil na croise sgoil an t-soluis, leis am faic sinn diomhanas, truailleachd, agus aingidheachd an t-saoghail so, agus a's i is mò leigeas ris duinn do inntinn an Tighearna: Thig solus spioradail a mach á trioblaid dhorcha.

'S ann an àm trioblaid is trice chòmhluicheas sinn ris na féin-fhiosrachaidh is milse do ghràdh Dhé.

Nam b' e 's gu'n cuireamaid cùl le'r 'n uilc chridhe ri toilinntinn an t-saoghail so, cha bhiodh mòran iomagain oirnn air son ar trioblaidean: 'S e sin a ta fàgail staid thrioblaideach iomadh neach co do-ghiùlan, do bhrigh gu bheil iad ro-dhéidheil air toilinntinnean na beatha, so, agus mar sin cha'n urrainn iad an ni sin fhulang a ni eadar-dhealachadh eatorra.

*Mu aithreachas agus teachd gu Criod.* 'S e ar peacaidh fhoillseachadh is crioch do'n trioblaid, agus 's e ar toirt chum Slànuighear is crioch do'n fhoillseachadh sin: Uime sin pilleamaid d'a ionnsuidh-san mar rinn am "mac stròghail," agus gheibh sinn fois, agus suaimhneas.

Ged a robh am peacach aithreachail roimhe so co olc ris na daoine 's miosa, feudaidh e tre ghràs fàs co math ris na daoine 's feàrr.

'S e fior aithreachas air son peacaidh, neach a bhi duilich gu'n do chuir e campar air Dia, cha'n ann air son gu bheil corruiich aige ruinn, ach air son gur sinn féin a chuir fearg air.

Eiridh e ann am breitheanas a t-aghaidh co tric 's a rúnaich thu aithreachas a ghabhail, agus mar a rinn thu dearmad air na dleasdanais ann an rathad tearnaidh t-anama. Tha aithreachas a giùlan maille ris snas-labhairt diadhaidh, agus a' cur impidh air Criod maitheanas a thoirt air son lionmhoireachd do pheacaidhean, a chaidh a chur an gniomh 'na aghaidh.

Na abair annad féin, gabhaidh mi aithreachas am màireach, oir is e do dhleasdanas a dheanamh gach latha.

Is e soisgeul nan gràs agus na slàinte, os ceann gach uile theagascg is ro chunnartaiche, ma ghabhar am focal a mhàin e le daoine gu'n ghràs; mur feith iad air 's mur bi mothachadh aca air am feum air Slànuighear, agus mur toir e iad da n-ionnsuidh féin. Oir an dream aig am bheil ni-éigin do eòlas an t-soisgeil 'nan cinn, 's iad is so thruaighe do na h-uile dhaoine, do bhrigh gur aithne dhoibh barr-achd air na cinnich, 's e so a mhain is cuibhrionn doibh os-bàrr gu'm buailear iad le buillean ni 's truime.

*Mu ùrnuigh.* Mu'n tòisich thu ri ùrnuigh, scor-ach do t-anam na ceistean so. Ciol a' chiuch, **O** anam, a thug air leth thu do'n àite so? An tàinig thu labhairt ris an Tighearna ann an ùrnuigh?

Am bheil e làthair leat, an éisd e riut? Am bheil e tròcaireach, an cuidich e leat? An gnothuch faoin a ta agad ris, nach ann mu shonas t-anama tha e? Ciod na briathran a chleachdas tu chum a għluasad gu bhi truacanta?

Chum t-ullachadh a dheanamh iomlan, thoir fainear nach 'eil annad ach duslach agus luathre, agus gur esan an Dia mòr, Athair ar Tighearna Iosa Criod, a tha 'ga sgeudachadh féin le solus mar le trusgan.

Gu bheil thus' a' d' pheacach gràineil, agus esan na Dha naomh, 's nach 'eil annads' ach cnuimh bhochd, dhiblidh, agus gur h-esan an Cruithear Uile-chumhachdach.

Ann a t-uile urnuighean na di-chuimhnich buidheachas a thoirt do Dhia air son a thròcraig.

'N uair a ni thu ùrnuigh, gu ma fearr leat do chridhe bhi gu'n bhriathran, na do bhriathran a bhi gu'n chridhe.

Bheir ùrnuigh air neach sgur do'n pheacadh, air neo buairidh am pheacadh e gu sgur do urnuigh.

Tha spiorad na h-urnuigh ni 's luachmhoire na miltean oir agus airgid.

Bi 'g ùrnuigh gu tric, oir tha ùrnuigh 'na sgiath do'n anam, 'na h-iobairt do Dhia, agus 'na sgiursday do Shàtan.

*Mu latha an Tighearna, &c.* Biode curam àraidih ort mu latha 'n Tighearna a naomhachadh; oir 's ann a réir mar a choimheadas tu latha na Sàbaid a shoirbhicheas leat fad na seachduin.

Dean latha 'n Tighearna na latha margaidh do t-anam; caith an latha gu h-ionlan ann an ùrnuigh, an eisdeachd, am meòrachadh, agus a' beachd-smaointeachadh; tilg a leth taoblh gnothuichean na cuid eile do'n t-seachduin; biode an t-searmoing a chual' thu air a tionndadh gu h-urnuigh: An ceadaich Dia dhuitse sèa laithean, agus nach toir thusa aon latha dhàsan?

Thoir an aire gu'm bi thu cùramach chum seir-

bhis a' dheanamh do Dhia anns an Eaglais; oir 's ann fa chomhair suilean Dhé tha thu, agus cha'n ann fa chomhair suilean duine.

Feudaidh tu bhi 'g eisdeachd shearimoinean gu tric, agus deanamh gu math le bhi cur an cleachdadadh an ni' chluinneas tu; ach na biodh dùil agad gu'n innsear dhuit o'n chrannaig na h-uile nithe bu chòir dhuit a dheanamh; ach bi dichiollach a leughadh nan sgriobtuirean, agus leabhraichean matha eile: theagamh gu'n leig thu air di-chuimhn' an ni chluinneas tu, ach 's e 'n ni a leughas tu is dòcha leantuinn riut.

Na cuir cul ri aoradh follaiseach an Tighearna, air eagal gu'n cuir Dia cùl riutsa, cha'n e 'mhàin gu follaiseach, ach an uaigneas.

Air làithibh na seachduin, 'n uair a dh'éireas tu 's a' mhaduinn, smaointich, I. Feumaidh tu bàsachadh; 2. Feudaidh tu bàsachadh air a' mhionaid; 3. Ciod a thig ri t-anam. Dean ùrnuigh gu tric. Agus anns an fheasgar, smaointich, 1. Ciod na peacaidhean a chuir thu 'n gniomh an diugh. 2. Ciallon ùrnuigh a rinn thu. 3. Ciod air an robh t-inntinn suidhichte. 4. Ciod a' bha thu deanamh. 5. Ciod bu chòmhradh dhuit. 6. Ma ghairmeas tu gu d'chuimhne peacaidhean an latha, na coidil gu'n aidmheil a' dheanamh do Dhia, agus gu'n dòchas ri maitheanas fhaotainn. Mar so dean suas do chunntas do Dhia uile-chumhachdach gach madainn agus feasgar, chum 's gu'm bi do chunntas ni's lugh aig a' cheann ma dheireadh.

*Mu ghràdh an t-saoghail.* Cha'n 'eil ni sam bith is mó bhacas anam gu tighinn gu Criod, na gràdh diomhain an t-saoghail, agus gus am bi anam air fhuasgladh uaith, cha tig an latha bhios fior ghràdh aige do Dhia.

Ciod e onair agus saoibhreas an t-saoghail so, ann an coimeas ri glòir crùn na beatha?

Na gràdhaich an saoghal, oir is leòman e ann am beatha Crioduidh. 'S e tàir a' dheanamh air an

t-saoghal, an doigh air neamh a mhealtuinn, agus is beannaichte iadsan a ta gabhail tlachd a bhi còmhchradh ri Dia ann an ùrnuigh.

Ciod an amaideachd is mò na bhi saothreachadh air son a' bhidh a theid am mugha, agus a bhi deanamh dearmad do lòn na beatha siorruidh?

Feumaidh Dia no'n saoghal a bhi air a dhearmad an àm an dealachaidh, oir is e sin àm na deuchainn.

A bhi 'g a t-iarraidh féin anns an t-saoghal so, 's e sin a bhi caillte: agus a bhi air t-irioslachadh, 's e sin a bhi air t-àrdachadh. 'S beag a ta fios aig a gheocaire tha gabhail tlachd ann an nithibh taitneach an t-saoghail so, gu'n toir na ceart nithibh sin fianuis na aghaidh air an latha ma dheireadh.

*Mu fhulangas.* Cha'n e gach uile fhulangas a ni neach na mhatarach, ach a bhi fulang air son focal Dhé air doigh cheart; is e sin, cha'n e a mhàin air son fireantachd, ach air sgàth fireantachd; cha'n e a mhàin air son na fìrinn, ach o ghràdh do 'n fhìrinn; cha'n e a mhàin air son focal Dhé, ach a reir focal Dhé: anns an doigh naomh, iriosal, agus chiùin, mar tha focal Dhé ag iarruidh.

Tha e 'na ni ainmic a bhi fulang gu ceart, agus an àm fulang mo spiorad a bhi suidhichte an aghaidh namhaid Dhe, am peacadh, peacadh ann an teagastg, peacadh ann an aoradh, peacadh ann an caithe-beatha, agus peacadh ann an cainnt.

Cha'n urrainn an diabhlul, no daoine an t-saoghail t-fhireantachd, na do ghràdh do fhìreantachd a mharbhadh, ach le d' làimh féin; cha mhò is urrainn iad dealachadh a chur eadar thu féin agus t-ionracas an aghaidh do thoil féin. Ni mò 's urrainn an neach a ta fulang air son ionracais, na gràdh do ionracas, a bhi air a bhuaireadh gu malairt a dheanamh air son deadh-ghean an t-saoghail uile. 'S tric a bha mi smaointeachadh gu'm faighear na Crioduidhean is fèarr anns an h-àmanaiibh is miosa. Agus bha mi smaointeachadh a rìs, gur e aon aobhar air son nach 'eil sinn ni 's fèarr, do bhrigh

nach 'eil Dia 'gar glanadh leis a' ghuit. Cò bu naomha na Noah agus Lot 'an àm an airc! Ach cò bu saor-lamhaiche na iad 'an àm an soirbheachaidh?

*Mu'n bhàs agus breitheanas.* Tha'n diabhal a gnàthachadh gach meadhon a tha na chomas, chum gach ni math a chumail as a chridhe, mar tha bhi smaointeachadh a bhi fàgail an t-saoghal so, 's a dol a chum saoghal eile; oir tha fios aig Sàtan ma 's urrainn e smaointeán cudthromach mu'n bhàs a chumail as ar cridhe, gur h-ann is usadh dha ar cumail ann ar peacaidhean.

Cha'n 'eil ni sam bith a' bheir oirnn ar slàinte shiorruidh oibreachadh a mach le barrachd dùrachd, na bhi tric a meòrachadh air a' bhàs; cha'n 'eil ni sam bith a's fèarr chum ar cridhe aomadh o dhiomhanas, agus a bhi gintinn annainn iarrtuis air son naomhachd.

O pheacaich! ciod an truaighe anns an tuit thu 'n uair a dh'fhàgas tu 'n saoghal so; ma dh'fhàgas tu e neo-iompaichte, b'fhèarr dhuit gu'n deachaidh do thachdad 'n uair a rugadh tu; b' fhèarr dhuit gu'n deachaidh do spionadh as a chéile; b' fhèarr dhuit gu'n robh thu a' d' chù, a' d' losgunn, no a' d' nathair-nimhe, na bàsachadh neo-iompaichte; agus chi thu gu'm bi so fior mur gabh thu aithreachas.

Bhiodh neach air a mheas na amadan na'n deanadh e tàir air a bhreitheamh roimh 'n robh e gu bhi air fheuchainn air son an iomlain da' mhaoin. Tha'n deuchainn air son am feum sinne seasamh fa chomhair Dhé mòran ni's cudthromaire, oir bithidh i mu thimchioll ar sonais na ar truaighe siorruidh; agus am bheil sinne co dàna 's gu'n dean sinn dimeas air. 'S e'n aon doigh dhuinne chum dol as o'n bhreitheanas uamhasach sin, a bhi toirt a mach gu tric binn dìtidh oirnn féin anns an t-saoghal so.

'N uair a' chluinnear fùaim na trompaide a bheir rabhadh do na mairbh taisbeanadh fa chomhair cathair-breitheanais Dhé ni na fireanaich cabhag

a mach as an uaighean chum am Fear-Saoraidh a chòmhluachadh anns na neoil; glaodhaich dream eile ris na cnuic agus ris na beanntaibh tuiteam orra, chum an còmhdaidh o ghnùis am Breitheimh. Uime sin, rannsuicheamaid ann an àm, cò do'n dithist leis am bi sinne.

*Mu aoibhneas nèamh.* Cha'n 'eil ni math sam bith anns a' bheatha so, nach 'eil air a mheasgadh le truailleachd: tha onair na h-ioma-cheist, tha beairteas na thrioblaid, agus leir-sgriosaidh toilinn-tinnean slàinte. Ach ann an nèamh gheibh sinn beannachdan ro fhior-ghlan, gu'n ni sam bith 'g an deanamh searbh, ach na h-uile nithe 'g an deanamh milis.

O ! cò tha comasach air a bhi tuigsinn an aoibh-neis do-labhairt 's do-smaointeachaidh a tha 'n sud ? Cha'n 'eil aon ach iadsan a bhlais diubh. A Thigh-earna, cuidich leinn a leithid a luach a chur orra 'n so, chum gu'm bi sinn 'g ar deanamh fèin deas air an son, agus a bhi toileach dealachadh ris gach toilinntinn mhealltach a th' ann 's a' bheatha so.

Cia mar fhreagras na nèamhan ri mac-talla le aoibhneas, 'n uair a thig a' bhean nuadh phòsda dhachaidh, bean an Uain, a ghabhail còmhnuaidh maille r' a Fear-pòsda gu bràth ?

'S e Criosd miann nan cinneach, aoibhneas nan aingeal, agus tlachd an Athar. Ciod an sòlas, mata leis am bi 'n t-anam sin air a lionadh aig am bi seilbh shiorruidh air ?

O ! ciod an luath-ghair éibhneis a bhios an sin 'n uair a chòmhluicheas clann Dhé uile an ceann a chéile ann an aon choinneimh, far nach bi eagal orra gu'n cuir sliochd an ana-criosd na Chàin dragh orra.

Nach 'eil an t-àm a' teachd anns am feud na naoimh fheoraich do na h-aingidh, ciod a' bhuanachd a th' agaibh 'n 'ur toilinntinn ? Ciod an co-fhurtachd a tha 'n 'ur mòrachd ? Agus ciod an toradh a th' agaibh 'n 'ur 'n uile shaothair ?

Ma's àill leibh riachadh ni's fearr fhaotainn mu thimchionn ciad a ta an taisbeanadh àghmhòr a ciallachadh, guidheam oirbh a bhi beò gu naomh agus rachaibh agus faicibh.

*Mu phiantan ifrinn.* Cha'n 'eil nèamh agus slàinte ni 's cinntiche air an gealltainn do na naoimh, na tha ifrinn agus damnadh air am bagairt, agus air an cur an gniomh air na h-aingidh.

O ! co do'n aithne cumhachd feirge Dhé ? Cha'n aithne do neach ach dhoibhsan a ta air an damnadh.

'S iad a' chuideachd a bhios aig peacaich, an diabhal agus 'ainglean, air am pianadh ann an teine siorruidh le mallachd. Bhiodh ifrinn na gnè do Phàras mu'r biodh i ni bu mhiosa na 'chuid is miosa do'n t-saoghal so.

Tha cor nam peacach co eadar-dhealaichte o chor nan naomh, 's an t-saoghal ri teachd, 's a tha bròn o aoibhneas, na dòruinn o fhois, agus uabhas o shìth.

#### OBIOCH.







